NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

ALEX. MACLAREN & SONS,
Gaelic and Technical Booksellers
360 & 362 ARGYLE STREET GLASGOW

Alexr. C. Morrison

# ORAIN

## *GHAIDHEALACH.*

# ORAIN
# *GHAIDHEALACH.*

LE

DONNCHADH MACANTSAOIR.



CLODH-BHUAILTE 'AN DUN-EIDIN,

LE TOMAIS OLIVER,

*Air son an Ughdair.*

1804.

ENTERED IN

*STATIONERS HALL,*

ACCORDING TO ACT OF PARLIAMENT.

TO THE

RIGHT HONOURABLE

# JOHN CAMPBELL,

EARL OF BREADALBANE AND HOLLAND,

DEPUTY-GOVERNOR OF THE BRITISH SOCIETY

FOR EXTENDING THE FISHERIES,

&c. &c. &c.

THE FOLLOWING

COLLECTION OF GAELIC POEMS

ARE RESPECTFULLY INSCRIBED,

BY HIS LORDSHIP'S MUCH OBLIGED

AND MOST OBEDIENT HUMBLE SERVANT,

DUNCAN MACINTYRE.

# TO THE READER.

It was once intended to have perfixed to this edition of the following Gaelic Poems and Songs, a particular account of the Life of the Author; but as a gentleman of learning and abilities has already undertaken that task in another form—shall subjoin, at the Authors own express desire, only the few particulars of his life, with which he prefaced his last publication.

Duncan Macintyre was born in Glenorchay, Argyleshire, in the year 1724. The chief amusement of his youth was fowling and fishing. He served in the Royal army at the battle of Falkirk, in the year 1745,—Afterwards, was appointed Forrester to the Right Honourable the Earl of Breadalbane, in Coire-Cheathaich and Beinn-Dourain; and thereafter to his Grace the Duke of Argyle, in Buachill-Eite. He has since served in one of the Earl of Breadal-

bane's Fencible Regiments, raised in the year 1793; and now lives a retired life, rendered not uncomfortable by the beneficence of that Nobleman.

Although the Author discovered an early inclination to Poetry, he never produced any thing worthy of much notice, till the memorable defeat of the Royal Army at the battle of Falkirk; a *description* of which, composes the first song in this Collection.

At a period less remote than that in which the Author was born, public schools were but thinly established in the Highlands of Scotland; he therefore had not the benefit of any education, nor the advantage of reading the productions of other authors; yet notwisthstanding, the whole of the following collection of Poems, &c. are solely of his own composition—unassisted by any person whatever, but the direction and power of his own genius.

EDINBURGH,
*3d October*, 1804.

# AN CLAR INNSEADH.

ORAN do Bhlàr na h-Eaglais brice . . 1
Oran do Thailbheart a bha aig Ban-righ Marai . . . . 5
Oran do'n Mhusg . . . . 8
Oran do'n Righ . . . . 11
Oran do Mhor-fhear Ghlinn-urchaidh . 16
Coir' a-cheathaich . . . . 22
Cumhadh Choire-cheathaich . . 28
Oran seacharan seilg . . . 33
Oran do Iain Caimbeul a' bhanc . . 35
Oran Ghlinn-urchaidh . . . 42
Oran an t-Sàmhraidh . . . 44
Oran do Chaiptein Geard Dhun-éidin . 52
Oran an Tàileir . . . . 57
Cumhadh Ghileaspaig Achaladoir . 63
Cumhadh Chailein Ghlinn-iuthair . 67
Marbh-rann Coilich . . . 73

Oran, mar gun deanadh Nighean e do Nighin eile . . . . 76
Oran Beinn-dourain . . . . 78
Oran do Chéile Nuadh-phòisde . . 94
Oran do leanabh-altrum . . . . 99
Oran gaoil . . . . . 101
Oran Sùgraidh . . . . 104
Oran do'n Chaora Chean-fhionn . 109
Oran Luaidh . . . . 118
Oran do Ghunna ga'n ainm Nioc-Còiseam 122
Oran Dùthcha . . . . 124
Oran Alastair . . . . . 127
Oran do'n t-seann Fhreiceadan Ghaidhealach . . . . . 128
Oran do Réisimeid Earra-ghaidheal . 132
Cumhadh Iarla Bhraid-Albann . . 136
Oran do'n Eididh Ghaidhealach . 139
Oran na'm Fineachan a'fhuair Fearann o'n Righ, 1784 . . . 143
Oran a Bhotail . . . . 148
Oran a Bhranndi . . . . 150
Oran a Bhriogais . . . . 153
Oran na'm Balgairean . . . 157
Oran Dhun-éidin . . . . 160

Oran do Iarla Bhraid-Albann . . 164
Oran do Réisimaid Bhraid-Albann . 168
Oran na Gàsaid . . . . 170
Oran a Chàimp . . . . 171
Oran do'n Eannbhar . . . 173
Oran Cead-deireanach na'm Beann . 178

Rann Claidheamh . . . . 182
Ran do'n Cheud Cheaird . . . 183
Rann do'n Phaghadh . . . 185
Rann Gearradh-Arm . : . 186
Rann do'n Ghaelic 'sdo'n Phìob, 1781 188
Rann do'n Ghaelic 'sdo'n Phìob, 1782 191
Rann do'n Ghaelic 'sdo'n Phìob, 1783 194
Rann do'n Ghaelic 'sdo'n Phìob, 1784 197
Rann do'n Ghaelic 'sdo'n Phìob, 1785 200
Rann do'n Ghaelic 'sdo'n Phìob, 1789 202
Rann Uistean . . . . 205
Rann Anna . . . . . 209
Rann a ghabhas Maigdean ga Leannan 211
Rann I-challum-chille . . . 212
Rann Co'-dhunaidh . . . 213

# ORAIN

## GHAIDHEALACH.

*Oran do Bhlar na h-Eaglais brice*.*

LATHA dhuinn air machair Alba,
Na bha dh'armailt aig a chuigse,
Thachair iad oirnne na reabail,
'S bu neo-aoibhin leinn a chuideachd;
'Nuair a chuir iad an ratreud oirnn,
'S iad 'nar deigh a los ar murtadh,
'S mur deanamaid feum le'r casan,
Cha d'thug sinne srad le'r musgan.

* 'Se so ceud oran an Ughdair.

'S a dol an coinneamh a Phrionnsa,
Gu'm bu shunntach a bha sinne,
Shaoil sinn gu'm faigheamaid cùis deth,
'S nach ro dhuinn, ach dol g'a sireadh;
'Nuair a bhuail iad air a chéile,
'S ard a leumamaid a tilleadh,
'S ghabh sinn a mach air an abhuinn,
'S dol g'ar n'-amhaich ann san linne.

'N am do dhaoinibh dol nan éididh,
Los na reabalaich a thilleadh,
Cha do shaoil sinn, gus na ghéil sinn,
Cur sinn féin a bhi'te 'g iomain;
Mar gu'n rachadh cù ri caoiribh,
'S iad 'nan ruith air eudain glinne,
'S ann mar sin a ghabh iad sgaoileadh
Air an taobh air an robh sinne.

Sin' 'nuair thàinig càch 'sa dhearbh iad
Gu'm bu shearbh dhuinn dol nan cuideachd;
Se'n troup Ghallta g'an robh chàll sin,
Bha Colluin gun cheann air cuid diubh:
'Nuair a thachair ribh clann Domhnuil,
Chum iad còmhail air an uchdan,
D'fhàg iad creuchdan air an rèubadh,
'S cha leiseadh léigh an cuislean.

Bha na h-eich gu crùitheach, srianach,
Girteach, iallach, fiamhach, troupach;
'S bha na fir gu h-armach, fòghluimt',
Air an sonnrachadh gu murtadh.

' Nuair a dh'aom sinn bhar an t sléibh,
Is mòran feum aguin air furtach,
Na bha beo bha cuid dhiubh leoint',
'S bha sinn brònach mu'n a thuit ann.

Dh'éirich fuathas ann san ruaig dhuinn,
'Nuair a ghluais an sluagh le leathad;
Bha Prionns' Tearlach le chuid Francach,
'S iad an geall air teachd 'nar rathad:
Cha d' fhuair sinn focal command'
A dh'iarruidh ar nàimhdean a sgathadh;
Ach comas sgaoileadh feadh an t-saoghail,
'S cuid aguin gun fhaotain fhathasd.

Sin 'n uair thàinig mise dhachaidh
Dh' ionnsuidh Ghileaspic o'n Chrannuich,
'S ann a bha e 'n sin co'-fhiata,
Ri broc liath a bhiodh an garruidh;
Bha e duilich ann san àm sin,
Nach ro ball aige r'a tharruing,
'S mòr an diùthail na bha dhi air,
Claidheamh sinnsireachd a shcanar.

Mòran iarruinn air bheag faobhair,
Gu'm be sud aogas a chlaidheamh;
'Se gu lùbach, leumnach, bearnach,
'S bha car càm ann, ann san amhuich:
Dh'fhàg e mo chruachainse brùite
Bhi 'ga ghiùlan feadh an rathaid,
'S e cho tròm ri cabar fearna,
'S mairg a dh'fhairdeadh an robh rath air.

'Nuair a chruinnnich iad nan ceudan
'N là sin air sliabh na h-eaglais,
Bha ratreud air luchd na Beurla,
'S ann doibh féin a b' éigin teicheadh;
Ged' a chaill mi ann san am sin
Claidheamh ceannart chloinn an Leasdair;
Claidheamh bearnach a mhi'-fhortain,
'S ann bu choslach e ri greidlein.

Am ball teirmeasg a bha meirgeach,
Nach d'rinn seirbhis a bha dleasdnach;
'S beag an diùthail leam r'a chunnta
Ged' a dh' ìontraich mi mu fheasgar,
An claidheamh duth nach d'fhuair a sgùradh
'S neul an t-sùigh air a le'taobh;
'S beag a b'fhiugh e 's e air lùbadh,
'S gum b'e diuthadh a bhuill deis e.

An claidheamh braoisgeach, bh'aig na daoine,
Nach d'rinn caonag 's nach d'thug buillean,
Cha ro eugas air an t-saoghal,
'S mairg a shaoraich leis an cumeasg;
An claidheamh duth air 'n robh an t-aímhleas
Gun chrios, gun chrambait, gun duilleadh,
Gun roinn, gun fhaobhar, gun cheanbheart,
'S mairg a thàrlagh leis an cunnart.

Thug mi leam an claidheamh bearnach,
'S b'olc an asuig e sa' chabhaig,
Bhi ga ghiùlan ar mo shliasaid,

'S mairg mi riamh a thug o'n bhail e;
Cha toir e stobadh na sàthadh,
'S cha robh e làidir gu gearradh;
Gu'm b'e dìuthadh a bhuill airm e,
'S e air meirgeadh air an fharradh.

Chruinnich uaislean Earraghaidheal,
Armaillt làidir do Mhilisi,
'S chaidh iad mu choinnimh Phrionns' Tear-
lach,
'S duil aca r'a chàmp a bhristeadh;
'S ioma fear a bh' ann san àit ud
Nach robh sàbhailt mar bha mise,
A'mheud sa dh'fhàg sinn ann san àraich,
Latha blàr na h-Eaglais brice.

*Oran do Thailbheart a bha aig Ban-righ Mairi.*

Deoch slàinnte Righ Deorsa,
Gu'n òlainn air thùs,
Le onoir 's le buaidh
N'an daoin' uails' tha na chùirt,
Le Seanalair Hawley,
Is Màidsear Cothun,
Gun di'-chuimhn' air Mairi,
Bean mhàlta mo rùin.

Mo bheannachd gu bràth
Aig a Bhan-righ nach beo;
'S an aic' a bha Mairi,
G'a h-àrach 's i òg;
Bean shiobhalta, shàmhach,
'S i nàrach gu leoir:
'Nuair théid mi 'n tigh thàirne,
'Si phàigheadh mo stôp.

'Stu chumadh an cothrom
'S an onoir ud rium,
'S a chuireadh a'm sporan
Na dollair 's na crùin:
Ged' a dh' òlainn lean làidir,
Fìon Spàinteach is rùm,
'S tu b' urrain a phàigh,
'S tu 'n àit air mo chùl.

'Nuair thiginn leat dachaidh
Thar faithch' an rabhiù,
'S tu sìnnt ann am bhreacan,
Bu taitneach leam thu;
Gu'n deanain do thasguidh,
Far am faicinn do ghnùis,
Mo Mhairi dhonn mhaiseach,
Air 'n do leag mi mo rùn.

'S ann do nighean na Ban-righ
Thug mi gràdh is mi òg,
O'n a fhuair mi air làimh i,
Cha robh fàillin a'm lòn;

Fhuair mi còir ort o'n chaiptein
Nach tugainn seachad air òr,
'S ge do rachuin am blàr leat,
Cha 'n fhàgain thu beo.

'S ann a fhuair mis' an toiseach,
Leis an fhortan a bh' ann,
A bhean is dìriche pearsa,
Théid a mach sa' chommand;
'S a dh'aindeoin na h-aoise,
Cha dean i h-aogas a chall;
Cha chaolaich a casan,
'S cha mho ghlasas a ceann.

Tha Mairi cho bòigheach
Ri mnaoi òig tha san tìr,
S' i gu'n uireasbhuidh fòghluim,
Uasal, mòralach, grinn;
'Se m' aidhir 's mo shòlas,
Gu'm bheil i pòsda rium fhéin,
'S ge 'd a theirig dhuinn stòras,
Gheibh sinn òr aig an Righ.

Bi sinn uil' aig Righ Deorsa,
'S cha ghòraiche dhuinn;
O's ann aige tha' n stòras
Is còir air a chrùn;
Bheir e 'm pàigh 'nar dornn dhuinn,
'S cha 'n iarr e oirnn dad g'a chionn;
Gheibh sinn annart is eudach
Co saor ris a bhùrn.

Cha 'neil trioblaid r'a chunntadh
Air muinntir an Righ,
Ach ḿiorag is sùgradh,
'S bhi gu'n chùram do ni;
Ged' a dh' òlainn na galainn,
A h-uile car a théid dìom,
Cha troideadh mo bhean rium,
'S cha leig i'n t-aran am dhìth.

'S ann agams' tha 'n leannan
Nach 'eil feumach na bréin;
'Si 'n uails' tha na maladh,
Tha cuir a ceanail an géil,
'S tha mi fad ann am barail,
Nach 'eil a coimeas fuidh 'n ghréin;
'S ni mi pòrsan dith daingean,
Mu bhi's i mairthean a'm dhéigh.

## *Oran do'n Mhusg.*

'S iomadh car a dh'f heudas tigh'n air na fearaibh,
Is theag' gu'n gabh iad gaol air an tè nach faigh iad;
Thug mi fichead bliadhna do'n chiad tè ghabh mi,
Is chuir i rithisd cùl rium, is bha mi falamh.

Is thàinig mi Dhun-eidin a dh'iarraidh leannain,

Is thuirt an Caiptein Caimbeul, 's e 'n geard a bhaile,
Gu'm b'aithne dha bantrach ann àite falaich,
Is gu'n deanadh e àird air a cur a'm ' charaibh.

Rinn e mar a b'àbhaist co'mhaith 's a ghealladh,
Thug e dhomh air làimh i, 's am pàidh mar'ri;
Is ge b'e bhi's a feòraich a h-ainm no sloinneadh,
Their iad rithe Seònaid, 's b'e Deorsa seannair.

Tha i soitheamh, suairce, gun ghruaim, gun smalan,
Is i cho àrd an uaisle re mnaoi san fhearann;
Is culaidh a m' chumail suas i, o'n tha i mar'rium,
Is mòr an t-aobh'r smuairein do'n fhear nach faigh i.

Leig me dhìom Nic-còshum ge d'tha i mairthean,
Is leig mi na daimh chròcach an taobh bha 'n aire,
Is thaodh' mi ris an òg mhnaoi, 'sann leam nach aithreach;
Cha n'eil mi gu'n stòras o'n phòs mi 'n ainnir.

Bheir mi fhéin mo bhriath'r gu bheil i romhaith,
Is nach d'aithnich mi riamh orra cron am falach,
Ach gu foinneamh, finealta, dìreach, fallain,
Is i gu'n ghòid, gu'n ghìomh, gu'n char fiar, gu'n chamadh.

Bithidh i air mo ghiùlan, 's gur maith an airidh,
Ni mi fhéin a sgùradh gu maith 's a glanadh;
Chuirinn ri' an t-ùilleadh ga cumail ceanalt,
Is cuiridh mi ri m' shùil i, 's cha diùlt i aingeal.

'Nuair bhi's cion an stòrais air daoinibh ganna,
Cha leigeadh nighean Dheorsa mo phòca falamh;
Cumaidh i rium òl ann 's na tighibh leanna,
'S pàidh i gach stòpan a ni mi cheannach.

Ni i mar bu mhiann leam a h-uile car dhomh,
Cha 'n innis thi bréug dhomh, no sgeul am mearachd;
Cumaidh i mo theaghlach co maith's bu mhaith leam,
Ge nach dean mi soathair no obair shalach.

Sgìthich mi ri gnìomh, ge nach d'rinn mi earras,
Thug mi bòid nach b' fhiach leam bhi ann a'm sgalaig;
Sguiridh mi g'am phianadh, o'n thug mi 'n aire,
Gur e'n duine dìomhain is faide mhaireas.

'Si mo bheanag ghaolach nach dean mo mhealladh,
Fòghnuidh i dhomh daonan a dheanamh arain;
Cha bhi fàilliun eudaich orm no anart,
'S chaidh cùram an t-saoghail a nis as m'aire.

## *Oran do'n Righ.*

'Si deoch slàinnt' an Righ is àil leinn,
Sin an ìoc-shlainnt àluinn, uasal,
Bhi ga h-ol a dh'fhìon na Spàinte,
No do phuinnse làidir, uaibhreach ;
'Nuair a bhi's i air a stràchdadh
Co làn 'sa chumas na cuachan,
Ge b'e làmh an dean i tachairt,
'S còir gu'm faiceadh e mu'n cuairt i.

'S mòr an sonas th' ann san rìoghachd,
O'n chaidh an Righ so chrùnadh,
Ann san àit a bh'-aig a shìnns'reachd,
An d'fhuair a shean-seanair còir-dhuchas ;
Albainn, a's Sasgunn, a's Eirinn,
'Nis a' géileachduin do 'n aon-fhear,
Mar nach fhacas iad rianih roimhe
O'n a chothuicheadh air thùs iad.

'S mòr an t-àdh a th'air an òg-fhear,
An treas Deors' a shuith sa chaithir,
Cha'neil Righ ann san Roinn-eòrpa,
Chumas còmhrag ris le claidheamh ;
'S òg a thòisich e ri cruadal,
'S tha bhuannachd gu tric na làmhan,
Fearann chàich 'ga shìr thoirt uatha,
'S na h-uil' àite fhuair e ghleidheadh.

'S iomadh àit an robh chuid armaillt,
Cliùtach, ainmeil 'nuair a thàirnt' iad ;

A choisichean lùthar, calma,
Is troup meamnach nan each làidir;
Bha Eirionnaich, Gaoill, is Sas'naich,
'Nan gaisgich ann tìr an nàmhaid,
'S mairg a thach'radh air na fearaibh,
'Nuair a theannadh iad ri làmhach.

Anns na h-uile càs is cunnart,
'S mòr an t urram fhuair na Gaidheil,
'S bha'ar greis ga 'n cuir an duileachd,
Mar nach buineadh iad do'n phàirti;
Ach 'nuair fhuair iad mios is creideas,
'S a chreideadh nach deanadh iad fàilluin,
'Siad bu sheasmhaich air an onair
A thug lànn sholais e scàbart.

Bha iad bras a h-uile latha,
Ri àm catha dol 'sna blàruibh;
Chaidh gach duine dhiu air chruadal,
'S ann orra bha buaidh gach làrach:
Bha commisean aig gach òig-fhear,
'S e toirt òrdugh d'a bhratàillean,
'S iad cho dìleas do Righ Deorsa,
'Sa bhiodh na leoghain dha'n cuid àlaich.

Bha chairt-ìuil is cuimhl' an fhortain,
Bha seòid a chogaidh gu léir leat;
Ann sa h-uile blàr a bh' aca,
Rinn Mars na bu chòir dha féin deth:
'N àm do loingis bhi 'gan gluasad,
Chuir Æolus fuaim led' bhréidean;

Thug Neptune cothrom a chuain duit,
'S cò bha uait a dheanadh feum dhuit.

Bha na Gearasdain cho daingean,
'S gu'm b' amaideach dol gan séisdeadh,
Aghaidh làidir air gach balladh,
Chum nam Barag a bhi glèidhteach ;
Rampair àrd nach reachta thairis,
Bat'raidh 's cannain orra glèusda,
Bu mhairg a bhiodh roimh an anail
'Nuair a theannadh iad ri géisgil.

Gach Righ a thòisich ad' aghaidh,
Ghabh iad mar roghain an diuthadh,
'S ionnan sin 's mur dh'éirich dhoibhsan,
'S mòr a chaill iad air a chùis ud ;
Thug thu tarruing bhar an Fhrancaich,
'S fhuair thu ceanglaichean is cumhnant,
Nach togadh e rithist t'angar,
Mu'n éireadh aimhleas ni bu mhò dha.

Bha Ban-righ Hungary gòrach,
'Nuair a thòisich i ri strì riut ;
'S cha bu ghlice Righ na Spàinte,
Thòisich e gu dana mìmhoil :
Ged' a bha 'n dithist ud làidir,
'S Righ no dha a bh'ann sna h-Innsean,
Fhuair thu dhiu gach cùis a dh'iarr thu,
'S tha na Sachan air an dìoladh.

Tha 'n Righ a nis mar is àill leis,
'Sàbhailt a dh' fhaodas e luighe,
Tharruing e gu tìr a chàmhlach,
'S cha'neil feum air camp a ghleidheadh :
Gach duine bha dha 'nan nàimhdean,
Chinn iad da 'nan cairdean matha,
'S tha iad uile dha cho dìleas,
'S dh' fhuirich an t-sìochadh sin fhathasd.

An ceithir airdean an t-saoghail,
'Tha fearann is daoin' aig Deorsa ;
'S tha chinn-euglais ann 's gach àite
Chum an sàbhaladh o dhò-bheairt :
Tha lagh is parlamaid aca,
Chumail ceartais riu is córach ;
'S tha mheirl' an déigh a casgadh,
Sguir na creachan is an tòrachd.

Bi' a h-uile diùc is iarla,
Mar is miann leo 'm fad is beò thu,
'S gheibh gach mòr-fhear, a's gach tighearn',
A h-uile dlitheadh is còir dhoibh ;
Tha daoin uails', a's tuath an fhearuinn
Mar is maith leo thaobh an stòrais ;
Tha luchd ceaird a faotain cos'naidh,
'S cha'neil duine bochd gu'n phòrsan.

Tha torad h am fàs na talmhuinn,
Gu miosach' ar'arach, pòrach ;
Chinn an spréidh gu bliochdach, bainn'ar,
Sonadh, sliochdar, sailleach, feòlmhor :

Tha sitheann air sliabh gach garbhluich,
Sealgairean a faotain spuirte,
'S tha tighin air iasg na fairge,
'S paillt an t-airgiod ra linn Dheorsa.

'S mòr a rinn e dh' fhearas-tighe,
Sgaoil e h-uile maitheas oirnne,
Chuir e drochaid air gach alltan,
'S réitich e na raidean-mòra ;
Chuir e scoil sa' h-uile gleann,
A los gu'm faigheadh ar clann fòghlum ;
'S gheibh sinn airm a's eudach Gaidh'leach,
O 'sc 's fear leinn gu bhi spòrsail.

'Se is airde do na flaithibh,
'S am mac-ratha o thùs òige,
Ceannard làidir sa' h-uil' ionad,
Air gach fineadh, 's air gach seòrsa ;
Titul Bhreatain a's na Fràince,
Tha na banntan sin 'na phòchda,
Staoileadh Eirinn, stéibh na Creidimh,
G'a chumail creideasach an òrdugh.

Gu meal thu do chrùn 's do chaithir,
D'uinein, do chlaidheamh 's do mhòr-chuis,
'S do theaghlach mòr, rìoghail, cliùtach,
'S an lù-chairt am bheil thu chòmhnuidh ;
Ge b'c uair a thig an aois ort,
Na chaochla's tu bhàr an t-seòil sin,
Gu'm bi do mhac-òighre sàbhailt,
Ann ad' àite mar is còir dha.

*Oran do Mhor-fhear Ghlinn-urchaidh.*

Sgeul ab' ait leam r'a innseadh,
Mu'n òg aigeannach, rìomhach,
Laoineach, bhasdalach, phrìseil,
Chaoineil, mhacanta, shìobhailt,
A rinn gach beart a bha rìoghail,
Ann anceartas 's'am firinn,
O thoiseach na stri' so thàinig:
O thoiseach, *&c.*

'S iomadh àit am bheil cliu ort,
Nach ro 'm pàirti do dhùthcha,
Sheas thu dàna gun chùram,
Gun fhàiling, gun lùbadh,
Ann san àite bu rùn leat,
Far na gheall thu o thùs a bhi cairdeach:
Far na gheall, *&c.*

'S an àm gluasaid, na carraid,
Bha thu cruadalach, fearail,
Mar bu dual duit o d' sheanair,
Choisinn buaidh ann an Gallaibh,
'Nuair a bhuanaich e 'm fearann,
Bho na Tuadhaich gun anam,
'N deis an ruagadh 's an gearradh san arfhaich:
'N deis, *&c.*

Lao'ich ghleusda gun tioma,
Bu mhòr fcum ann san iomairt,

Nach géilleadh le giorag,
Fhuair iad réite le milleadh,
'S cha bi 'n eucoir a shir iad ;
'S mòr d' fheums' air bhi sgileil,
O 's tu féin a tha 'n ionad nan armunn .
O 's tu, &c.

Sàr cheannard gach fin' thu,
Deagh mhaighsdir nan gillean,
'S an commandair gun tioma,
An tùs ai'-réit no iomairt,
Nach dean parladh a shireadh
Le d' lanndaibh geur, biorach,
Bhiodh calldach a's iomain air nàmhaid ;
Bhiodh, &c.

'S bi do chinneadh mòr fhéin leat,
Ann's gach cunn'art an d'théid thu,
'S iad gu fuileachdach, feumail,
Bhualadh bhuilcan is spéicean ;
'S lionmhor curaidh 'na éideadh,
Bhi's ullamh gu éiridh,
An àm dhuit bhi 'g éubhach crois-tàraidh :
An àm, &c.

'S iomadh caraid mu'n cuairt duit,
Eadar Bealach is Cruachan,
Leis 'm bu mhath thu bhi 'n uachdar
Le neart tein' agus luaidhe,
'S nan lànn tana, geur, cruaidhe,
Rachadh mar'riut g'am bualadh,

'Nuair a thogadh tu suaiceantas àrda .
'Nuair, &c.

'S 'nuair a sgaoillte do bhratach,
Ri crann caol, dìreach, snaighte,
Os cionn dhaoin' air an fhaiche,
Chluinnte gleadhraich nam marcach,
Bu ghreadhnaiche tartar;
Na cinn-fheadhna 's na gaisgich
Le maoim-bheirt' amach leo buaidh làrach
Le maoim, &c.

Reacar, ardanach, mòrchuis,
Duineal, ceannsalach, seòlta,
Marcach àrd, nan each mòra,
Bu mhòr srann, 's bu mhaith fòghlum;
Fasan Gallta gu leoir ort,
'S maith thig ad a bhil òir dhuit,
Air chùl clannach bu bhòidhche 'measg Ghaidh-
eal:
Air chùl, &c.

Aghaidh mhacanta, chaoineil,
Mhàlta, mheachair mar mhaighdin;
Dàna, smachdail mar shaighd-fhear,
Cridhe soilleir gun fhoill
Ann sa chòm is gloine na 'n dòimein,
D' aigne uile le sòisle,
Mar ghrian chaoineil a boisgeadh air fàireadh:
Mar ghrian, &c.

Suairce, siobhalta, fearail,
Sùil lionndach, ghorm, mheallach,
Bu chaol, finealta mala,
Gruaidh ghrìs-dhearg, channach,
Beul bì a bu taine,
Cneas mìn-gheal mar chanach,
Cha'neil tì a thug barrachd air d'àilleachd :
Cha'neil, &c.

Fhuair thu urram gach cùise,
O'n a b' urrain thu giùlan ;
'Nàm suithe na cùirte
Far 'm bu lìon'ora diùcan,
Bu rìomhach do dhiùti,
Bhi càradh a chrùin,
Air an Righ d'am bheil dùchas an àite :
Air an, &c.

Sàr chùirteir na maise
Dh'an robh cliu air gach fasan,
Fhuair ìul ann an Sasgan
Air na cùiseannuibh tagraidh,
'Se do thùr a bha beacail,
Tha 'n dùthaich làn aitis
O'n a thàinig thu dhachaidh le fàillte :
O'n a, &c.

Sàr phòiteir an fhìon thu,
'S tu dh' òladh 'sa dhìoladh ;
Fhuair thu fòghlum gach rìoghachd,
Meoir is grinne ni sgrìobhadh ;

Bu tu sealgair na sìth'ne
Led' chuileabhair caol dìreach,
'Nuair a thàrla' tu 'm fri' nam beann àrda :
'Nuair, &c.

An àm dhuit bhi taoghal
Ann sa' bheinn am bi 'n fhaodhailt,
Leat bu mhiannach a ghreadhain,
Fuaim mhiosar ri h-aodhairc,
Gunna glaice do roghainn,
Gairm ghallanaich gaothair,
'Nuair a rachadh e 'n déigh fir cràice :
'Nuair, &c.

'S 'nuair a loisge tu 'm fùdar,
Leis a ghunna nach dìultadh,
Bhiodh na peilearan dù'-ghorm,
Le teine 'gan stiùradh
Ri h-eilid na stùice,
'S bhiodh a ceireannan brùite,
Is do ghillean 'ga giùlan e fàsach :
Is do, &c.

'S 'nuair a thearnda' gu d' bhaile
Mu òidhche le faram,
Bu ghleadhrach an talladh,
Tùr greadhnach sin Bhealaich ;
Mòr chaoimhneas air d'aire,
Bhiodh loinn air luchd-eallaidh
Leis an séinnte gach caithream a b' àil leat :
Leis an, &c.

Mu chroma' na gréine
'Nuair a dhonnadh na speuran,
Gheibhte sollain is aoibhneas,
An tigh soilleir na féile,
Gach ceol bu bhinne r'an éisdeachd,
Co'fhreagairt a chéile,
An fhiadhal, 's na teudan, 'sa chlârsach:
An fhiadhal, &c.

Maduin shoileir ag' éiridh,
Gheibhte chomaine cheudna,
Pìob am follais 'ga spéiceadh,
Feadain lomadh 'gan gleusadh,
Dosa donnadh ri beus doibh,
Ceol loinneil bu réithe,
Sìr chaithe' na féisd ann a'd àras:
Sìr chaithe, &c.

'Si an trompaid 's na h-oragain,
Bu ghlan pronndol is monmor,
'Nuair a lòmda gach corra-mhcur
Nach bu tròm air an t-sorachan,
Bu phuncail an toraman,
Gu fonnmhorach, soirmeil,
Ann an teaghlach a Mhòr-fhir ri àbhachd;
Ann an, &c.

Talla flaithcasach, rìoghail,
A'n robh maitheas, gun mhì-run,
Gheibht' an tathaich gu lìonmhar,
Do mhaitheamh na rìoghachd,

Seòl air caitheadh an fhìona,
Uisge-b ath' ann am pìosan,
A sìr ghabhail sìos nan deoch slàinnte:
A sìr, &c.

Mar bu mhiannach leat fhaicin,
Bhi gu fialaidh mar chleachd thu,
Miosail, miaghail, gun airceas,
Uails' is rìomhadh is fasan;
Or lìon'ar g'a sgapadh,
Cluiche dian g'a chuir seachad,
Air dhìosnan, air chairtibh, 's air thàileasg:
Air dhìosnan, &c.

Beus nach b' ainneamh led' theaghlach,
Bhi gu farumach, greadhnach,
Ceol is aiteas gach òidhche,
Seòmar laisde le coinnlibh;
'Se Glean-urchaidh do staoileadh,
'S thu air Bealach a'd òidhre,
Gu meal thu do ghreim air an àite.
Gu meal, &c.

## *Coir'-a-cheathaich.*

Se coir' a-cheathaich nan aighean siùbhlach,
An coire rùnach, is ùrar fonn,
Gu lurach, miad-fheurach, mìn-gheal, sùghar,
Gach luisean flùar bu chùbhraidh leam;

Gu molach dùbh-ghorm, torrach lùisreagach,
Corrach plùireanach, dlù'-ghlan grinn;
Caoin ballach dìtheanach, cannach mìsleanach,
Gleann a' mhìlltich, is lìonmhor manng.

Tha falluing dhùinte, gu daingean, dùbailt',
A mhaireas ùinne, mu'n rùisg i lòm,
Do'n fhèur is cùl-fhinne dh' fhàs na h-ùrach,
'S a bhàr air lùbadh le driùchda tròm,
Mu choire guanach nan torran uaine,
A' bheil luigh is luachair a suas g'a cheann;
'S am fàsach guamach an càs a bhuanadh,
Nam b' àite cruaidh e, 'm biodh tuath le'n suim.

Tha truscan faolaidh air cruit an aonaich,
Chuir sult is aoidh air gach taobh a d' chòm,
Mìn-fheur chaorach is barra bhraonan,
'S gach lus a dh' fheudadh bhi 'n eudain thòm,
M'an choir' is aoidheala tha r'a fhaotain,
A chunna daoine an taobh so 'n Fhraing;
Mur dean e caochladh, b' e 'n t-aithir saoghalt'
Da ghillean eutrom bhi daonan ann.

'S ann m'an ruadh ais'righ dh'fhàs na cuairt-agan,
Clùthar, cuaicheanach, cuannar, àrd,
A h-uile cluaineag 's am bàr air luasgadh,
'S a ghaoth 'gan sguabadh a nun 'sa nall:
Bun na cìpe is bàr a' mhìlltich,
A chuiscag dhìreach, 's an fhìteag cham;

Muran brìoghar, 's an grunnasg lìonmhor,
M' an chuilidh dhìomhair, am bi na suinn.

Tha sliabh na làirig an robh mac-Bhaidi,
'Na mhothar fàsaich, 's na stràchda tròm;
Slios na bàn-leachdain, cha 'n i is tàire,
'S gur tric a dh' àraich i 'n làn damh donn:
'Sna h-aighean dàra nach d'théid a 'n bhà-thigh,
A bhios le 'n àlach gu h-àrd 'nan grunn,
'S na laoigh gu h-ùiseil a là 'sa dh'oidhche,
'S na h-uiread cruinn diubh air druim clach-sionn.

Do leachda chaoineil gu dearcach braoilagach,
Breac le ſeireagan is cruinn dearg ceann;
An creamh 'na chaithrichibh, am bac nan staidhrichean,
Stacan fraoidhneasach nach bu ghann:
Am bearnan-brìde, 's a pheighin rìoghail,
'S an canach mìn-gheal, 's am mìslean ann;
'S a h-uile mìr dheth, o'n bhun is ìsle
Gu h-ionad cìrean na crìch is àird'.

'S rìomhach còta na craige mòire,
'S cha 'n 'eil am fòghlach a' d'chòir 'san àm,
Ach mèunan còinich, o 's e bu nòsaire,
Air a chòmhdachadh os is thall:
Na lagain chònard am bun nan sròineag,
Am bi na somhraichean, 's neònain fann,
Gu bileach, feòrnaineach, milis, roineagach,
Molach, ròmach, gach seòrt' a th' ann.

Tha mala ghruamach do'n bhiolar uaine,
M'un h-uile fuaran a th' ann san fhonn ;
Is doire shealbhag aig bun nan garbh-chlach,
'San grinneal gainthich' gu meanbh-gheal pronn;
'Na ghlugan plumbach air ghoil gun aon teas,
Ach coilich bùirn tighin a grund eas lòm,
Gach struthan uasal 'na chuailean cùl ghorm,
A' ruidh na spùtadh, 's na lùba steoll.

Tha braddan tarra-gheal sa choire gharalaich,
Tha tigh'n o'n fhairge bu ghaileach tonn,
Le luinneis mheamnach a' ceapa'mhean'-chuileag,
Gu neo-chearbach le cham-ghob cròm :
Air bhuinne borb, is e leum gu foirmeil,
'Na éididh colgail bu ghorm-glas druim,
Le shòislean airgid, gu h-iteach mean -bhreac,
Gu lannach, dearg-bhallach, earr-gheal slìom.

'S e coir'a-cheathaich an t-aithir prìseil,
'S an t-àite rìoghail mu'm bidht' a' sealg,
Is bi' féidh air ghiùlan le làmhach fùdair,
A' cur luaidhe dhù'-ghorm gu dlù nan calg :
An gunna gleusda, s' an cuilean eutrom,
Gu fuileach, feumanach, treubhach, garg,
A ruidh gu siùbhlach, a gearradh shùrdag,
'S a dol g'a dhùlan re cursan dearg.

Gheibhte daonnan mu d' ghlacaibh faoine,
Na h-aighean maola, na laoigh, 's na mainng ;
Sud bu mhiann leinn am madain ghrianaich,
Bhi dol g' an iarraidh, 's a' fiadhach bheann,

Ge d' thigeadh sianntan oirnn' uisg is dìle,
Bha seòl g'ar dìdneadh mu'n chrìch san àm,
An creagan ìosal am bun na frìthe,
'S an leaba dhìonadh, 's mi m' shìneadh ann.

Sa' mhaduin chiuin-ghil, an àm dhomh dùsg-
aidh,
Aig bun na stùice be 'n sùgradh leam;
A' chearc le sgiucan a' gabhail tùchain,
'S an coileach cùirteil a dùrdail cròm;
An dreadhan sùrdail, 's a riobhaid chiuil aige,
A' cur nan smùid deth gu lùthar binn;
An druid 's am brù-dhearg, le mòran ùnaich,
Ri ceileir sunndach bu shìubhlach rann.

Bha eoin an t-sléibhe 'nan ealtain glc-ghloin,
A' gabhail bheusan air gheug sa' choill,
An uiseag cheutach, 's a luinneag féin aice,
Feadan spéiseil gu réidh a seinn:
A chuag, 's smeòrach, am bàr nan ògain,
A gabhail òrain gu ceolmhor binn:
'Nuair ghoir an cuanal gu loinneil gu nach,
'S e 's gloin' a chualas am fuaim sa ghleann.

'Nuair thig iad còmhla' na bheil a' d' chòirse
Do'n h-uile seòrta bu chòir bhi ann;
Damh na cròice air srath na mòintich,
'S e gabhail crònain le dreocam àrd;
A' dol s n fneathai' gu bras le h-aoibhneas,
A' mire-leumnaich re éildeig dhuinn;
Bi sin an ribhinn a dh'fhàs gu mìleanta,
Foinneamh, finealta, dìreach, seanng.

Tha mhaoisleach chùl-bhuidh air feadh na dùs-
luing,
Aig bun nam fiùran 'gan rùsga' lòm,
'S am boc gu h-ùtluidh re leaba chùirteil,
'S e 'ga bùrach le rùtan cròm;
'S am minnein riathach bu luime cliathach,
Le chuinnean fiadhta, is fiadhaich ceann,
'Na chodal guamach an lagan uaigneach,
Fuidh bhàr na luachrach 'na chuairtaig chruinn.

Is lìonmhor cruasachd a bha mu'n cuairt duit,
Ri àm am buanadh, bu luaineach clann,
Ri tionnal guamach, gu fearail suairce,
'S a' roinn gu h-uasal na fhuair iad ann;
Céir-bheach 'na cnuacaibh, 's an nead na chuairt-
aig,
'S a mhil 'ga buannachd air cruaidh an tuim,
Aig seillein riathach, breaca, srianach,
Le'n crònan cianail is fiadhta srann.

Bha cus ra' fhaotain do chnomhan coaine,
'S cha b' iad na caochagan eutrom gann,
Ach bagailt mhaola, bu taine plaoisg,
A' toirt brìgh e laoghan na mao-shlait fann:
Srath nan caochan 'na dhosaibh caorainn,
'Sna phreasaibh caola, làn chraobh is mheang;
Na gallain ùra, 's na faillein dhlùtha,
'S am barrach dùinte mu chùl nan crann.

Gach àite timchiol 'n am fàsach iom' lan,
Màm is fion-ghleann, 's an tuilm 'ga chòir;

Meall-tionail làimh ris, gu mollach, tlàthail,
B'e chulaidh dh'àrach an àlaich òig;
Na daimh 's na h-éildean am maduin chéitein,
Gu moch ag' éirigh air réidhlein feòir;
Greidhein dhearg dhiubh air taobh gach leargain,
Mu 'n choire gharalaich, 'g an ainm an Ceò.

## *Cumhadh Choire-cheathaich.*

Air fonn, *The Flowers of Edinburgh.*

'S duillich leam an càradh
Th' air coire gorm an fhàsaich,
An robh mi greis am àrach
'S a bhràidhe so thall;
'S iomadh fear a bharr orm,
A thaitneadh e r'a nàdur,
Na 'm biodh e mar a bha e,
'Nuair dh' fhàg mi e nall:
Gunnaireachd is làmhach
Spuirt is aobhar ghàire,
Chleachd bhi aig na h-àrmuinn
A b'àbhaist bhi sa' ghleann;
Rinn na fir ud fhàgail—
'S mac-Eoghain tanna 'dràsta,
Mar chlach an ionnad càpaig
An àite na bh' ann.

Tha 'n coir' air dol am fàillin,
Ged' ithear thun a bhlàir e,

Gun duin' aig am bheil càs deth
Mun àit ann san àm ;
Na féidh a bh' ann air fhàgail,
Cha d' fhuirich gin air àruinn,
'S cha 'neil an àite-tàmha
Mar bha e sa ghleann.
Tha 'm Baran air a shàruch,
'S dh'artluich air an tàladh,
Gun sgil aig air an nàdur
Ged' thàinic e ann :
B' fhear dha bhi mar b' àbhaist,
Os cionn an t-soighich chàthadh,
'Sa làmhan a bhi làn di,
Ga fàsgadh gu teann.

Se mùgha' air an t-saoghal
An coire laoghach gaolach,
A dhol anis air faoin-tragh,
'S am maor a theachd ann :
'S gur h-e bu chleachdain riamh dhuit,
Bhi trusa nan cearc biata,
Gur tric a rinn iad siathnail,
Le piannadh do làmh ;
Is iad na 'm baidnibh riathach,
Mu d' amhaich 's ann ad' sgiathan,
Bhiodh itealaich is sgiabail
Mu d' fhiaclan san àm :
Bu ghiobach thu ri riaghailt,
Mu chidsin tighe 'n iarla,
Gar nach b'e do mhiann
Bhi cuir bhian air an stàing.

Ged' tha thu 'nis sa' bhràighe,
Cha chòmpanach le càch thu,
'S tha h-uile duine tàir ort
O'n thàinig thu ann ;
'S éigin duit am fàgail
Na 's measa na mar thàinic,
Cha taitinn thu re 'n nàdur,
Le cnàmhan 's le cainnt :
Ged' fhaiceadh tu ghreidh uallach,
'Nuair rachadh tu mun-cuairt-doibh,
Cha dean thu ach am fuadachadh
Suas feadh nam beann ;
Leis a ghunnadh nach robh buadhar,
'Sa mheirg air a toll cluaise,
Cha 'n eirmis i na cruachan,
An cuaille dubh cam.

Se 'n coire chaidh an déis-laimh,
O'n tha e nis gun fhéidh ann,
Gun duin' aig am bheil spéis diubh,
Ni feum air an cùl ;
O'n tha iad gun fhear-gléidhte,
Cha'n fhuirich iad ra chéile,
'S ann a ghabh iad an ratreuda
Seach réidhlean nan lùb.
Cha 'n 'eil prìs an ruadh-bhuic,
An coille na air fuaran,
Nach b' éigin da bhi gluasad
Le ruaig feadh na dùth'ch' ;
'S cha' n' eil a nis' mun cuairt da,
Aon spuirt a dheanadh suairceas,

Na thaitneadh re duin-uasal
Ged' fhuasgladh e chù.

Tha choille bh' ann san fhrì ud,
Na cuislin fada dìreach
Air tuitim is air crìonadh
Sìos as an rùsg;
Na prisein a bha brìoghar
Na dosaibh tiugha lìonmhor,
Air seachda' mar gu'n spìont' iad
A nìos as an ùir;
Na failleinin bu bhòidhcheadh,
Na slatan is na h-ógain,
'San t-àit am biodh an smeòrach,
Gu mòdhar a séin ciuil;
Tha iad uil' air caochladh,
Cha d' fhuirich fiodh na fraoch ann;
Tha mullach bhar gach craoibhe,
'S am maor 'ga thoirt diù.

Tha uisge srath na dìge,
Na shruthladh dubh gun sìoladh
Le barraig uaine lìogh-ghlais
Gu mi-bhlasda grannd;
Feur-lochain is tàchair
An cinn an duileag bhàite,
Cha 'n 'eil gnè tuille fàs
An san àit' ud san àm;
Glumagan a chàthair,
Na ghluguibh domhain, sàmhach,
Co tiugh ri sùthan càthadh,

'Na làthaich 's na phlàm;
Sean bhùrn salach ruadhain
Cha ghloinne ghrunnd na uachdar,
Gur coslach re muir ruaidh e,
Na ruaimle feadh stanng.

Tha 'n t-àit an robh na fuarain
Air fàs na chroite cruaidhe,
Gun sòbhrach, gun dail-chuaich,
Gun lus uasal air carnn;
An sliabh an robh na h-éildean,
An àite luidhe 's éiridh
Cho lòm re causair féille,
'S am feur chinn e gann:
Chuir Alastair le ghéisgeil
A ghreidh ud as a chéile,
'S ar leam gur mòr an eucoir
An eudail a chall;
Cha laghadh 'n t-aobhar mìo'-thlachd,
Am fear a chleachd bhi tìorail,
A' tearnadh is a dìreadh
Re frìth nan damh seang.

Ach ma's duine do shliochd Phàruic
A théid a nis do'n àite,
'S gu 'n cuir e as a làraich
An tàch'ran a tha 'n;
Bi'dh 'n coire mar a bha e,
Bi'dh laoigh is aidhein dàr ann,
Bi'dh daimh a dol san dàmhair,
Air fàsach nam beann;

Bi' buic s'na baddain blàtha,
Na bric san abhuinn làimh riu,
'Sna féidh an srath na làir'ge
Ag' àrach na mang;
Thig gach uille ni g'a àbhaist,
Le aidheir is le àbhachd,
'Nuair gheibh am Baran bàirlin,
Sud fhàgail gun tàing.

## *Oran seacharan seilg.*

*Chunnaic mi 'n damh donn 's na h-éildean.*
*Dìreadh a bhealuich le chéile;*
*Chunnaic mi 'n damh donn 's na h-éildean.*

'S MI tearnadh a Coir'.a-cheathaich,
'S mòr mo mhighean 's mi gun aidhir,
Siubbal frìthe rè an latha,
Thilg mi 'n spraidh nach d'rinn feum dhomh.
*Chunnaic mi*, &c.

Ged' tha bacadh air na h-armuibh,
Ghleidh mi'n Spàinteach thun na sealga,
Ge do rinn i orm do chearbaich,
Nach do mharbh i mac na h-éilde.
*Chunnaic mi*, &c.

'Nuair a dh'érich mi sa' mhaduin,
Chuir mi innte fùdar Ghlascho,
Peulair teann is tri puist Shas'nach,

Cuifein asgairt air a dhéidh sin.
*Chunnaic mi*, &c.

Bha 'n spor ùr an déigh 's a breacadh,
Chuir mi ùille ris an acfuin,
Eagal driùc bha mudan craicin,
Cuinail fasgaidh air mo chéilidh.
*Chunnaic mi*, &c.

Luidh an eilid air an fhuaran,
Chaidh mi farrasda mu'n cuairt di,
Leig mi 'n deannal ud m'a tuairmse,
Leam is cruaidh gu'n d'rinn i éiridh.
*Chunnaic mi*, &c.

Rànuig mise taobh na bruaiche,
'S chosd mi rithe mo chuid luaidhe;
'S 'nuair a shaoil mi i bhi buaillte,
Sin an uair a b' àird' a leum i.
*Chunnaic mi*, &c.

'S muladach bhi siubhal frìthe,
Ri la gaoith', a's uisg', a's dìle,
'S ordugh teann ag' iarraidh sìth'ne,
Cuir nan giomanach 'nan éigin.
*Chunnaic mi*, &c.

'S mithich tearnadh do na gleannuibh
O'n tha gruamaich air na beannuibh,
'S ceathach dùinte mu na meallaibh,
A' cuir dalladh air ar lèirsin.
*Chunnaic mi*, &c.

Bi sinn beo an dòchas ro-mhath,
Gu'm bi chùis ni's fhear an t-ath la';
Gu'm bi gaoth, a's grian, a's talamh,
Mar is maith leinn air na sléibhtean.
*Chunnaic mi*, &c.

Bithidh an luaidh ghlas 'na deannuibh,
Siubhal réith aig conaibh seanga;
'S an damh donn a sileadh fola,
'S àbhachd aig na fearuibh glèusda.

## *Orando Ioin Caimbeul a' bhanc.*

Ioin Chaimbeul a' bhanca,
Gu'm faiceam thu slàn,
Fhir a chumail na dàimh,
'Gam buineadh bhi mòr;
Le d' chridhe fial, fearail,
A thug barrachd air càch,
An iomadaibh càs
A thuilleadh nan slògh.
Fhuair thu meas, nach 'eil bichiont'
A measg Bhreatanach,
Banc an òir bhi fuidh d' sgòit,
Ann an còir dhleasdanach;
Na th' ann, cha 'n e 'm beagan
Is e 'm freasdal re d' stàit,
Fuidh leagadh do làmh
S' gu freagradh do bheoil.

'S tu marcach nan srann-each,
Is farramaich ceum,
Le 'm fallaireachd féin
Gu farasta fòil:
Air dhìollait nan cùrsan
Bu dùbailte sréin,
'S tu bhuidhneadh gach réis,
A shiubhladh an ròd.
Na h-eich bhearcasach chalma,
Bhiodh garbh cumachdail,
Is iad gu h-anmadail meamnach,
Le 'm falbh gruilleamach,
Cruidheach dlùth-thairgneach,
Mear, ainfheasach, fuasgailteach,
Ceannardach, cluas-bhiorach,
Uallach gu leòir.

B'e do roghainn a dh'armachd,
An targait chruinn ùr,
Gu meanbh-bhallach dlù,
Buidh tairgneach cruaidh seòlt;
Is claidheamh chinn airgid
Cruaidh, calma nach lùb,
Lann thana gheur-chùil
Gu daingean a'd dhòrn;
Mar'ri dag ullamh ghrad
A bhiodh a snap freasdalach,
Nach biodh stad air a Sraid
Ach bhi 'mach freagarach;
Fudar cruaidh sgeilceara
Am feadan gle dhìreach,

A'd' làmhan geal, mìne,
'S cuileabnair caol gorm.

Bu cheannard air feac thu,
An am gaisgidh no feum,
Fear misneachail treun
A b' fhiosrach gach seòl;
A fhuair fòghlum a's fasan,
Is aiteas g'a réir,
Tur paillte le ceill
A' cur aignidh am mòid.
An àm suidhe na cùirte,
No dùbladh an t-Seisein,
An uchd barra no binne,
'Si t'fhirinn a sheasadh:
Deagh theang-fhear gu deasput,
Bu fhreagarach cainnt,
A bhuidhneadh gach geall
'S a chumadh a chòir.

'Se do shùgradh bha earailteach,
Ceannalta, suairc,
An àm tional nan uaislean
Mar'riut a dh' òl;
Gu fàilteachail, furanach,
A cuireadh a suas,
Gach duine do'n t-sluagh,
G'am buineadh bhi d' chòir:
Na diùcan bu rìomhaiche,
A chit' ann am Breatan,
Is bu chompanach Righ thu,

Le firinn 's le teistneas,
Fhir ghreadhnuich bu sheirceala
Sheasadh air blàr,
Fuidh 'n deise bhiodh làn,
Do làstainean òir.

'S maith thig dhuit san fhasan,
An ad a's a ghruag,
Air an deasachadh suas
Am fasan an t-slòigh ;
Gu camagach daithte,
Làn chaisreag a's chuach,
Gu bach'lach mu'n cuairt,
Le maise ro-mhòr :
Tha gach ciabh mar do mhiann,
Air an sniomh cumachdail,
Fiamh dhonn, torrach, tròm,
Gun bhonn uireasbhuidh,
Amlagach, cleachdach,
Cruinne cas-bhuidh tlà,
Co-ghasda re bàrr,
Th' air mac san Roinn-eorp' ;

'Si t' aghaidh ghlan, shoilleir,
Bha caoineil le suairc,
Caol mhala gun ghruaim,
Sùil mheallach bu bhòidhch';
Gnùis àilidh mar chanach,
Bu cheanalta, snuagh,
Min, camach do ghruaidh,
Mar bharr nan ròs

Cha 'n 'eil àilleachd air cách,
Nach d' thug pàirt urram dhuit ;
Foinneamh fincalta, dìreach,
Deas, fior chumachdail,
Calpa cruinn cothromach,
Corrach gu d' shàil,
Gun chron ort a' fàs,
O mhulach gu bròig.

Do smaointeana glice,
Le misnich 's le céill,
Do thuigse ghlan, gheur,
'S deagh thuiteamas beoil ;
Gun tuirsneadh, gun bhristeadh,
Gun trioblaid, fo'n ghréin,
A b' fhiosrach mi féin,
Is misd thu bhi d' chòir.
'S ioma gibht' a tha 'nis,
Lìonmhor tric minig ort,
Iul is fios, muirnn 's mios,
Flùr a' measg finnich thu,
An uaisle le spiorad,
Air mhireadh a' d' chàil,
'S tu iriosal, bàidheil,
Cinneadail, còir.

Gheibhte sud ann ad' thalla,
Fìon geal is maith tuar,
Deoch thana gun druaip,
Is i fallain gu pòit ;
Bhiodh sunnd agus farum

Air aire an t sluaigh,
Deadn ghean ann san uair,
A teannadh r'a h-òl;
Ann san tig ı bu mhòr seadh,
Leis nac.ı dragh a.thni bean,
Muirnn a's caoin, a bhios air fheadh,
Cupa 's gloin, canachan,
Coimhleircin airgid, ·
Dreois gha lt' each a'n chéir,
Feadh t'aitreamh gu léir,
Is iad paillte gu leòir

B'e do mhiann a luchd ealaidh,
Pìob sgalanta chruaidh,
Le caithreim cho luath,
'S a ghearradh' na meòir;
Puirt shiùlacha mheara,
Is ſior alloil cur suas,
Ann an talla nam buagh
Bu bharrail mu'n stòr:
Cruite ciuil, torman ùr,
Is e gu dlùth ruidh-leumnach,
Feadain lom, cn.uinne, dhonn,
'Thogadh fonn mireanach,
Clarsac le grinneas,
Bu bhinn-fhoclach fuaim,
'S cha tilleadh tu 'n duais,
'Nuair a sircadh tu ceòl.

'S iom dh àit am bheil do charaid.
A d'fharaid mu'n cuairt,

An deas is an tuath,
Cho' dleas'nach 's bu chòir;
Diùc Earra-ghaidh'leach ainmeil,
Ceann armaillt' nam buagh,
Leis na dhearbadh làmh chruaidh,
Is ris an d'earbadh gu leòir:
An t-Iarlo cliùtach g'an dùchas
Bhi 'n Tŭr Bheallaich,
A chuir an ruaig le chuid sluaigh,
Air na fuar Ghalluich;
Mòr-fhear Loudon nan seang-each,
Ard sheanalair caimp,
Fhuair urram command,
Far na bhuidhin na seòid.

Tha iomadh càs eile
Nach ceilinn san uair,
Tha tarruing ort buaidh,
A mhaireas re d' bheò;
Fuil rìoghail air lasadh
Amach ann ad' ghruaidh,
Cuir d'aigne a suas
Le aiteas ro-mhòr;
Tha bunntam a's léirsin
Gu léir ann ad' phearsa,
Fhir shunntaich na féile,
Sgeul aoibhin a b' ait leam,
Na 'm faicinn a'màireach
Le àbhachd 's le muirnn,
Bhi 'd chàramh fuigh 'n chrùn
An àite Righ Deors'.

*Oran Ghlinn-urchaidh.*

Mun d' thig ceann bliadhna tuille,
Cha bhi sinn uile 'n Tora-mhuilt :
Théid sinn thar na bealaichin,
Do'n fhearann an robh 'n tlùs :
Far am bheil ar dìlsean,
Ann san tìr am bheil ar cuid ;
'S an t-àit an còr dhuinn crìochnachadh
'S an tìodhlaicear ar cuirp.

Is ann Clachan-an-dìseirt,
Bu ghrinn bhi ann an diu,
Suidhe 'n eaglais mhior'ailteach,
An dasg bu rìomhach cur ;
Ag' eisdeachd ris na dh'innseadh dhuinn,
Am fear bu shìobhailt guth ;
Is e toirt sgeul a phìobail duinn,
'S a bhrigh a'tigh'n gu buil.

Gleannan blàth na tìoralachd,
An ro-mhaith 'n cinn an stuth,
Far am bheil na h-innseagan,
Am bheil an sìol an cur :
Cinnidh arbhar craobhach ann
Co chaoin gheal ris a ghruth,
Gu reachdmhar, biadhchar, brìoghmhar,
Tròm, torach, lionntach, tiuth.

Bu chridhail bhi sa' n-heamhradh ann.
Air bainnsean gheibhteadh spuirt ;

Fonn cheol réidh na pìobaireachd,
Cha bhiodh sgìos mu a sgur:
Fuaim nan teud aig fileirean,
A sheinneadh sìos na cuir ;
'S an luinneag féin aig nìonagan,
Bu bhinne mhillse guth.

Gheibhteadh bradan fior-uisg ann,
A dìreadh ris gach sruth ;
Eoin an t-sléibh gu lìonmhor,
'S na mìlltean coileach dubh ;
Earba bheag an sgrìobain,
Na minnein chrìon 's na buic,
'Sa ghleann am bheil na frìtheachan,
'S na gìomanaich 'n am bun.

O'n a thàinig mi do'n fhearann so,
Cha 'n fhaigh mi prìs an eòin,
'S cha 'n 'eil fàth bhi bruidhinn
Mu'n fhear-bhuidh air 'm bi 'n cròc :
Cha b'ionnan 's bhi mar b'àbhaist domh,
Aig bràigh doire-chrò,
Far am bi' na làn-daimh,
Ni 'n dàmhair ann sa cheò.

Mo shoruidh do Ghleann-urchaidh
Nan tulchan glasa feòir,
Far am bheil na sealgairean,
'Sa fhuair iad ainm bhi còrr;
A dhìreadh ris na garbhlaichean,
Am biodh greidh dhearg na leòir

'S bhiodh gillean tròm le callachan
A dh'fhàgadh tarbhach bord.

'S an uair a thigteadh dhachaidh leo,
Gu'm b'fhasanta bhur seòl,
A suidhe 'san tigh-thàirne,
'S bhi dannsa mar'ri ceòl:
Cridhealas r'a chéile,
'S na béin a bhi 'ga'n òl;
'S cha 'n fhaic'te cùis 'na h-éigin
An àm éigheach air an stòp.

*Oran an t-Sàmhraidh.*

'Nuair thig an Sàmhra' geugach oirnn,
Théid siann nan speur o'n ghruamaiche,
Thig tlus a's blàs a's aoibhneas— Théid
Gach ni g'a réir am buadhalachd.
Thig feart le neart na gréine oirnn,
Ni 'n saoghal gu léir a chuartachadh;
Thig teas o slios 'nuair dh'éireas i
Ni feum, 's cha tréigear nainne e.

Bidh pòr ann an tìr ghràiseirean,
Chur sìl ann san tìm ghnàthaichte;
A' toirt brìgh as an ùir nàdurra,
O'n bhlàr g'a bhàrr a ghluaiseas e:
Gu reachdmhor, breac, neo fhàillineach,
Trom-chuinlionach garbh-ghràineanach,

Gu diasach, riathach, càileanach,
Gu biadhchar, làn, 'nuair bhuainear e.

'S glan fàileadh nan geug lìomhora,
Mu ghàradh nan seud lìonmhora,
Am biodh àileagain gle rìomhacha
Le blàth's a' sir-chur snuadh orra;
Gu h-ùbhlach, peurach, figusach,
Glan, brìoghmhar, dìomhair, guaimaiseach
Gach sràid is àillidh grìneachan,
Mar Phèalas Righ r'an cuairtachadh.

'S ro-ghreannar gach gleann fior-mhonaidh,
Cur ìomhaigh ghrinn an u chdar air;
Gach lus le bhàrr cho' mhior' ilteach,
A' fàs fuidh mhìle suaicheantas;
Gu duilleach, lurach, dìtheanach,
Glan, rìomhach, lìonmhor, cuaicheanach,
Gu ropach, dosach, mìsleanach,
Gu millteachail, mìn uainealach.

Bidh fonn air gach neach nàdurra,
Bhiodh sealltainn gach ni gnàthaichte,
Am blàr lom a' cur dreach fàsaich air,
Gach là cur stràchd neo-thruaillidh air;
Gu molach, torach, blàth-mhaiseach,
'Sna craobhan làn do chruasachdan,
Gu h-ùrar, dù'-ghorm, àileanta,
Le frasa blàtha, bruaidleanach.

Bidh gach frìth gu lìonntach, feurach; 's théi
Na féidh 'nan éididh suaicheanta,
Gu h-uallach, binneach, ceumannach,
Grad-leumanach, bior-chluaiseanach;
Gu cròcach caprach, céir-ghealach,
Gu manngach, eangach, éildeagach,
'Gan grianadh sa' mhios chéiteanach,
Air slios an t sléibh mu'n cuairtaich iad.

Bidh laogh re taobh gach aighe dhiubh.
'Nan luidhe mar is còir dhoibh; bidh
Gach damh is mang cho'aithearach,
'Nuair thig Fil-leathain ròid orra:
Bu tuille lòin a's saoghail,
Do gach neach a ghabnadh gaol orra,
Bhi tric ag amharc caol orra.
Is 'g éisdeachd gaoir an crònanaich.

Bidh maoisleach a chinn ghuanaich,
A cur dreach a's snuadh a's tuar orra,
'S i tilgeadh cuilg a' gheamhraidh
A chuir gurt a's greann a's fuachd orra:
O'n thàinig blàthas an t-Sàmhraidh oirnn,
Cuiridh ise mànntal ruadh orra,
'S tha inntin ghrinn g'a réir aice,
Gu fallain, féitheach, fuasgailteach.

Bidh am minnein ùrar meanbh-bhallach,
Gros tioram air a ghnùis bu sgeinmeile;
Gu mireineach, lùthar, anmadail,
Re slinnein na h-earb an guailleachan.

Bu chlis feadh phreas mu an-moch iad,
Gu tric fuidh ioc nam mean' chuileag,
Gu sgrideil, gibeach, gear mhasach,
An sliochd 'gan ainm na ruaghagan.

Bidh gach creutair fàillineach,
A bha greis an càs na fuaralachd,
A togail an cinn gu h-àbhachdach,
O'n a thàinig blàth's le buaidh orra:
Na h-eoin sa' phonnc a b'àbhaist doibh,
Gu ceolmhar, fonnmhor, fàilteachail,
Feadh phreas a's thòm re gàirdeachas,
Gun chàs a dh'fhàgadh truaillidh iad.

'S neo-thruaillidh am pòr lìonmhor ud,
'S gur spéiseil grinn a ghluaiseas iad;
Le'm beus a 'seinn mar fhìleirean,
Gur h-aoibhinn binn re m' chluasaibh iad;
'S glan luinneagach, fior-inntineach,
A' chànain chinn thig uatha-san;
'S iad gobach, sgiathach, cìreineach
Gu h-iteach, dìonach, cluaineiseach.,

Bidh an coileach le thorman tùchanach,
Air chnocana gorm a durdanaich,
Puirt fhileanta, cheolmhor, shiùbhlacha,
Le rìbheid dlùth chur seòil orra;
Gob crom nam ponnca lùthora,
'Sa chneas le dreach air a dhùblachadh,
Gu slios-dubh, girt-gheal, ùr-bhallach,
'S dà chirc a sàgradh bòidheach ris.

Thig a chuag sa' mhìos chéitein oirnn,
'S bidh riabhag 'na seuchdan còmhladh ri,
'S an dreathan a gleusadh sheannsairean
Air a ghéig is aird a mhòthicheas e.
Bidh chòill' gu léir 'sna gleanntaichean,
Air chrathadh le h-aoibhneas cantaireachd,
Aig fuaim a chuanail cheannsalaich,
Feadh phreas a's chrann, a's òganan.

Na doireachean coill' bu dìomhaire,
'S na croinn mu'n iadh na smeòraichean,
Théid gach craobh an ciataichead,
Bidh caochladh fiamh a's neòil orra;
Gu meanganach, dìreach, snìomh nach,
Théid cridhe nam freamh an sòghaireachd,
Le trusgan ùr g'a mheudachadh,
Bar-guc air mheuraibh nòsara.

Bidh am beatha gu cuisleach, fiuranach,
Gu failleanach, slatach, ùr-fhasach;
Thig snothach fuidh 'n chairt a's drùisealachd,
Bidh duilleach a's rùsg mar chòmhdach air:
Le bruthinn théid brìgh na dùslain ann
Am barrach dlùth nan òganan,
Gu plùireineach, caoin, mao'-bhlasda,
Mo roghainn do shnaoisean sròine e.

'Sa bhiolaire luidneach, shlìom-chluasach,
Ghlas, chruinn-cheannach, chaoin, ghorm-neul-
ach,
Is i fàs glan, uchd-ard, gilmeineach,

Fuidh bàrr geal, iomlan, sònraichte ;
Air ghlaic, bu taitneach cearmonta,
Le seamragan 's le neònainean ;
'S gach lus a dh'fheudain ainmeachadh,
Cuir anbharra dhreach bòidhchead air.

Gur badanach, caoineil, milionta,
Cruinn, mopach, mìn-chruthach, mongoineach,
Fraoch groganach, dù'-dhonn, g is dearg,
Bàrr cluigeanach, sìnnteach, gorm-bhileach ;
Gu dosach, gasach, uain neulach,
Gu cluthor, cluaineach, tolmagach ;
'S a mhil 'na fùdar gruaige dha,
'Ga chumail suas an spòrsalachd.

'Si grug an deataich rìomhaich i,
'S mòr a brìgh 's is lìonmhor buaidh orra,
Céir-bheach nan sgeap a cinntinn orr',
Seillean breac feadh tuim 'ga chru sachd sud;
Gu cianail, tiamhaidh, srann aige,
Air bhàrr nam meas a' draindanaich,
,Bhiodh miann bhan-òg a's bhain-tighearnan
Na fhàrdoich ghreannar, ghuamaisich.

Is e gu sriteach, riathach, ciar-cheannach,
Breac, buidh, stiallach, srian-bhallach,
Gobach, dubhanach, riasgach, iargalta,
Ri gnìomh gu dian mar thuathanach ;
Gu sùrdail, grunndail, deanadach,
Neo-dhìomhanach 'na uaireanan ;

'Se fàile lusan fiadhaiche
Bhi's aige bhiadh 'sa thuarasdal.

Gach tàin is àirde chruinnicheas
Do'n àirigh uile ghluaiseas iad;
Thig blioc is dàir gun uireasbhuidh,
Craobh àrd air cuman gruagaiche;
Na h-aighean is òige làdaire,
Nach d'fhiosraich tràth nam buaraichean;
Bidh luinneag aig rìbhinn chùl-duinn dhoibh,
'Gam brìodal ciuin le duanagan.

'S fior ionmhuin mu thràth neòine
Na laoigh òga chòir na buaile sin,
Gu tarra-gheal, ball-bhreac, bòtainneach.
Sgìathach, druim-fhionn, sroinn-fhion, guaill-
each;
Is iad gu lìth-dhonn, ciar-dhubh, càraideach,
Buidh, grìs-fhionn, crà'-dhearg, suaichionta,
Seang, slios'ra dìreach, sàr-chumpach,
Cas, bachlach, bàrr an suanaiche.

Bidh foirm a's colg air creatairean,
Gu stoirmeil, gleust' 'g ath-nuadhachadh;
Le forgan torchuirt feudalach,
An treud, 's an spréidh, 's am buachaille:
An gleann, barrach, bileach, réidhleanach,
Creamh, rainneach, réisg, a's luachaireach,
'S e caoin, cannach, mìn-chruthach, ceutach,
Cuach, sléibhteach, feurach, fuaranach.

Bidh mìonntain, cam'mhil, 's sòghraichean,
Géur bhileach, lònach, luasganach,
Cathair thalamhonta, 's carbhin chròc-cheannach,
Gharg, amlach, ròmach, chluas-bhiorach,
Subhan-làire, 's fàile ghròiseidean ;
Làn lilidh' 's ròsa cuaicheanach,
Is clann-bheag a trusa leòlaichean,
Buain chòr' an còs nam bruachagan.

Bidh 'm blàr fuidh stràchd le ùraireachd,
Oidhch' iuchair bhrùin'ceach, cheò-banach,
Gach sràbh 'sa bàrr air lùbadh orra
Le cudthrom an drùchd 's le lòdalachd ;
'Na phaideirean lìonmhor cùrnaineach,
Gu brìoghmhar, sùghmhor sòlasach,
Cuiridh ghrian gu dian 'na smùidean e,
Le fiamh a gnùis san òg-mhaduin.

'Nuair a dhearsas a gnùis bhaoisgeil,
Gu fial, flathail, fiamh, geal, caoineil oirnn,
Thig maitheas a's gnìomh le sàibhireachd,
Chuir loinn air an Roinn-eòrpa so ;
Le aoibhneas gréine soillseachadh,
Air an speur gu réidh a spaoileas i,
Cuir an géil gach feum a rinn i dhuinn,
G'a fhoillseachadh 's g'a mhòideachadh.

Duncan Campbell



*Oran do Chaiptein Geard Dhun-eidin.*

Abhliadhn' a chruinnich an càmpa,
'Sa thàinig an trioblaid,
Bha Donnacha òg Caimbeul
Air cheann na Milisi;
Fear urramach, seòlta,
Bu mhòr fòghlum a's misneach,
G'an tarruing an òrdugh
Ann an còireanuibh miosail.

'S mòr do mhios aig na daoine,
Bh'air do thaobh ann san uair sin,
A'dol air an adhairt·
Ann an aghaidh an fhuaghais;
'Nuair bu bhraise bha 'n teine,
A's fras pheileir mu'n cuairt dhuit,
'S ann air thoiseach na h armaillt,
A dhearbh thu do chruadal.

Ann an atha Chuilodair
A dol an toiseach a bhattailt,
'S mòr a b'fheard iad thu rompa,
A thoirt doibh prosnacha focail;
Fir Ghlinn-urchaidh bha 'd dhéigh,
'S bu tu roghain à Chaiptein,
Ge bu Sheanalair àrd thu,
B' fhiach thu 'n t-àite bhi agad.

'S cha do smaointich thu gealltachd,
'S cha b' asan leat cùram,

'S ann a bha t'inntin a togail
An àm losgaidh an fhùdair;
'S nan geur lannan glasa
Bhi le braise 'g an rùsgadh,
Bu tu ceannard an fheachda
Nach gabhadh feachda na lùbadh.

Bu cheann-feadhna deas calm thu,
Nach robh cearbach ad' ghaisgeadh,
Tarruing suas do chuid daoine,
'Nuair a sgaoileadh a bhratach,
Dh'éirich leatsa buaidh làrach,
Anns gach càs a chaidh seachad,
'S na fhuair thu do phàirti
Rinn thu 'n àireamh thoirt dachaidh.

Ceann na ceill a's na cuideachd,
Bu mhòr tuigs' agus reusan,
Am fear misneachail cliùteach,
Comhlan ùr do shliochd Dhiarmaid:
Tha d' aigne mar leòmhan,
Chuir thu mòran an gnìomh dheth;
Led' chainnt bhunnailteach phùncail,
Sàr chompanach iarl' thu.

Dhearbh thu féin a bhi suairce,
Ann an uails' a's an gloine,
'S ioma car air gach taobh dhiot,
Air am feudainn do shloinneadh,
Shliochd nan comhlan bu chaoineile
O thigh Achaloinne,

Do'n fhuil is àirde shliochd Dhiarmaid,
Tha 'n dream chiat'ach g'am bheil thu.

'Se meud na h-uaisle tha 'd chorp,
Tha sìr chuir mosgla ad' inntin,
Bu mhòr t'fheum anns a chogadh,
'Nuair a b' oiffigeach Righ thu:
Rinn thu gnothuch do chàirdean,
Gu nàdura dìleas,
'S cliu a chos'nadh od' nàimhdean,
'Nuair a thàinic an t-sìochadh.

A Bhliadhn' a thogadh na creachan,
'S a loisgeadh aitreamh nan garbh-chrioch,
'S mòr a rinn thu g'am bacadh,
O luchd nan casaga dearga;
A liuthad beannachdan bhochdan,
A rinn thu chos'nadh san àm sin,
Tha gu sìorruidh am freasdal,
Ri bhi leasacha d' anama.

Cha b'e d' fhasan bhi 'n tì
Air cuid nam fior dhaoine bochda,
Ach an leigèadh roi' d' lìontuibh,
Anns gach tìr air 'n do chroisg thu;
'Nuair bhiodh càch anns na cùiltibh,
Re spùinteadh 's re ropadh,
'S ann a bhidh tu le d' dhaoinibh
Amach air eudain nan cnocan.

Bha thu teom' air gach fear-ghleus,
A shiubhal garbhluich an t-sléibhe,
Bu tu roghain an t-sealgair,
A dhol a mharbhadh na h-éilte,
Ann am fàsach na coille,
Na 'n doire na géige,
Bu tu nàmhaid a choilich,
Is moch a ghoireadh sa' chéitein.

'S maith thig 'éileadh cruinn uasal,
Mu'n cuairt air do bhreacan,
Bonaid ghorm a bhil shìd ort,
'S peiteag rìomhach do'n tartan; Breacan
Bròg theann air dheagh chumadh
Mu'n troidh is cuimeir air faiche,
'S air do chalpanna soilleir,
Osain ghoirid a's gartain.

'S maith thig claidheamh geur cùil ort,
Lann ùr nan tri chlaisean,
Tana, faobharach, fuileach,
Eutrom, guineach, geur, sgaiteach,
Dias chuimeir do'n stàilinn,
'Si spàirt an ceann aisnich,
Ann an iomachar ualach,
'S an crios guailean san fhasan.

Paidhir dhag air do ghiùlan,
B'e do rùn a bhi d' shiubhal,
Mar'ri cuileabhair deas eutrom,
Gunna caol a bheoil chuthain.

Aodharc chuimeir an fhùdair,
Tlasg chùl bhuidh 's beul luthaidh,
Sgiath bhreac nam ball dlùtha,
Lann scriùta 'na h-ubhal.

Cha mhios thig dhuit biodag,
Cho'mhaith 'sa thigeadh o'n chearduich,
Snìoman lìonmhora, croma
Air a cois dhromanuich, chargnuich,
'Si gu finealta, sgeanail,
Dìreach, tana, gle sgeanamail,
Eadar bhonn agus mhuineal,
An taoim 'san duille 's a chrambait.

Bha thu uasal a tighin,
Air gach slighe tha 'n taic riut
'S cha do leig thu fhéin a rithisd,
Bonn do'n t-slighe ud scachad;
Fhir bu shìobhalta bruidhinn,
Bu tu breitheamh a cheartais,
Sàr phòiteir na dithe,
G'an robh 'n cridhe fial, farsuing.

'S gach car a chaidh dhìotsa,
Ann an rìoghachd na h-Alba,
Cha chualas do mhi-chliu,
Air do sgriob feadh nan garbh-chrioch.
Aig feothas do ghiulain,
Bha chùis ud duit ainmeil,
Le barantas dùbailt,
Fhuair thu cliu na clia-sheanchuidh.

## *Oran an Tailèir.*

A DHOMH'UIL Bhàin mhic o Neacair
Tha 'n droch nàdur a d' phearsa,
Cha ghnàthaich thu 'n ceartas,
Gus am bàsaich thu 'n pheacadh,
'S mairg àit anns na thachair,
Am ball-sàmpuil gun chneastachd,
'A rinn gràineil an sgaiteachd ud oirnn,
'A rinn gràineil, &c.

Fhir a thòisich ri ealaidh,
Bha thu gòrach a d' bharail,
'Ga seòladh am' charaibh,
'S gun mi t' fheòraich, no t'fharaid,
Chuir thu sgleo dhìot is fanoid,
Co dhiubh 's deoin leat no's ain-deoin,
Tha mi 'n dòchas gu'm faigh thu do leòir,
Tha mi, &c.

Dhomhsa b'aithne do bheusan;
Tha thu ain-eolach, beumnach,
Is do theangaidh mar reusar,
Le tainnead 's le géiread,
Thug thu deannal dhomh fhéin dith,
O's ann agad tha 'n eucoir,
Com' nach pàidhinn thu 'n éirig do sgeoil,
Com' nach, &c.

'S tu chraobh ghrodlaich air crìonadh,
'S n mosgain, a's fhìonag,

A dh'fhàs croganach, ìosal,
Goirid, crotach. neo-dhìreach,
Stoc thu togairt a'n ghrìosaich,
A thoill do losgadh mar ìobairt,
Leig thu 'n soisgeul air di'-chuimhn gu mòr
Leig thu, &c,

Bu bheag an diùbhail e thachairt
An là thùr thu na facail,
Da p unnd agus cairteal
A dh'fhùdar cruaidh, sgairteal,
A bhi a d'bhroin air a chalcadh,
'S bhi 'gad' sgàineadh le maitse,
Gus am fàsadh tu d'ablach gun deo,
Gus, &c.

'S blìonach rithinn gun fheum thu,
Ge do bhitheadh tu 'm féithe,
Coin is fithich a' d' theumadh,
Cha bhiodh an dìol béidh ac'.
'S tric thu teann air 'na h-eibhlean,
Bhreac do shuimeir gu t'éislich,
Blàth an tein' air do shléisdibh gu mòr,
Blath, &c.

O' nach Tàileir is fhiu thu,
Chuir càch as a chùirt thu;
Bidh tu ghnà anns na cùiltean,
A' càradh nan lùireach,
Bu tu àsuin nan clùitean,
'S tric a shuidh thu san smùraich,

'Nuair a bhithinns' air cùl fir nan cròc,
'Nuair, &c.

'S e do choltas r'a ìnnseadh,
Fear sop-cheannach, grìmeach,
Gun bhonait, gun phìor-bhuic,
Gun bhad-mullaich, gun chìrean,
Lòm uil' air a spìonadh,
Car gu t'uilinn a sìos ort,
Stràchd na dunach do'n sgrìbich mu'd cheòs,
Stràchd, &c.

'S iomadh àit anns na thachair,
An tàiler MacNeacain,
Eadar Albainn a's Sasgunn,
Bailtean margaidh a's machair;
'S tric a shealg thu air praisich,
O' nach d' fhalbh thu le clapa,
Choidh' cha mharbh e duin' aca do'n t-slògh,
Choidh', &c.

'S duine dona gun mhios thu,
Dh'fhàs gun onair gun ghliocas,
Fear gun chomas gun bhriosgadh,
Chaill do spionnadh 's do mhisneach,
Leis na rinn thu do'n bhi-seachd,
Bu tu 'n slàidhtire misgeach,
'S cian o'n thoill thu do chuipeadh mu'n òl,
'S cian, &c.

'S iomadh ceapaire ròmais,
Rinn thu ghlacadh a'd' chrògan,
Is bhi ga stailceadh le d' òrdaig,
Ann ad' chap dheudach sgòrnach,
'S reamhar farsaing do sgòrnan,
Brù mar chuilean an òtraich,
Fhuair thu urram nan geòcàch rc d' bheo,
Fhuir, &c.

Bidh na mnathan ag ràdh'te,
'Nuair a rachadh tu 'n àiridh,
Gun tolladh tu 'n t-àras,
Ann 'sam bitheadh an càise ;
'Nuair a dh'itheadh tu pàirt deth,
'S a bhiodh tu air trasgadh,
Anns a' mhuidhe gu'n spàrr thu do chròg,
Ann, &c.

'S tu 'n tollaran cnàimhteach,
Ge bu ghionach do mhàileid,
Tha do mhionach air t' fhàgail,
Gun chrioman deth làthair ;
Cochall glogach mu d'àruinn,
Tha do sgamhan a's d' àinean
Làn galair a's fàslaich, a's chòs,
Làn, &c.

Beul do chléibh air a thachdadh.
Air séideadh 's air brachadh,
'S e gu h-éididh air malcadh,
'S mòr t'fheum air a chartadh,

Gach aon eucail a' d' phearsuin,
Caitheamh, éitich, a's casdaich,
Gus an d' éirich do chraicean od' fheoil,
Gus, *&c.*

Tha do chreuchdan, 's do chuislean,
Làn eucail a's trusdair,
'S thu feumach air furtach,
Tha 'n déideadh a' d' phluicean,
'S thu t-éigin le clupaid,
D' anail bhreun, gu tròm, murtadh,
'S mairg a dh'fheuchadh dhìot moch-thra do
thòchd,
'S mairg, *&c.*

Do dheud sgròb-bhearnach, cabach,
Am bheil na sgòir-fhiaclan glasa,
Mosgain, còsacha, sgealpach,
Lùibte, grannda, cam, feachdte,
A null 's a nall air an tarsuing,
Cuid diubh caillt' air dol asad,
'S na bheil ann diubh air spagadh do bheoil,
'S na, *&c.*

Bidh na ronnan gu silteach,
'Nan tonnaibh gorm, ruidhteach,
A gabhail toinneamh o d' liopan,
Thar cromadh do smige;
'S dorcha doilleir do chlisneach,
Co'-dubh ris a phice,

Uchd na curra, ceann circ ort, gob geòidh,
Uchd, *&c.*

Do mhaol chruacach air failleadh,
Gun chluasan, gun fhaillean;
Tha thu uainealach tana,
Co' chruaidh ris an darach;
'S thu gun suanach, gun anart,
'S aobh'r truais thu re d' ghearan,
'S gur fuair thu na gaillean an reòt'.
'S gur, *&c.*

Tha ceann binneach 'na stùic ort,
Geocach, leith-cheannach, giùgach,
Eudain brucainneach, grùgach,
'Sròn phlucach na mùire,
Tha cruit air do chùlaobh,
'S mòran lurcuich a'd' ghlùinibh,
Da chois chama, chaol, chrùbach, gun treoir,
Da chois, *&c.*

Cha 'n eil uiread nan sàiltean,
Aig a phiutaire spàgach,
Nach 'eil cuspach a's gagach,
Tha thu d' chrioplach 's ad' chràigeach,
'S lìonmhor tubaist an tàileir,
Dh' fhàg an saoghal 'na thràil e,
'S mairg a shaoraich air d'àrach 's tu òg.
'S mairg, *&c.*

Mu's ann do shlio hd Adhamh thu,
Cha choslach re càch thu,
Aig olcas a dh' fhàs thu,
O thoiseach do làithean ;
Cha d' thig cobhair gu bràth ort,
Gus am foghainn am bàs duit,
'S do chorp odhar a chàradh fo'n fhòid,
'S do chorp, *&c.*

*Cumha' Ghileaspaig Achaladoir.*

Gur muladach tha sinn,
Mu Mhàidseir Achaladoir,
E bhi dhìth air an àireamh,
'Nuair thàinig càch thairis oirnn ;
Chaidh gach duine g'an àite,
'S an leth-pàigh 'ga tharruing ac',
'S ann tha esan air fhàgail,
Anns an àraich gun charuchadh.

Bu cheann-feadhna deas calm' thu ;
'N àm dhuit falbh as an fhearann so,
Air thoiseach na h-armaillt,
Far 'na dh earbh thu do cheann-ardachd,
Chaidh tu null air muir dhù'-ghuirm,
'S bhi 'ga stiubhradh le Maraichean,
Dol ma choinneamh nam Francach,
Is iad 'nan càmp air gach Gearasdan

Bha thu cruadalach, dàna,
Anns gach càs a bhiodh barraichte,
A' dol air h-adhairt 'sna blàruibh,
Bu neo-sgàthach 'gan tarruing thu;
Thug sin thu gu àite,
'S theireadh càch gur tu b'airidh air,
Bha do misneach a's d' eòlas,
Mar a dh' fhòghnadh do Sheanalair.

Bha d' aigneadh mar leòmhan,
An am mòr-chuis le fearachas;
Brais a's àrdan le chéile
An àm feuma no cabhaige,
Làmh chruaidh air chùl sgéith,
Cho' treubhach 's b' aithne dhomh;
'S an àm bhualadh nan spéicean,
Cha robh déisin an ceangal riut.

Be do mhiann na h-airm ghaisge,
Bhi gu acuineach,, farumach;
Cuileabhar caol snaighte,
Nach do dhiùlt a snap aingeal duit,
Lann thana, gheur stàilinn,
Chruaidh, làidir gu gearradh,
'N déigh spionna do làimhe,
Bhiodh do nàmhaid-sa gearanach.

Ann an latha blàr Champi,
'Nuair bhuail an tacaid an Seanalair,
Chaidh a lot anns an àraich,
'S dh'fhàg càch a call foladh e,

Thug thu mach e air ghiùlan,
'Sin an tùrn nach robh aithreach dhuit,
'N àm suithe na cùirte,
'S gach aon chùis be do charraid e.

'S e la Phealan-housein
A rinn an diùbhail gu h-ath-ghoirid,
'Nuair a thuit an commandair,
A' b' àird air na fearaibh ud,
Air a phicaid a bha thu,
Os cionn chàich fhuair thu barantas,
Ann an onoir na rìoghachd,
'S an Righ fhad 's bu mhairthean thu.

Ge do theireadh luchd faoineachd,
An taobh so gu h-aineolach,
Gu'n do thèaruinn sliochd Dhiarmaid
Gun reubadh, gun ghearradh ann;
'Nan sealladh iad dìreach,
'S gu'm bi 'n fhìrinn a chanadh iad,
'S mòr ar call le Righ Deorsa,
O'n a thòisich a charraid so.

Chaidh Gileaspàig a bhualadh,
Thain' an luaithe na deannuibh air,
Far nach fhaiceadh e nàimhdean,
'S craobhan àrda 'gam folach air;
Thuit misneach na pàirti
A bha 'n là sin an caradh dhuit,
Bha 'n taic air am fàgail
'Nuair a bha thu gun anail ac',

'Nuair a thàinig a ghàsaid,
Thug fios do bhàis thairis duinn,
Bu mhuladach, cràiteach,
Do bhràthair, 's do phearuichean ;
Do chleambnan gu h àraid,
'S do chàirdean a bharrachd orr' ;
'S bu mhòr an cion-fàth air,
'S 'na bha air an aire-san.

Bha thu maith an àm sìochaidh,
Gu siobhalta, farasta,
Cho uasal a'd' inntin,
'S gu'm bu ghrinn gach ni chanadh tu ;
Mar bu dual duit od' shìnns'reachd
Thaobh gach linn a chaidh tharud diu,
Cruaidh a sheasamh na làrach,
'S bhi blàth an àm caruinis.

Bu tu maighsdir na tuatha,
'S an deagh uachdaran fearruinn,
An àm pàighe a mhàil duit
'Cha bu ghnàth leat bhi tallach air ;
'Stu nach sealladh gu mìo'thur
Air an ni thoirt a dh'ain-deoin uap',
'Se bu mhiannach led' inntin,
Iad a chinntin mar raineach dhuit.

Bu tu cridhe na féile,
Ceann na céil' a's a cheanaltuis,
Bu mhaith labhairt a's léirsin,
'Nàm dhuit féin bhi measg aithnichin ;

Sàr phòitcir an fhìona,
Làmh dhì ladh nan galan thu;
Marc·ch sunntach eich cheumnaich,
Bhuidhneadh réis ann an cabhaig thu.

'S an deireadh an t-Sàmhraidh,
Thug do nàim dean an aire dhuit,
'Nuair a fhuair iad o'n chàmp thu,
Air command a mhòr challa dhuinn,
'S aobhar mulaid a's càmpuir,
Do gach aon duine dhcaradh ort,
Bhi cluinntin do bheusan,
'S gun thu féin a bhi mairthean ac'.

*Cumha' Chailein Ghlinn-iuthair.*

Smaointean truagh a th'air m'aigne,
Dh' fhàg orm smuairean, a's airsneul,
An àm gluasad am leabuidh,
Cha chodal ach dùisg;
Tha mo ghruaighean air scachda,
Gun dion uair air mo rosguibh,
Mu'n sgeul a chualas o'n Appuin,
A ghluais a chaismeachd ud duin',
Fear Ghlinn-iuthair a dhìth oirnn,
Le puthar luchd mìo-ruin,
Mo sgeul duthach r'a ìnnseadh
Thu bhi d' shine 'san ùir;
'S truagh gach duine do d' dhìlsean,

O'n a chaidh do chorp prìseil,
An ciste chuthainn, chaoil, dhìonaich,
'S ann an lìon-anart ùr.

B'e sin an corp àluinn,
'Nuair bha thu roimhe so d' shlàinnte,
Gun chion cumachd no fàs ort,
Gu foinnimh, dàicheil deas ùr;
Suairce foisinneach, fàillteach,
Uasal, iorasal, bàidheil,
Caoimeil, cineadail càirdeil,
Gun chron r'a gh'ràit' air a chùl;
Làn do ghliocas, 's do léirsin,
Gu dana misneachail, treubhach,
Gach àit an sirte gu feum thu,
'S ann leat a dh'éire dh gach cùis;
B'e do cheimeas an dreagan,
Na 'n t seothag 'sna speuran,
Co bu choslach r'a chéile
Ach iad fein agus thu?

'S cruaidh an teachdair a thàinic,
'S truagh mar thachair an dràsta,
Nach do sheachuin thu 'n t àite,
'N do ghlac am bàs thu air thùs;
Suas o chachuile ghàraidh,
Fhuair thu 'n tacaid a chràidh mi,
'S gun do thaic a bhi làimh riut,
'Nuair ghabh iad fàth ort od' chùl,
Air do thaobh 's thu gun chòmhnadh,
San àm 'n do chaochail an deo uait,

D' fhuil chraobhach, dhearg, bhòidheach,
A gabhail dòrta 'na brùchd,
Le gnìomh an amadain ghòraich,
A bha gun aithne gun eòlas,
A chreic anam air stòras,
Nach do chuir an tròcair a dhùil.

B'e 'n cridhe gun tioma, gun déisein,
Gun àdh, gun chineas, gun cheatamh,
A chuir làmh a'd' mhilleadh gun reusan,
Le cion céil' agus tùir ;
'Se ghlac mar chomhairl' an eucoir,
'S boc an gnothuch mar dh'éirich,
Dh'fhàg e sinne fuidh euslainnt,
Is e féin 'na fhear cùirn;
'S ge nach sàmhach a leaba,
Le eagal a ghlacadh,
Cha 'n e tha mi 'g acain,
Ach mar a thachair do'n chùis,
An t-armunn deas. tlachdmhor,
A tha 'n dràst' an Ardchatain,
An déigh 's a chàramh an tasguidh,
An àite codail nach dùisg.

Se do chodal gu sìoruidh,
A dh'fhàg m' aigne cho tìomhaidh,
'S tric smaointeana dìomhain;
A tigh'n gu dian orm as ùr,
'S tròm a dh'fhàs orm an iargain,
Is goirte tàrsa na 'm fiadhrus,
Mo chomh-alt àluinn, deas, ciat'ach,

An déigh's a reubadh gu dlù .
Mìle mallachd do'n làimh sin,
A ghabh cothrom is fàth ort,
A thug an comas do'n làmhach,
'Nuair chuir e 'n Spàinteach r'a shùil;
Sgeula soilleir a b' àil leam,
Gu'n cluinnt' am follais aig càch,
E bhi dol ri crommaig le fàradh,
Gus am miosa dhà-sa na dhuinn.

Ge b'e neach a rinn plot ort,
Le droch dhùrachd o thoiseach,
Bu dàna chùis dha tigh'n ort-sa,
Na do lotadh as ùr ;
Bha 'na rùn bhi gu h-olc dhuit,
'S gun a chridh' aig eudain a nochdadh,
'S ann a thàin' e sàmhach mu'n chnocan,
'S a ghabh ort socair od' chùl.
'S e mo dhiùbhail a thachair,
An àm do'n fhùdar ud lasadh,
Nach robh ad' chàirdean an taic riut,
Na bheireadh aicheamhail diubh ;
'Sa liuthad fiuran deas, tlachdmhor,
Nach gabhadh cùram ro' bhagra,
A chuireadh smùid ris an Appuin,
A chionn gu'm faiceadh iad thu.

'S tròm a phàigh sinn an ìobairt,
A chuir a. nàmhaid a dhìth oirnn,
Ged' tha 'n aich'mhail gun dìol dh,
Thig fhathasd lìontan mu'n chùis,

Chuireas càch an staid ìosail.
Air son an àileagain phrìseil,
Bh' ann san àite mar fhìrean,
A chleachd firinn a's cliu :
'S boc an nuaidheachd r'a àireamh,
Gur ann an nasguidh a tha thu,
Nach d'thàinic fhathasd mu'n chàs ud,
Na dheanadh àbhachd thoirt duinn;
Ach air fhad 's gam bi dàil ann
Comh cheart 's tha mi 'g ràite,
Bidh an fhalachd ud pàigh'te,
Mu'n d' théid an gàmblas air chùl.

'S iad na fineachan làidir,
Bu mhaith a ghabhail do phàirti,
An Righ, a's Diùc Earra-ghaidheal,
Nach fhaiceadh fàilinn a'd' chùis ;
Iarla dligheach Bhraidealban,
Air thùs a tighinn gun chearbuich,
'S gur ioma' fear armach,
A sheasadh calma r'a chùl ;
Mac Caoi 's a luchd-leanmhuinn,
Leis an éireadh suinn nach bu leanbuidh,
Na loich bhuidhneach, mhòr, mheamnach,
Le'n lanna ceann-bheartach, cùil ;
Mac Dhomh'uil duith, 's cloinn Chamroin,
S gu leòir a thighearnan ainmeal ;
S fhad o'n chuala sinn seanchas,
Gu'n do dhearbh iad an cliu.

'S ghabh thu àite le òrdugh,
Air pàirt do Shrath-lòcha,
'S cha b' ann air ghaol stòrais,
'Na los am pòrsan thoirt diùbh;
Ach a sheasamh an còrach,
Le meud do cheisd air an t-seòrs' ud,
'S an òrdhre dleasnach air fògra,
G'am bu chòir bhi 'sa chùirt:
'S ge do theireadh luchd faoineachd,
Gun robh d' aire-sa daonan,
Bhi sgainneart nan daoin ud,
Na 'n leigeadh sgaoilteach air chùl;
Chì'te fhathasd a chaochladh,
N'am faighe tu saoghal,
Gur e bhi tarruing luchd gaoil ort,
As gach taobh, a bha d' rùn.

Bu tu cridhe na féile,
Dh' fhàs gu tighearnail, ceut'ach,
An làthair britheamh Dhun-éidin,
'S tric a réitich thu cùis;
'S oil leam càramh do cheud-mhna,
'S òg a bhanntrach a'd' dhéigh i,
Lion càmpar gu léir i,
O'n a dh'eug a céilidh deas, ùr;
Fhuair mi 'n sealladh nach b' aoibhinn,
An uaigh mu d' choinnimh 'ga réiteach,
'S truagh gach commun thug spéis dhuit,
O'n chaidh tu féin ann an ùir,
'S gun dùil a nis ri thu dh'éiridh,
'Se dh'fhàg mise fuidh euslainnt,

Bhi 'n diu ag' innseadh do bheusan,
'S nach d' thig thu dh'éisdeachd mo sgeòil.

### *Marbh-rann coilich.*

An cuala sibh an t-sealg,
A bha ainmeal air feadh nam bailtean,
Rinneadh i san anamoch,
'S cha b' fhearr dhuinn i bhi sa mhaduin ;
O'n a' bha i cearbach
Le dearbhadh, 'nuair chaidh i seachad,
Cumaidh sinn am foirm,
Gu'n robh 'n dorch ann, 's nach fheud'ta faicinn.
'S olc an obair òidhche
Le coinnlean, ged' théid an lasadh,
Gunnaireachd dhaoin òga ;
'S i ghòraich a thug amach iad.

Chual iad sa h-uil' àite
Am breamas a rinn Pàruic,
'Nuair a dh'innis e do chàch e,
Gu'n d' thàinig an croman-lachdan;
Bheireadh e na bòidean
Gur mòr e, 'sa bhroileach glas air,
A's gu'n do luidh e dìreach
Air cìrein mulaich na h-aitreabh;
Mur cumadh a' chomhl' e,
Gu'm biodh na h-eoin air an sgapadh ;
Nach mòr a bhiodh beo dhiubh,
Gu'n leòn mu'n d' thigeadh a' mhaduin.

Sin 'nuair ghlac an sealgair,
An gunna bh' air an ealchuin,
'S chuir e luaith gharbh innte,
Dairearach do'n acfuin Shas'naich;
Chum e sud r'a shealbhan,
'S gu'm b' fhearr gu'n rachadh i seachad,
'S ann a rinn e marbhadh,
A b' ainmic a leithid fhaicinn:
'Nuair a las am fùdar,
'S e 'n dùil gu'n deanadh e thapadh,
'S e coileach an dùnain,
A bha 'na chrùban sa chlapail.

B'e sin an coileach bòidheach,
Bha cuid air fiamh an òir dheth,
Cuid eile mar na ròsan,
'S bha mòran deth mar an sneachda;
Bu leathan a chrògan,
B'e 'n smògairneach e air faiche,
Bu ro-mhaith na bòtan,
An ròmaich a bh' air a chosan;
Bha spuir air a spògan,
Bha còrr a dh'ionnsuidh a' chleachdaidh,
'Nuair a thigeadh Di-màirt
A bhiodh càch a' feuchain an gaisge,

B'e sin an coileach ceutach,
Bha coslach ris a' pheucaig,
'S an uair a chaidh a reubadh,
B' e 'n déisin leam bhi 'ga fhaicinn:
Cha leighiseadh léigh e,

'Sa chreuchdan a' dol am braisead,
Tonnan g'a fhuil chraobhaich,
A taomachadh as a chraicean.
An t-sealg a rinn na daoine,
Gun saoireachadh fad' air astar,
Gun uchdaich a dhìreadh,
Ach eadar a ghrìosach 's an stairsneach.

'S an dithist thug am bìnne,
'S a dh' fhàg e'n sin 'na shìneadh,
B' e 'm breitheamh rinn a dhìteadh,
'S b'e 'n gìomanach rinn a leagadh,
'S cha 'n fhàgadh iad shìos e,
Nam faigheadh e fìrinn a's ceartas:
Cha d'rinn e riamh eucoir,
'S deadh bheusan aige mar fhasan,
Theannadh e re éigheach
Gu h-éifeachdach's sinn 'nar codal,
Is dhùisgeadh e gu léir sinn,
'S gu'n éireamaid anns a mhaduin.

Chaidh litir a Shrath-éirionn,
A dh' ionnsuidh nigheau Sheumais,
A dh' innseadh ceart an sgeula,
Do'n te dhiubh air am bheil Sesi:
Gu bheil sinn fuidh chàmpar,
O'n àm an d' thàinig an sneachda,
Mu'n choileach a chaill sinn,
Is gann a dh' fheudar a sheachnadh;
O's te nach 'eil teann i,
'S nach ganndar a rinn i chleachdadh,

Gu'n dean i ruinn fàbhor,
O's àbhaist rud a bhi aice.

Beannachd aig an rìbhinn,
A bha gu suairce siobhailt,
Nach do leig air dì-chuimhn
An sgrìobha sin a chuir dhachaidh;
Chuir i gill' an tìr so,
Le sìoltaiche do na cearcan,
'S ghiùlain e gu rìomhach,
A ghibht phrìosail ud na achlais.
Tha dreach an fhir a dh' fhàg sinn,
A fàs air an fhear a th' againn,
'S o'n tha e na àite,
Saoilidh càch gur h-e mhac e.

*Oran, mar gun deanadh Nighean e do Nighin eile.*

Chuir nighean dubh Raineach orm farran a's mìothlachd,
Nach cuir mi dhìom le cabhaig an dràst,
Ghoid i mo sporran, 'sna dollair gu lìonmhor,
Bh' agam fuidh 's n-ìosal feitheamh re m' làimh.

Nam biodh a chail' ud gu daingeann am prìosan,
Rachuinn g'a dìteadh dh'ionnsuidh a bhàis;

A chionn gu'n do ghoid i 'n rud beag bha sa' chlùdan,
Bh' agam sa' chùil nach d' innis mi chàch.

'S muladach mise gun fhios ciod a ni mi,
O'n a tha mi gun searrach, gun làir,
Gun chaora, gun òisg, gun ghabhar, gun mhìseach,
Gun a mart mìnn a chraoimeas am blàr.

Cha robh mi gun airgiod gus an d' fhalbh e go mì-mhail,
Leis an te chrìon nach do sheal air mo chàs;
Rinn i mo chreachadh 's bu pheacach an ni dhi
Mise chuir sìos, gun i féin chuir an àird.

Cia mar a cheannuicheas mi camruig na sìde,
Na 'n leig mi dhìom e tuilleadh gu bràth;
Ged' thig a marsant le phachda do'n tìr,
Cha 'n fhaigh sinn aon sìon bhi's aige air dàil.

Bha mho chuid stòrais am phòca cho uallach,
'S ged' a bhiodh buaile mhart air mo sgàth;
'Si rinn an eucoir a bhéisd a thug uam e,
'S tha mi fuidh ghruaim 'o mhaduin Di-màirt.

A righ nach robh mearlaich na cearnna so'n rìoghachd,
Anns a mhuir ìosail, fada 'o thràigh;
Is caile dhubh Raineach san eummain an ìochdar,
Chuideacha bìdh do phartan nan spàg.

## *Oran Beinn-dourain.*

*Air fonn*, Piobaireachd.

URLAR.

An t-urram thar gach beinn
Aig Beinn-dourain,
Na chunnaic mi fuidh 'n ghréin,
Si bu bhòidhche leam;
Monadh fada, réidh,
Cuilidh 'm faighte féidh,
Soilleireachd an t-sléibh
Bha mi sònnruchadh;
Doireachan nan geug,
Coill' anns am bi feur,
'S foineasach an spréidh,
Bhi's a chòmhnuidh ann;
Greadhainn bu gheal céir,
Faoghaid air an déigh,
'S laoghach leam an sreud
A bha sròineiseach.
'S aigeannach fear eutrom,
Gun mhòrchuis,
Théid fasanda na éididh,
Neo-spòrsail;
Tha mhanntal uime féin,
Caidhtiche nach tréig,
Bratach dhearg mar chéir
Bhios mar chòmhdach air;
'S culuidh g'a chuir eug,
Duin' a dheanadh teuchd,
Gnnna bu mhaith gleus,

An glac òganaich ;
Spor anns am biodh bearn,
Tarran air a ceann,
Snap à bhuaileadh teann
Ris na h-orduibh i ;
Òchd-shlisneach gun fheall,
Stoc do'n fhiodh gun mheang,
Lotadh an damh seang,
A's a leònadh e.
'S fear a bhiodh mar cheaird,
Riu' sònnraichte,
Dh' fhòdhradh dhoibh gun tainng,
Le chuid seòlanain ;
Gheibhte sud re àm
Padruic anns a' ghleann,
Gillean a's coin sheang,
'S e toirt orduibh dhoibh ;
Peileirean nan deann,
Teíne g'an cuir ann,
Eilid nam beann àrd,
Théid a leònadh leo.

SIUBHAL.

'Si 'n eilid bheag, bhinneach,
Bu ghunuiche sraonadh,
Le cuinnein geur, biorach,
A sireadh na gaoithe,
Gasganach, speireach,
Feadh chrachuin na beinne,
Le eagal roimh theine,

Cha teirinn i 'n t-aonach ;
Ge do théid i na cabhaig,
Cha ghearain i maothan ;
Bha sinnfireachd fallain,
'Nuair a shìneadh i h-annail,
'S toil-inntin leam tannasg,
G'a lanngan a chluinntin,
'Si 'g iarraidh a leannain,
'N àm darraidh le caoineas,
'S e damh a chinn alluidh
Bu gheal-cheireach feaman,
Gu caparach, ceannard,
A b' fharumach raoiceadh,
'S e chòmhnuidh 'm Beinn-dourain,
'S e eòlach m'a fraoinibh.
'S ann am Beinn-dourain,
Bu mhòr dhomh r'a innseadh,
A liuthad damh ceannard,
Tha fanntuin san fhrìth ud ;
Eilid chaol, eanngach,
'S a laoighean 'ga leantuinn,
Le 'n gasgana geala,
Re bealach a dìreadh,
Re fraoidh choire-chruiteir,
A chuideachda phìceach :
'Nuair a shìneas i h-iongan,
'S a théid i na' deannuibh,
Cha saltradh air thalamh,
Ach barra nan ìnean,
Cò b'urrain g'a leantuinn,
A dh' fhearaibh na rìoghachd ?

'S arraideach, farumach,
Carach air grìne,
A chòisridh nach fhanadh
Gnè smal air an ìnntin,
Ach caochlaideach, curaideach,
Caol-chasach, ullamh,
An aois cha chuir truim' orra,
Mulad no mì-ghion;
'Se shlànuich an culaidh,
Feoil mhais, agus mhuineil,
Bhi tàmhachd am bunailt,
An cuilidh na frìthe;
Le àilleas a fuireach,
Air fàsach 'nan grunnaibh,
'Si 'n àsain a mhuime,
'Tha cumail na cìche,
Ris na laoigh bhreaca, bhallach,
Nach meathluich na siannta,
Le 'n cridheacha meara
Le bainne na cìpe,
Groiseanach, eangach,
Le 'n girteaga geala,
Le 'n corpanna glanna,
Le fallaineachd fior-uisg;
Le farum gun ghearan,
Feadh ghleannan na mìlltich;
Ge do thigeadh an sneachda
Cha 'n iarradh iad aitreabh,
'S e lag a choir'-altrum
Bhios aca g'an dìodean:
Feadh stacan, a's bhacan,

A's ghlacaga dìomhair,
Le 'n leapaichean fasgach,
An taic Ais-an-tìain.

3

URLAR.

Tha 'n eilid anns an fhrìth
Mar bu chòir dhi bhi,
Far am faigh i mìllteach
Glan-feòrnaineach ;
Bruchorachd a's cìp,
Luisean am bi brìgh,
Chuireadh sult a's ìgh
Air a lòineinibh.
Fuaran anns am bi
Biolaire gun dìth,
'S mìllse lea' na 'm fion
'S e gu'n òladh i;
Cuiseagan a's riasg,
Chinneas air an t-sliabh,
B' annsadh lea' mar bhiadh
Na na fòghlaichean.
'S ann do'n teachd-an-tìr
A bha sòghar lea',
Sobhrach a's eala-bhì
'S barra neònagan ;
Dobhrach bhallach, mhìn,
Ghobhlach, bharrach, shlìom,
Lòintean far an cinn
I'na mòthraichean :
Sud am pòrsan bìdh

Mheudaicheadh an clì,
Bheireadh iad a nìos
Ri àm dò-lith'chean ;
Chuireadh air an druim
Brata saille cruinn,
Air an carcais luim
Nach bu lòdail.
B' e sin an caidreamh grinn
Mu thràth neòine,
'Nuair a thionaladh iad cruinn
Anns a' ghlòmuinn :
Air fhad 's ga'm biodh an oidhch',
Dad cha d' thigeadh ribh,
Fasgadh bhun an tuim
B' àite còmhnuidh dhoibh :
Leapaichean nam fiadh,
Far an robh iad riamh,
An aonach farsuing fial,
'S ann am mòr-mhonadh.
'S iad bu taitneach fiamh,
'Nuair bu daitht' am bian,
'S cha b'i 'n airc am miann,
Ach Beinn-dourain.

SIUBHAL.

A bheinn luiseanach, fhailleanach,
Mheallanach lìontach,
Gun choimeas 'ga falluing
Air thalamh na Criosd'achd ;
'S ro-neònach tha mise,

Le bòidhchead a sliosa,
Nach 'eil còir aic' an ciste
Air tiotal na rìoghachd:
'S i air dùbladh le gibhtibh,
'S air lùisreadh le miosaibh,
Nach 'eil bichiont' a' bristeadh
Air phriseanaibh tìre:
Làn trusgan gun deireas,
Le usgruichean coille,
Bàrr-guc air gach doire,
Gun choir' ort r'a innseadh;
Far an uchd-ardach coileach,
Le shriutaichibh loinneil,
'S eoin bhuchalach bheag' eile
Le'n ceileiribh lìonmhor.
'S am buicean beag sgiolta,
Bu sguibealt' air grìne,
Gun sgiorradh, gun tubuist;
Gun tuisleadh, gun dìobradh,
Crodhanadh biorach
Feadh coire 'ga shireadh,
Feadh fraoich agus firich,
Air mhireadh 'ga dhìreadh;
Feadh rannoich a's barraich
Gu'm b' araideach inntin,
Ann an ìosal gach feadain,
'S air àirde gach creagain;
Gu mireanach, beiceasach,
Easgonach sìnteach;
'Nuair a théid e 'na bhoile
Le clisge sa' choille.

A's e ruidh feadh gach doire,
Air dheireadh cha bhi e:
Leis an e ngaig bu chaoile
'S e b' eutruime sìnteag,
Mu chnocanaibh donna
Le ruidh dara-tomain,
'S e togairt an coinneamh
Bean-chomuinn o's 'n ìosal.
Tha mhaoisleach bheag bhranngach
Sa' ghleannan a chòmhnuidh,
'S i fuireach san fhireach
Le minneinean òga:
Cluas bhiorach gu clàisteachd,
Sùil chorruch gu faicinn,
'S i earbsach 'na casan
Chur seachad na mòintich:
Ged' thig Caoillte 's Cuchullin,
'S gach duine do'n t-seòrs' ud,
Na tha dhaoine 's do n'eachaibh,
Air fasta Righ Deòrsa,
Nan tèarnadh a croicean
O luaithe 's o lasair,
Cha chual' a's cha 'n fhac i
Na ghlacadh r'a beo i;
'S i grad-charach, fad-chosach,
Aigionach neònach,
Geal-cheireach gasganach,
Gealtach roi' mhadadh,
Air chaisead na leachdainn
Cha saltradh i còmhnaidh;
Si noigeanach, groigeasach

Gog-cheannach, sòrnach;
Bior-shuileach, sgur-shuileach,
Frionasach, furachair,
A fuireach sa' mhonadh,
An do thuinich a seòrsa.

URLAR.

Bi sin a' mhaoisleach luaineach,
Feadh òganan;
Biolaichean nam bruach
'S àite-còmhnuidh dhi,
Duilleagan nan craobh,
Bileagan an fhraoich,
Criomagan a gaoil,
Cha b'e 'm fòtrus.
A h-aigneadh eutrom suairc,
Aobhach ait gun ghruaim,
Ceann bu bhraise, ghuanaiche,
Ghòraiche;
A' chrè bu chcanalt' stuaim,
Chalaich i gu buan
An gleann a' bharraich uaine
Bu nòsaire.
'S tric a ghabh i cluain
Sa' chreig mhòir,
O'n is miosail leatha bhi 'Luan
A's a Dhòmhnach ann:
Pris an dean i fuain
Bichionta mu'n cuairt,
A bhristeas a' ghaoth tuath,

'S nach leig deo orra,
Am-fasgadh doire-chrò,
An taiceadh ris an t sròin,
Am measg nam faillean òg
A's nan còsagan.
Masgadh 'n fhuarain mhòir,
'S e paillte gu leòir.
'S blasda le' na bheòir
Gu bhi pòit orra :
Deoch do'n t-sruthan uasal
R'a òl aice,
Dh' fhàgas fallain fuasgailteach
Ogail i :
Grad-charach re uair,
'S eathlamh bheir i cuairt
'Nuair thachaireadh i'n ruaig
'Sa bhiodh tòir orra.
'S mao-bhuidh daitht' a snuagh,
Dearg a dreach sa tuar,
S gur a h-iomadh buaigh
Tha m:r chòmhluath orra ;
Fulanga.h air fuachd,
Is i gun chum' air luath's ;
Urram clàisteachd cluas
Na Rinn-eòrpa dhi.

SIUBHAL.

Bu ghrinn leam am pannal
A' tarruing an òrdugh,

A' dìreadh le farum
Ri carraig na Sròine;
Eadar sli: bh craobh-na-h-ainnis,
A's beul ch ire-dhaingein,
Bu bhiadhchar greidh cheannard
Nach ceannaich am pòrsan;
Da thaobh cho re-rannoich
Mu sgéith s n a' bhealaich,
Coire réidh Beinn-Achaladair,
A's thairis mu'n chonn-lon:
Air lurgain na laoidhre
Bu ghreadhnach a' chòisri,
Mu làrach-na-féinne
'S a' chraig-sheilich 'na dhéigh sin,
Far an cruinnich na h-éildean
Bu neo-spéise l mu'n fhòghlach:
'S gu'm b'e 'n aithir a's an aoibhneas
Bhi faicheachd air réid lein,
A' comh-macnus r' chéile,
'S a' leumnaich feadh mòintich;
Ann am pollachaibh daimseir
Le sodradh gu meamnadh,
Gu togarrach mearrachdasach,
Ain-fheasach gòrach.
'S cha bhiodh ìot air an teangaidh
Tao' shìos a' mhill-teanal,
Le fìon-uillt na h-Annaid,
Bl s meala r'a òl air:
Sruth brìoghmhar geal tana,
'S e sìothladh roimh 'n g ainneamh,
'S e 's millse na'n caineal,

Cha b' aineolach oirnn e:
Sud an ìoc-shlàinnte mhairtheann,
A thig a ìochdar an talaimh,
Gheibhte lìonmhoireachd mhaith dhith
Gun a cheannach' le stòras;
Air fàruinn na`beinne
Is dàicheala sealladh,
A dh'fhàs anns a' cheithreamh
A' bheil mi 'n Rinn-eòrpa:
Le gloinid a h-uisge,
Gu mao-bhlasda brisg-gheal,
Caoin, caomhail, glan, measail,
Neo-mhisgeach re pòit' air:
Le fuarainibh grinne
Am bun gruamach na biolair,
Còineach uaine mu'n iomall,
A's iomadach seòrsa:
Bu ghlan uachdar na lìnne
Gu neo-bhuaireasach milis,
Tigh'n 'na chuairtaig o'n ghrinneal
Air slinnein Beinn-dourain.
Tha leth-taobh na leachdainn
Le mais' air a còmhdach,
'S am frìth-choirean creagach
'Na sheasamh g'a chòir sin,
Gu stobanach stacanach,
Slocanach laganach,
Cnocanach crapanach,
Caiteanach ròmach;
Pasgainneach badanach,
Bachlagach bòidheach:

A h-aiseirine corrach
'Nam fasraichibh mollach,
'Si b'asadh dhomh mholladh.
Bha sonas gu leòir orra:
Cluigeanach gucagach,
Uchdanach còmhnard,
Le dìthean glan ruiteach,
Breac mìsleanach sultmhor:
'Tha 'n fhrìth air a busgadh
San trusgan bu chòir dhi.

URLAR.

'S am monadh farsuing faoin
Glacach, srònagach;
Lag a' choire fhraoich
Cuid bu bhòidche dheth;
Sin am fearann caoin
Air an d'fhàs an aoidh,
Far am bi na laoigh
'S na daimh chròcach;
A's e deisearach re gréin,
Seasgoireachd g'a réir,
'S neo-bheag air an éildeig
Bhi chòmhnuidh ann.
'S glan fallain a cré,
Is banail i 'na beus;
Cha robh h-anail breun,
Ge b'e phògadh i.
'S e 'n coire choisinn gaol
A h-uil' òganaich,

A chunna' riamh a thaobh,
'S a ghabh eòlas air :
'S lìonmhor feadan caol
Air an éirich gaoth,
Far am bi na laoich
Cumail còmhdhalach ;
Bruthaichean nan learg
Far am biodh greidh dhearg,
Ceann-uithe gach sealg
Fad am beo-shlainnt' ;
A's e làn do'n h-uile maoin,
A thig amach le braon,
Fàile nan sùgh craobh,
A's nan ròsan ann.
Gheibhte tachdar éisg
Air a còrsa,
A's bhi 'gan ruidh le leus
Anns na mòr-shruthein ;
Mordha cumhann geur,
Le chrann giuthais fhéin,
Aig fir shubhach threubhach
'Nan dòrnaibh :
Bu shòlasach a' leum'
Bric air buinne réidh,
A' ceapadh chuileag eutrom
'Nan dòrlaichean.
Cha 'n'eil muir na tìr
A' bheil tuille brìgh
'S tha feadh do chrìch
Air a h-òiduchadh.

## AN CRUNLUAITH.

Tha 'n eilid anns a ghleannan so,
Cha 'n amadan gun eòlas
A leanadh i mar b' aithne dha
Tigh'n far sda 'na còdhail,
Gu faiteach bhi 'na h-earalas,
Tigh'n am faigse dhi mu'n caruich i,
Gu faicilleach, gle carraigeach,
Mu'm fa rich i ga còir e ;
Feadh shlochd, a's ghlac, a's chamhanan,
A's chlach a dheanadh folach air,
Bhi beachdail air an talamh,
'S air a' char a thig na neoil air ;
'S an t-asdar bhi 'ga tharruing air
Cho-macanta 's a b' aithne dha,
Gu'n glacadh e ga h-aindeoin i
Le h-anabharra seòltachd ;
Le tùr, gun ghainne baralach,
An t-sùil a chuir gu danara,
A' stiùbhra' na du'-bannaiche,
'S a h-aire ri fear-cròice ;
Bhiodh rùdan air an tarruing
Leis an lùbt' an t-iarrunn-earra,
Bheire dh ionnsuidh nach biodh mearachdach
Do'n fhear a bhiodh 'ga seòladh ;
Spor ùr an déigh's a teannachadh,
Buil' ùird a' sgailceadh daingean ris,
Cha diùlt an t-srad, 'nuair bheanas i
Do'n deannaig a bha neònach :

'Se 'm fùdar tioram tean-abaich,
Air chùl an asgairt ghreannaich,
Chuireadh smùid ri acfuin mheallanaich
A baraille Nic-Còiseam.
B'ionmhuinn le fir cheanalta,
Nach b'aineolach mu spòrsta,
Bhi timchioll air na bealaichibh
Le fearalachd na h-òige:
Far am bi na féidh gu farumach,
'S na fir 'nan déigu gu caithriseach,
Le gunna bu mhaith barrandas
Thoirt aingil 'nuair bu chòir dhith;
'S le cuilean foirmeal togarrach,
'G am biodh a stiuir air bhogadan,
'S e miol'airteich gu sodanach,
'S nach ob e dol 'nan còmhdhail;
'Na fhurbuidh làidir cosgarrach,
Ro inntineach, neo-fhoisinnach,
Gu guineach sgiamhach, gob-easgaidh,
San obair bh'aig a sheòrsa;
'S a fhrioghan cuilg a' togail air,
Gu maildheach, gruamach, doichiolach,
'S a gheanachan cnuasaichd fosgailt',
'Comh-bhogartaich r'an sgòrnan.
Gu'm b' araideach a' charachd ud,
'S bu chabhagach i 'n còmhnuidh,
'Nuair a shìneadh iad na h-iongannan
Le h-athghoirid na mòintich;
Na beanntaichean 's na bealaichean
Gu'm freagradh iad mac-thalla dhuit,
Le fuaim na gairme gallanaich

Aig farum a' choin ròmaich:
'Gan tearnadh as na mullaichibh
Gu linnichean nach grunnaich iad,
'S ann a bhith's iad feadh na tuinne
Anns an luineinich 's iad leòinte;
'S na cuileinean gu fulasgach
'G an cumail air na muneilibh,
'S nach urrainn iad dol tuilleadh as,
Ach fuireach, 's bhi gun deo annt'.
'S ge do thubh'rt mi beagan riu,
Mu'n innsinn uile an dleasd'nas orra,
Chuireadh iad a' m' bhreislich mi
Le deisimearachd chòmhraidh.

## *Oran do Cheile Nuadh-phoisde.*

A MHARAI bhàn òg, 's tu 'n òigh th'air m'aire,
Ri'm bheo bhi far am bithinn fhéin;
O'n fhuair mi ort còir cho-mòr 's bu mha'lear
Le pòsadh ceangailt' o'n chléir,
Le cùmhnanta teann, 's le banntaibh daingean,
'S le snaim a dh'fhanas, nach tréig:
'S e t' fhaotain air làimh le gràdh gach caraid
Rinn slàinnte mhairtheann a'm' chré.

'Nuair bha mi gu tinn 's mi 'n cinnseal leannain,
Gun chinnt cò theannadh rium fhéin,

'S ann a chunna' mi 'n òigh air bòrd tigh-leanna,
'S bu mhòt· ar ceanalt' a beus:
Tharruing mi suas rith 's fhuair mi gealladh
O'n ghruagaic· hhanail bh· 'm réir:
'S mise bha aobhach t' fhaotain mar'rium,
'S crobh laoigh a' bharain a'd' dhéigh.

Maduin Di-luain, ge bu n an t-slighe,
Nuair ghluais mi, ruid· inn m·r g ·oth,
A dh' fhaicinn mo luaidh 's rud uainn nar dithist
Nach cual da rithist gu'n sg oil;
Thug mi i 'n uaigneas ua·r a bhruithinn,
'S ann fhuair an nighean mo ghaol,
A's chluinne dh mo chluas an fhuaim a bhitheadh
Aig luath's mo chridhe ri 'm thaobh.

Sin 'nuair chuir Cupid an t-uldach a'm' bhroil-
leach,
G'a shaighdean corranach caol,
A dhrùith air mo chuislean, a chuir luchd air mo
choluinn,
Leis an do thuit mi ge b'oil leam 's gu'n d'aom,
Dh'innis mi sgeul do'n tè rinn m' ·cain,
Nach 'éigh a chaisgeadh mo gn· oid;
'Se leig is gach creuchd. i fhéin le feartan
Theachd réidh a'm' ghlacaibh mar shaoil.

Bheirinn mo phò· do'n òg-mhnaoi shomult'
A dh' fhàs gu boinneanta, caoin,
Gu mìleant, còmhnard, seòcail, foinneamh,
Do chòmhradh gheibh mi gu saor.

'Tha mi air sheòl gu leòir a'd' chomain,
A mhòid 'sa chuir thu gu faoin
Do m'smaointean gòrach, pròis nam boireannach
'S còir dhomh fuireach le h-aon.

Chaidh mi do'n choill' an robh croinn a' gallain,
Bu bhoisgeil sealladh mu'n cuairt,
'S bha miann mo shùl do dh'fhiùran barruicht'
An dlù's nam meangana suas ;
Geug fuidh bhlà o bàrr gu talamh,
A lùb mi farrasda nuas :
Bu duilich do chàch gu bràth a gearradh,
'S e 'n dàn domh 'm faillean a bhuain.

Shuidhich mi lìon air fìor-uisg tana,
'S mi strì 'ga tharruing air bruaich,
'S thug mi le sgrìob air tìr a ghealag,
'S a lìth mar eal' air a' chuan ;
'S toillicht' a dh'fhàg e 'n là sin m' aigne,
An roinn a bh'agam san uair ;
B'i coimeas mo cheud mhna' reult na maidne,
Mo chéile codail 's mi 'm shuain.

'Se b'fhasan leat riamh bhi ciallach banail,
Ri gnìomh, 's ri ceanal mna-uails' ;
Gu pàirteach, bàigheal, blàth, gun choire,
Gun ghìomh, gun ghoinne, gun chruas,
Gu déirceach, daonntach, faoilidh, farrasd',
Ri daoine fanna, bochd, truagh :

Is tha mi le'd' sheòl, an dòchas ro-mha',
Gur lòn a d'anam do dhuais.

Chuir mi air thùs ort iùl a's aithne,
Le sùgradh ceanalta, suairc,
Nuair theannain riut dlùth, bu chùraidh d' anail
Na ùbhlan meala 'gam buain :
Cha bhiodh sgeul rùin, a b'iùl domh aillis,
A b' fhiu, nach mealladh i uam ;
Nan cuireadh i cùl rium 's diùlta baileach,
Bu chùis domh anart a's uaigh.

Do bhriodal blàth 's do mhàran milis,
Do nàdur grinneas gach uair
Gu beulchair, gàireach, aluinn, coineil,
Gun chàs a thoille dhuit fuath ;
Chuir i guin bhàis fad ràithe 'm mhuineal
Dh'fhàg làn mi mhulad 'sa ghruaim,
Nuair thuig i mar bha, 'sa thàr mi 'n ulaidh,
Ghrad spàr i 'n cunnart ud uam.

'S ann thog e mi 'm prìs o'n tìm so 'n uraidh,
An nì 'san urrain a fhuair,
Sguab do'n ìre fhìor-ghloin chruincachd,
An sìol is urramaich buaidh ;
Sin na chuir mi co-rìomhach umad,
Bha d' inntin bunailteach buan :
Lìonadh do sgiamhachd miann gach duine,
An dreach, siamh, an cumachd, 's an snuagh.

Do chuach-fhalt bàn air fàs cho barrail,
Sa bhàrr làn chamag a's dhual;

T' aghaidh ghlan, mhalta, nàrach, bhanail,
Do dhà chaol mhalaidh gun ghruaim;
Sùil ghorm, lionntach, mhìn-rosg, mheallach,
Gun dìth cur fal' ann ad' ghruaidh,
Deud geal ìobhraidh dìonach, daingean,
Beul bìdh nach canadh ach stuaim.

Shiùbhladh tu fàsach àiridh glinne
'San àit an cinneadh an spréidh,
G' am bleothan mu chrò, 's bhi chòir na h-innis,
Lao·gh òg a' mireadh 's a' leum;
Cha mhiosa do làmh 's tu làimh re coinnil
Na 'n seòmar soilleir ri gréin,
A' fuaidheal 's a' fàimeadh bhann a's phionar,
An àm chur grinnis air greus.

Do chneas mar an éiteag glè ghlan, fallain,
Corp seang mar chanach an t-sléibh;
Do bhràigh co-mhìn, 's do chìochan corrach
S iad lìontach, soluist le chéill:
Gaoirdeine tlà geal làmh na h ainnir,
Caol mheoir, glac thana, bas réidh;
Calpa deas ùr, troigh dhlùth 'm bròig chuimir
Is lùthar innealta ceum.

'S ann fhuair mi bhean chaoin aig taobh Mhàm-charraidh,
'S a gaol a'm' mhealladh o'm chéill;
Bha do chridhe dhomh saor, 'nuair dh'fheud mi tharruing,
Cha b'fhaoin domh bharail bhi d' réir:
'S ioma' fuil uasal, uaibhreach, fharumach,
Suas ri d' cheann-aghaidh fhéin,

Gad' chumail am prìs an Righ 's Mac Cailein,
'S tu shìol nam fear a bha 'n Sléit'.

'Nam faighinn an dràst do chàramh daingean
An àite foluich o'n eug;
Ge d' thigeadh e d' dhàil, a's m' fhàgail falamh,
Cha b' àill leam bean eil' a'd' dhéigh:
Cha toir mi gu bràth dhuit dranndan teallaich,
Mu'n àrdaich aileag do chléibh,
Ach rogha' gach màrain, gràdh a's furran,
Cho-blàth 'sa b'urrainn mo bheul

Dheanuinn duit ceann, a's crann, a's t-earrach,
An àm chur ghearran an éill,
A's dheanainn mar chàch air tràigh na mara,
Chur àird air mealladh an éisg:
Mharbhainn duit geoidh, a's ròin, a's eala,
'S na h eoin air bharra nan geug;
'S cha bhi thu ri d' bheo gun seòl air aran,
'S mi chòmhnuidh far am bi féidh.

### *Oran do leanabh-altrom.*

Isabal òg an òr-fhuilt bhuidh,
Do ghruaidh mar ròs, 's do phòg mar ubhal,
Do bheul dreachmhor meachair grinn,
O'm faighte na h-òrain che òlmhorbhinn.

'S tu 's gloine 's is cannaiche bhanaile snuadh,
Gur deirge na'n t-suthag an ruthadh tha d' ghruaidh,

Do mhìn rosg lìontach, sìobhailt, suairc,
Gnùis mhàlta nàrach, làn do stuaim.

'S e cosail na h-ainnir an eal' air an t-snàmh,
Do chneas mar an canach co-cheanalta thlà,
Do chìochan corrach air bhroileach geal bàn,
Do bhràigh mar ghrian, 's do bhian mar chnàimh

Do chuach-fhalt bachallach, cas-bhuidh
dhlùth,
Gu h-amlagach, daithte, làn chaisreag a's lùb,
'Na chiabhannaibh cleachdach am pleata' g
dlùth,
Air sniamh gu léir mar theuda ciuil.

'S ioma' fuil uasal gun truaille', gun tàir,
Tha togail 'na stuaidheanaibh suas ann ad' bhàrr
Clann Domhnuil a' chruadail fhuair buaigh ann
gach blàr,
Gus an d' thàin' an lath suarrach thugadh uath
an deas làmh.

S' ban-Chaimbeulach dhìreach an rìbhinn
dheas òg,
Cha strìochdadh do dhìlsean a luchd mìoruin
tha beo;
'S gach car tha dol dìotsa ga d' shìr-chur am
mòid,
'S thu theaghlach an Iarla shliochd Dhiarmaid
nan sròl.

Tha Cinneadh do shean-mhath'r mòr ainmeil gu leòir,
Na Camronaich mheamnach bu gharg air an tòir;
'S iomadh àit anns 'na dhearbh iad le fearghleus an dòrn,
Bhi marbhteach le'n armachd air dearganaich Dheòrs'.

'Si 'n ainnir bu taitnich' a bh' ac' ann a s'tìr,
A thachair bhi agam 'ga h-altrom le cìch,
'Nuair a sheasas i fathast air faidhir an righ,
Bidh ioma' fear fearainn a' faraid, Cò i ?

Gruagach gheal, shomulta, shoilleir gu leòir,
'S i finealta foinneamh, gun chroma', gun sgeòp;
Calpa deas cosail, a choisicheadh ròd.
Troigh chuimir, shocair, nach dochuinn a' bhròg.

'S maith thig dhuit 'san fhasan gùn daithte do'n t-sròl,
Le stàidhs 'ga theannadh cho daingean 's bu chòir,
Fàinneacha daoimein air roinn gach meòir,
Bidh rufles a's ruibein air Iseabail òig.

*Oran gaoil.*

'A MHARAI bhàn gur barrail thu,
'S gur barraicht' air gach seòl thu,



[library stamp]

O'n thug mi gaol cho-daingean duit,
'S mi t'fharraid anns gach còmhail:
'S earbsach mi a'd' cheanaltas,
'S na fhuair mi chean' ad' chòmhradh,
Nach urrainn càch do mhealladh uam
'N déigh's do gheallaidh dhòmh-sa.

'S chuala mi mar shean-fhocal
Mu'n darach, gur fiodh còrr e,
'S gur geinn' dheth fhéin 'ga theannachadh
A spealtadh e 'na òirdnuibh:
'S mi 'n dùil, a réir na h-ealaidh sin,
Gur maith leat mi bhi d' sheòrsa,
Nach tréig thu mi, 's gu 'm faigh mi thu
Le bannaibh daingean pòsaidh.

'S e chum an raoir mi m' aithreachadh
An spéis a ghabh mi òg dhìot;
Bha smaointean tric air m' aithrese
Mu'n ainnir is fhearr fòghlum:
Cha 'n 'eil cron r'a àireamh ort,
O' d' bhàrr gu sàil do bhròige,
Ach ciallach, fialaidh, fàbhorach,
Air fiamh do ghàire 'n còmhnuidh.

'S do chùl daithte làn-mhaiseach
Mu'n cuairt a'd' bhràigh 'n òrdugh,
Air snìamh, mar theuda clàrsaiche,
'Na fhàinneachaibh glan nòsar:
Gu lìth-dhonn, pleatach, sàr-chleachdach,
Gu dosach, fàsmhor, dòmhail,

Gu lùbach, dualach, bachlach, guairsgeach,
Snasmhor, cauchach, òr-bhuidh.

Tha t'aghaidh nàrach bhanail,
Dà chaol mhaluidh mar ight eoin ort;
Rosga réidhe fallaine
'S dà shùil ghorm mheallach mhòthar:
Do ghruaidh mar chaorann meangain,
A thug barrachd air na ròsan;
Do dheud geal, dreachmhor, meachair, grinn,
'S do bheul, o'm binn thig òran.

Tha do phòg mar ùbhlan gàraidh,
'S tha do bhràigh mar an neòinein;
Do chìochan lìontach mulanach,
'S an sìd 'g an cumail còmhnard:
Corp seang, geal, gnèadhail, furanach,
Deadh-chumachdail, neo-spòrsail;
Do chalpa cruinne, lùthora,
'S an troigh nach lùb am feòirnein.

'S e 'm fàth mu'm biodh tu talach orm
Gur ro-bheag leat mo stòras;
'Bha dà-rud-dheug a' tarruing uam
Na thionail mi do phòrsan:
Bhiodh òl, a's féisd, a's bannais ann;
Bha ceol, a's beus, a's ceannaichean,
'N fhéill, 's na gibhte leannanachd.
An amaideachd 'san òige.

'S a nis nam faighinn mar'rium thu,
Cha leanainn air an t seòl sin,
Dheanainn àiteach fearainn,
A's crobh-bainne chur mu chrò dhuit:
Mharbhuin iasg na mara dhuit,
'S am fiadh sa' bhealach cheòthar,
Le gunna caol nach mearachdaich,
'S a mhealladh fear na cròice.

'S mòr an gaol a ghabh mi ort
Le ro-bheagan a d' eòlas,
'S mi 'n dùil gur tu bu leannan domh,
'S nach mealladh tu mi m' dhòchas:
Ge d' bhiodh am bàs an earabh dhomh,
Gun bharail ri tigh'n beo uaith,
'S e dh'fhàgadh slàn mi 'n rìbhinn mhàlta,
Màrai bhàn o Lòch-lairig.

*Oran sugraidh.*

*'Si nighean mo ghaoil*
*An nighean donn og;*
*Nam biodh tu re m' thaobh,*
*Cha bhithinn fuidh bhron.*
*'Si nighean mo ghaoil*
*An nighean donn og.*

'Si Màrai Nic Neachduin
Is daicheile pearsa,
Ghabh mis' uiread bheachd ort

Ri neach a tha beo.
*'Si nighean*, &c.

'Nuair sheallas mi t'eudain,
'S mi 'n coinneamh ri t'fhaotainn,
Gur maith leam nam feudainn
Bhi daonann a'd' chòir.
*'Si nighean*, &c.

O'n a thug thu dhomh gealladh,
'S ann duitse nach aithreach,
'S cha 'n fhaic iad thu 'n ath-bhliadhn
A'd' bhanaraich bhò.
*'Si nighean*, &c.

Cha d' théid thu do'n bhuailidh,
A bhleothan cruibh ghuaill-fhionn;
Cha chuir thu ort cuaran,
'S gur uallach do bhròg.
*'Si nighean*, &c.

Cha 'n fhòghnadh le m' chruinneig,
A' bhuarrach no chuinneag,
'S cha chluinnear gu'n cumadh tu
Cuman a'd' dhòrnn.
*'Si nighean*, &c.

Cha d' théid thu Bhad-odhair
A leigeadh nan gobhar,
'S minn bheag as an deothaidh

'G an deothal mu'n chrò.
*'Si nighean*, &c.

Cha leig mi thu 'n fhireach
Thoirt a' chruibh as an innis
Air eagal na gillean
Bhi sireadh do phòg.
*'Si nighean*, &c.

Cha taobh thu duin'-uasal,
'S cha 'n àill leat am buachaill,
'S cha 'n fhearde fear-fuadain
Bhi cruaidh air do thòir.
*'Si nighean*, &c.

Cha taobh i fear idir,
Air eagal mo thriobloid;
'S cha toilich tè mise
Ach ise le deoin.
*'Si nighean*, &c,

Si rìbhinn a bhaile,
Tha sìr-thigh'n air m' aire;
Nam bitheadh i mar'rium,
Cha d' fharraid mi stòr.
*'Si nighean*, &c.

Bheir mis' thu Dhun-éidin
A dh'ionnsacha' beurla,
'S cha 'n fhàg mi thu t'éiginn,

Ri spréidh an fhir mhòir.
*'Si nighean*, &c.

A'nighean na gruaige,
Cha chreidinn ort tuaileas;
O'n a tharruing mi suas riut,
Cha 'n fhuath leam do sheòl.
*'Si nighean*, &c.

'S e mheudaich mo ghaol ort
Gu'n d' fhàs thu cho-aobhach,
'S gu'n leumadh tu daonnan
Cho-eutrom 's na h-eoin.
*'Si nighean*, &c.

'Si 'n togarrach laoghach
A thogainn mar roghuinn,
Nam bithinn a' taoghal
San tigh am bi'n t-òl.
*'Si nighean*, &c.

Gu'm b' fhearde daoin'-uaisle
'N àm thionnda' nan cuach thu,
A thoirt luineagan-luaidh dhoibh
Mu'n cuairt air an stòp.
*'Si nighean* &c.

'S leat urram an dannsaidh,
'S an fhidhe ll 'na teann-ruidh,
Bu chridheail san àm thu,

'S an dràm air a' bhòrd.
*'Si nighean*, &c.

'S tu fhreagradh gu h-inneallt
An feadan 's an ribheid,
A sheinneadh gu fileanta
Ruidh-leumnaich ceoil.
*Si nighean*, &c.

'S tu thogadh mo spiorad,
'Nuair a théid thu air mhireadh,
Le d' cheileiribh binne,
'S le grinneas do bheòil.
*'Si nighean*, &c.

Leis na ghabh mi do cheisd ort,
Am maduin 'sam feasgar,
Dheanain riut cleasachd
A's bead'ra gu leòir:
*'Si nighean*, &c.

Dheanain riut furan
Am bliadhn' a's an uiridh;
Bu docha na'n t-uireasbhuidh,
Tuill' a's a' chòir.
*'Si nighean*, &c.

*Oran do chaora a fhuaradh a ghibht o mhnaoì uasail arraidh.*

*Hem o, ho io, ho ro chaora chean-fhionn,*
*Hem o ho io.*

'S a' chaora fhuair mi o Shiùsaidh,
Gun an cùinn a dhol g'a ceannach:
*Hem o*, &c.

Gu'm bu slàn do'n t-sàr-mhnaoi uasail,
O'n d'fhuaradh a' chaora chean-fhionn:
*Hem o*, &c.

Cuimhnichidh mi do dheoch-slàinnte
'Sa h-uil' àit an òl mi drama.
*Hem o*, &c.

Chaora thàinig a Coir' uanainn,
Pàirt g'a suanaich mar an canach:
*Hem o*, &c.

Bha cuid dhith air dhath na càrnaid,
'S cuid eile mar bhàrr na bealuidh;
*Hem o*, &c.

'S ann bu chosmhail ris an t-side
Caora mhìn nan casa geala.
*Hem o*, &c.

'S iomadh cuileag thun an ìasgaich,
Thàinig riamh as a cùl cannach:
*Hem o*, &c.

Cungaidh mhaith nam breacan daoi.
Anns a h-uile taobh g'a falluing.
*Hem o*, &c.

Cuiridh iad i air na clàduibh,
'S àluinn i 'nuair théid a tarruing;
*Hem o*, &c.

'S i bu mholaiche na 'n lìon
'S fhearr tha cinntinn aig na Galluibh.
*Hem o*, &c.

Bhiodh aice dà uan sa' bhliadhna,
'S bha h-uile h-aon riamh dhiubh fallain;
*Hem o*, &c.

'S 'nuair a thigeadh mìos roimh Bhealltuinn,
B' fheairde mi na bh' aice bhainne;
*Hem o*, &c

Chumadh i rium gruth a's uachdar,
Air fhuairid 's g'am biodh an t-earrach:
*Hem o*, &c.

Dh' fhòghnadh i dhomh fad an t-sàmhraidh
Chumail annloin rium a's aran.
*Hem o*, &c.

Cha robh leithid thun an eadruidh
Am fad is freagradh do Mhac Cailein.
*Hem o*, &c.

Bhiodh i air thoiseach an t-sealmhain,
A' tighinn 's a' falbh o'n bhaile.
*Hem o*, &c.

'S mise fhuair an sgobadh creachuidh
'N là a leag iad i 'san ranuich :
*Hem o*, &c.

'S tric tha mi 'g amharc an àit
'N robh i blàth, 's i call a fola :
*Hem o* &c.

'S anns an fhraoch aig taobh Uillt-ghartain,
Rinn i 'n codal as nach d' fhairich :
*Hem o*, &c.

'S dìomach mi do'n ghile-mhàrtuinn,
Bha cho' dàna 's dol 'na caramh.
*Hem o*, &c.

Feudaidh na h-eunlain bhi ròichdeil
Ag itheadh a feòla 'sa saille :
*Hem o*, &c.

Cha 'n 'eil eun a luidh air fulachd
Nach robh umad ann an cabhaig.
*Hem o* &c.

Am fear ruadh a chuir gu bàs i,
Thug e pàirt dhith thun na garuidh.
*Hem o*, &c.

'Nuair a rànuig mis [illegible] r[illegible]ich,
Cha robh làthair dhìot ach an faileas ;
*Hem o*, &c.

Bha na cnaimhean air an lomadh,
A's bha 'n olainn air a peàlladh.
*Hem o*, &c.

O'n a chaill mi 'nis mo chaora,
'S cosmhail m' eudach a bhi tana.
*Hem o*, &c.

Cia leis a nìthear dhomh còta,
O nach beo a' chaora chean-fhionn.
*Hem o*, &c.

H-uile bean a th' anns an dùthaich,
Tha mi 'n dùil ar[illegible] dùrachd maith dhomh ;
*Hem o*, &c.

'S théid mi dh' iarruidh na faoidh-chlòimhe,
Air innath[illegible]ire an fhearainn.
*Hem o*, &c.

Ta gh'laidh mi air Inner-ghinneachd,
'S innsidh mi na bhios air m' aire ;
*Hem o*, &c.

Gheibh mi tlàm a chlòimh nan caorach,
O'n a tha mi dh' eudach falamh :
*Hem o*, &c.

Gheibh mi rùsg an Tigh-na-sròine,
O'n mhnaoi chòir a bha 'san Arrar.
*Hem o*, &c.

An Gleann ceitilein an fheòir
Gheibh mi na rùisg mhòra, gheala.
*Hem o*, &c.

Gheibh mi làn na slige-chreachuinn
O nighean Domhuil-ghlais an drama;
*Hem o*, &c.

Cuiridh mi sud thar mo rùchdan,
'S fheard' a ghiùlaineas mi 'n eallach.
*Hem o*, &c.

Ruigidh mi bean Cheann-loch-éite,
Tha mi 'm éigin, 's cha bu mhaith lea';
*Hem o*, &c.

Gheibh mi uaipe tlàm a dh'fhaoidhe,
Tlàm eile a thao' bhi 'm charaid.
*Hem o*, &c.

Their an tè tha 'n Guala-chuilinn,
'S mòr is duilich leam do ghearan:
*Hem o*, &c.

Bheir i 'nuas an t-uisge-beatha,
Dh' fheuchainn an crath e dhiom an smallan.
*Hem o*, &c.

Their gach tè tha'n Druim a-chòthuis,
Gheibh thu rud, 's gur maith an airidh.
*Hem o*, &c.

'Nuair a théid mi dh' Inner-charnnain,
Cha leig aon tè th' ann mi falamh.
*Hem o*, &c.

'Nuair théid mi 'n bhail' tha làimh ris,
Gheibh mi tlàmun anns gach talla.
*Hem o*, &c

Cha'n 'eil tè tha 'n Daile-'n easa
Nach d' théid mi 'm freasdal a'ceanail.
*Hem o* &c.

Thig mi dhachaidh leis na gheibh mi,
'S tomad deth co-mhòr ri gearran :
*Hem o*, &c.

Fòghnuidh sud domh còr a's bliadhna
Chumail snìomh ri nigh'n a' bharain.
*Hem o*, &c.

'S 'nuair a théid e fuidh na spàluibh,
Ni i fàbhor rium a bhan-fhitheach.
*Hem o*, &c.

'S ioma' tè ni eudach guamach,
Ach cha luaidh i e gun chearthar.
*Hem o*, &c.

Th'uile gruagach tha 'n Gleann-éite
Dh' fheumainns' iad a thigh'n do'n bhaile ;
*Hem o*, &c.

'S 'nuair a chuireas mi air seòl iad,
'S ann a théid an clò' a theannadh;
*Hemo*, &c.

'Nuair a theannas iad re fùchdadh,
Cha bhi tùchadh air an anail;
*Hem o*, &c.

'Nuair a shuidheas iad air cléith,
Gu'n cluinnt' an éigheach thar na beannuibh;
*Hem o*, &c.

'Nuair a sheinneas iad na h-òrain,
Cuiridh iad na h-eoin an crannuibh;
*Hem o*, &c.

'Nuair a theannas iad ri luinneag,
'S binn' iad na guileag na h-eala;
*Hem o*, &c.

'S mòr is binne fuaim nan nìonag
Na ceol pìob air thùs a' phannail;
*Hem o*, &c.

Bithidh a tùrn an làimh gach tè dhiubh,
'S bithidh a beul a' seinn na h-ealaidh;
*Hem o*, &c.

Tè ri bùrnn, a's tè ri mòinidh,
Tè a'cur seòl air an ainneal,
*Hem o*, &c.

Tè 'ga phostadh ann an tùbadh,
Tè 'ga luidreadh, te 'ga ghlanadh,
*Hem o*, &c.

Dithis 'ga shlachdadh gu làidir,
Dithis 'ga fhàsgadh gu gramail;
*Hem o* &c.

Ach mu'n cuir iad as an làì' e,
'S cinntcach mi gu'm fàs e daingeann
*Hem o*, &c.

Théid a thiormachadh air bràighidh
Gàrradh-chàil air am bi barrann.
*Hem o*, &c.

Mur d' thig e 'm ionnsuidh an tàileir,
'S nàr dha e 's gu'n d' thug sinn bean da
*Hem o*, &c.

'S ann an sin a théid mo chòmhdach
Leis a' chlòimh a rinn mi thional.
*Hem o*, &c.

Gur mise tha gu duthach
Ri cumha do 'n chaora chean-fhionn,
*Hem o*, &c.

'S beag an t-ìoghnadh dhomh bhi duilich,
Mulad a bhi orm a's faran;
*Hem o*, &c.

'Nuair a shuidheas mi air tulaich,
'S turaman a bhios air m' aire,
*Hem o*, &c.

A' cuimhneacha' cosail na caorach
Nach robh h-aogà anns an fhearran :
*Hem o*, &c.

Bha i riathach, 's bha i lachdunn,
Bha i cais-fhionn, 's bha i cean-fhionn ;
*Hem o*, &c.

Bha i croidh-fhionn, 's bha i bòtach ;
Bha geal mòr air bàrr a breamain.
*Hem o*, &c.

'Nuair théid mi shealltuin nan caorach,
Iunndraichidh mi chaora chean-fhionn ;
*Hem o*, &c.

S' misde mi gu'n d'rinn i m' fhàgail,
'S b'fheairde mi 'in fad 'sa dh'fhan i ;
*Hem o*, &c.

Cha do leig i riamh an fhàilling
Ann am' àrdaich, fhad 'sa mhair i ;
*Hem o*, &c.

'Nuair a rachuinn chum na h-àiridh,
Chuireadh i na tràighean tharum ;
*Hem o*, &c.

'S ro-mhaith thogadh i na pàisdean,
Bhiodh iad sàthach 'nuair bu mhaith leam.
*Hem o*, &c.

'S mise bha air bheagan saoithreach
'M fad 'sa bha mo chaora mairtheann:
*Hem o, &c.*

O'n a thàinig ceann a saoghail,
'S éigin domh bhi daor 'sa cheannachd.
*Hem o, &c.*

Gu'm bu slàn do'n chàta' chaorach
As an d' thàin' a' chaora cheann-fhionn;
*Hem o, &c.*

'San tè o'n d'fhuair mi i 'n toiseach,
'S ro-mhaith choisinn i mo bheannachd.
*Hem o, &c.*

Beannachd leis and rud a dh'fhalbhas;
Cha 'n e 's fhearr dhuinn ach na dh'fhanas;
*Hem o, &c.*

S' fhearr bhi cridhcail leis na dh'fhuir'eas,
Na bhi tùirseach mu na chailleas
*Hem o, ho io, ho ro chaora chean-fhionn;*
*Hem o, ho io.*

*Oran luaidh.*

*Ho ro gu'n togainn air hugan fhathasd,*
*Ho ro io mu'n d' theid mi laidhe;*
*Ho ro gu'n togainn air hugan fhathasd.*

Togamaid fonn air luadh a' chlòthlain;
Gabhaidh sinn ceol, a's òrain mhatha.
*Ho ro, &c.*

B' fheaird' an clòth bhi chòir nan gruagach,
A dheanadh an luadha le'n lamhan;
*Ho ro*, &c.

'Nuair a thionndas iad air clèith e,
Chluinnte fuaim gach te dhiubh labhairt.
*Ho ro*, &c.

Orain ghrinne, bhinne, mhìlse,
Aig na rìbhinnean 'gan ga'ail;
*Ho ro*, &c.

Luinneag ac' air luadh an eudaich,
Sunntach, saothrachail ri maitheas.
*Ho ro*, &c.

Thogamaid fonn gu ceolmhor, eutrom,
Air a' chlòth bu daoire dathan.
*Ho ro*, &c.

An clòth brionnach, ballach, ciatfhach,
Triuchanach, stiallagach, gathach;
*Ho ro*, &c.

An clòth taitneach, bassach, bòisgeil,
Laisde, daoimeineach, 'se leathan.
*Ho ro*, &c.

Gu'm bu slàn a bhios na caoraich
Air an d' fhàs an t-eudach flathail.
*Ho ro*, &c.

Beannachd aig an laimh a shnìomh e,
'Si rinn gnìomh na deagh bhean-tighe :
*Ho ro*, &c.

'S ann is cosmhail ris an t-sìd e,
Dh' fhàg i mìn e, 's rinn i maith e ;
*Ho ro*, &c.

Snàth co'rithinn ris na teudan,
'Se co'réidh 'sa dh' fheudta shnaitheadh :
*Ho ro*, &c.

Cha robh pluc, na meall, na gaog ann,
No gìog chaol, no sliasuid reamhar.
*Ho ro*, &c.

'Nuair a théid an clòth a'n mhàrgadh,
'Se ni 'n t-airgiod air an rathad.
*Ho ro*, &c.

Cha bhi slat a sìos a chrùn deth,
Miann gach sùil e anns an fhaidhir.
*Ho ro*, &c.

Cha bhi suirighich' anns an dùthaich
Nach bidh 'n dùil ri pàirt deth fhaighinn.
*Ho ro*, &c.

'S ann a tha 'n toil-inntin eudaich
Aig na daoin' a bhios 'ga chaitheadh.
*Ho ro*, &c.

'Thogainn am fonn a dh'iarradh pòitear,
A's luaidhinn an clòth bu mhiann le mnathan,
*Ho ro*, &c.

'S olc an obair luadh no fùcadh,
Ma bhios tùchadh oirnn le padhadh.
*Ho ro*, &c.

Chuireadh e sunnt air muinntir òga,
Suidheadh mu bhòrd ag òl gu latha.
*Ho ro*, &c.

Puinnse le gloineacha' làna,
Deochana-slàinnte 'gan ga'ail;
*Ho ro*, &c.

Greis air fìon, a's greis air branndi,
Greis air dràm do'n uisge-bheatha;
*Ho ro*, &c.

Greis air fìdhleircachd 'sair dannsa,
Greis air canntaireachd 'sair aidhear.
*Ho ro*, &c.

'Nuair théid stàirn an àird an eudainn,
'S ro-mhaith 'n t-àm do dhaoine laidhe.
*Ho ro gu'n togainn air hugan fhathasd,*
*Ho ro io mu'n d' theid mi laidhe;*
*Ho ro gu'n togainn air hugan fhathasd.*

*Oran do Ghunna ga 'n ainm Nioc-Coiseam.*

*Horo mo chuid chuideachd thu,*
*Gur muladach leam uam thu ;*
*Horo mo chuid chuideachd thu,*
*'S mi direadh bheann a's uchdanan,*
*B'ait leam thu bhi cuidir rium,*
*'S do chuidthrom air mo ghualginn.*

'Nuair chaidh mi do Ghleann-lòcha,
'Sa cheannuich mi Nioc-Coiseam,
'S mise nach ro gòrach,
Nuair chuir mi 'n t-òr ga fuasgladh.
*Horo, &c.*

Thug mi Choire-cheathaich thu,
Nuair bha mi fhéin a tadhaich ann,
'Stric a chuir mi laidhe leat,
Na daimh 'sna h-aidhean ruadha.
*Horo, &c.*

Thug mi Bheinn-a-chastil thu,
'S do'n th isach a tha 'n taice ri,
Am màm is Creug-an-aparrain,
Air lea[illegible]a Beinn-nam-fuaran.
*Horo, &c.*

Thug mi thu Bheinn-dourain,
'N cinn[illegible] na daimh chròcach,
N[illegible] t[illegible]eannadh iad ri cronan,
Bu [illegible]ach leam an nuallan.
*Horo, &c.*

Thug mi choire-chruiteir thu,
O's àite grianach tluseil e,
Gu biachar, feurach, luiseanach,
Bhiodh spuirt ann aig daoin-uaillse.
*Horo, &c.*

Ghiùlain mi Ghleann-éite thu,
Thog mi ris na créisean thu,
Se mheud 'sa thug mi spéis duit
A dh'fhàg mo cheum cho luaineach.
*Horo, &c.*

'S math am Meall-a-bhùiridh thu,
Cha mhiosa 'm Beinn-a-chrùlaist thu,
'S tric a loisg mi fùdar leat,
An coire chùl na cruaiche.
*Horo, &c.*

Thug mi Làirig-gharstain thu,
O's aluinn an coir-altrum i,
'Sna féidh a deanamh leabaichean
Air Creachuinn ghlas a bhuachaill.
*Horo, &c.*

Thug mi thu do'n fhàs ghlaic
'Sa Ghleann am bi na làn daimh,
'S tric a chaidh an àrach
Mu bhraidhe cloich an tuairneir,
*Horo, &c.*

Chaidh mi do dh'Fheadha-chaoarainn,
Le aighear Choire-chaolain,

Far an robh na daoine,
A bha 'n gaol air a ghreidh uallaich.
*Horo, &c.*

Thug mi Bheinn-a- chaorach thu,
Shireadh bhoc a's mhaoiseach,
Cha b'eagal gun am aotainn,
'S iad daonnan 'san tòr uaine.
*Horo, &c.*

'Nuair théid mi ris a mhonadh,
'S tu mo roghainn do na Gunnachan,
O'n fhuair thu féin an t'urram sin,
Cò nis a chumas uait e.
*Horo, &c.*

Ged' tha mi gann a stòras,
Gu suidhe leis na pòitearan,
Ged' théid mi do 'n tigh-òsda,
Cha 'n òl mi ann an cuaich thu.
*Horo mo chuid chuideachd thu,*
*Gur muladach leam uam thu;*
*Horo mo chuid chuideachd thu,*
*'S mi direadh bheann a's uchdanan,*
*B'ait leam thu bhi cuidir rium,*
*'S do chuidthrom air mo ghualainn.*

## *Oran Duthcha.*

*Horinno ho iririo, Horinno ho iririo,*
*Horinno hiri uo, 'si mo dhuthaich a dh'fhag mi.*

Gid' a tha sinn car tamuill,
A tàmh aig na Gallaibh,

Tha mo Dhùthaich air m'aire,
'S cha mhail leam a h-àithcheadh.
*Horinno, &c.*

Ged' is éiginn dhuinn ga'ail
Leis gach ni thig 'san rathad,
Gu'm b'fhearr na na srathan,
Bhi tathaich 'sa bhràidhe.
*Horinno, &c.*

Ged' is còmhnard na sràidean,
'S mòr a b'fhearr bhi air àiridh,
Am frìth nam Beann àrda,
'S nam fàsaichean blàtha.
*Horinno, &c.*

Beurla chruaidh gach aon latha,
Nar cluais o cheann-ghrabhuinn,
Se bu dual duinn or 'n athair,
Bhi labhairt na Gaelic.
*Horinno, &c.*

Ged' is cliùteach a Mhachair,
Le cùnra 's le fasan,
Be air dùrachd dol dachaidh,
'S bhi 'n taice ra'r càirdean:
*Horinno, &c.*

Bhi 'n Clachan-an-Dìseirt,
A faicinn air dìllsean,

Gum b'ait leinn an tìr sin,
O'n a si rinn air 'n àrach.
*Horinno, &c.*

Cha be fassan nan daoin ud
Bhi 'n conas na 'n caonnaig,
Ach sonas an t-saoghail,
'S bhi gaolach mar bhràithrean.
*Horinno, &c.*

'N àm suidhe 'stigh-òsda,
Gu luinneagach ceolmhar,
Bu bhinn ar cuid òran,
'S bhi 'g òl na'n deoch-slàinnte.
*Horinno, &c.*

Luchd dhìreadh nan stùicean,
Le'n gunnachan dù-ghorm,
A loisgeadh am fùdar,
Ri ùdlaiche làn daimh.
*Horinno, &c.*

Se bu mhiann leis na macaibh,
Bhi triall leis na slatan,
A chuir srian ris a bhraddan,
Cha be fhasan am fàgail.
*Horinno, &c.*

Gu fiadhach a mhonaidh,
No dh' ìasgach air buinne,

Anns gach gnìomh a ni duine,
'S mòr urram na 'n Gaidheal.
*Horinno ho iririo, Horinno ho iririo,*
*Horinno hiri uo, ſi mo dhuthaich a dh'fhag mi.*

## *Oran Alastair.*

*Alastair nan stop ann an sraid a chuil,*
*Sin an duine coir air am bheil mo run.*

'S coma leat an sile, b'annsa leat an stòp,
Cha'n e sin bu dochadh ach am botal mòr.
*Alastair*, &c.

Théid thu do'n tigh-òsda, 's òlaidh tu gu fial ;
Cha robh gainne stòrais air do phòca riamh.
*Alastair*, &c.

Bha thu greis a'd' aimsir ann an arm an Righ,
Cumaidh sin riut airgiod, 's fhearra dhuit e na ni.
*Alastair*, &c.

Gheibhe tu led' cheanal leannan anns gach tìr,
Ged'a bhiodh tu falamh cha bhiodh bean a'd' dhith.
*Alastair*, &c.

Tha thu maith air fairge, 'stric thu marbha éisg,
Cas a shiubhal garalich, théid thu shealg an fhéidh.
*Alastair*, &c.

Ged' thu'irt Callum-breac nach robh thu tappi
riamh,
Cò a chreideadh sin ach duine bha gun chiall.
*Alastair*, &c.

'Nuair a théid mi Ghlascho 'staitneach leam bhi
'g òl,
Ann an tigh mo charraid Alastair nan stòp.
*Alastair nan stop ann an sraid a chuil,*
*Sin an duine coir air am bheil mo run.*

---

*Oran do'n t-seann Fhreiceadan Ghaidhealach.*

Deoch Slàinnte an *Fhreiceadain*, 's àill leinn gun
cheist i,
Si an fhàillte nach beag oirnn dhol deasal ar
cléibh,
Cha'n fhàg sinn am feast i, o'n tha sinn co
dleasdanach,
Do na h-àrmuin bu sheirceile sheasamh an sreud ;
Na curraidh'ean calma, g'am buineadh bhi 'n
Albainn,
Feadh mhon'nnean garbhlaich a'sealg air na féidh.
Fhuair mis' orra seanachas, nach mios' an coi
fairg' iad,
Bhitheadh an citcheanan tarbhach le marbh i' a
éisg.

Buaidh gu bràth air na Fleasgaich, fhuair a'
àrach am Breatann,
Chaidh air Sàil o cheann ghreis uaimn, dhól 'n
freasdal re feum,

An loingeas làidir thug leis iad, nach sàruiche
beagan,
Muir a' gàrrach gan greasa, 'si freagradh dhoibh
féin,
Chuir gach làmh mar bu deise, buill do'n chàrc-
aich bu treise,
Ri bàrr nan crann seasmhach leth-taobh gach
bréid,
'Si 'g imeachd air chuanntainn, 'nuair a dh'éirich
gaoth tuath le,
B'ainmeil air luathas i, 'si gluasad gu réidh.

'Nuair a chuir iad na h-àrmuinn air tìr ann
an *Flagh'ras*,
'S iad fada o'm pàirti, 's o'n àiteachan féin,
Bha onoir nan Gàidheal an earbsa r'an tàbhachd,
Bha sin mar a b'àbhaist gun fhàillinn fuidh 'n
ghréin,
Tha urram an dràst aig' gach tìr anns an d'fhàs
iad,
Le feodhas an àbhaist, ar nàduir 'sam beus,
Bhi dìleas d'an càirdean, cur sìos air an naimhde,
'S iomadh rìoghachd an d'fhàg iad, fuil bhlàth
air an fheur.

'Se là *Fontenoi* thug onoir gu leòir dhoibh,
'Nuair a chruinnich iad còmhladh, 'sa thòisich an
streup;
Bu tart'rach ar Còirneal, cur ghaisgeach an òr-
dugh,
Na lasgairean òga, chaidh deònach na dhéigh,

Na gleachdairean còmhruig is fearr th'aig' Righ
Deorsa,
A fhuair fasan a's fòghlum a's eòlas ga réir;
'Se dùil am bheil mise 'nàm rùsgadh no trioblaid.
Gun d'thugadh a fichead dhiubh briscadh a' ceud.

Fir aigeannach mheamnach, le glas-lann an
ceann-bheart,
'S i sgaiteach ga bàr-dheas, 'si an-barrach geur,
An taice re targaid, crios breac nam ball airgiod,
'San dag nach robh cearbach, gan tearmunn nan
sgeith,
Le'n gunnacha glana, nach diùltadh dhoibh aing-
eal,
Spuir ùr air an teannadh gu daingeann nan gleus,
Cu cuingseorach biodagach, fùdarach, miosaiach,
Adharcach, miosail, gu misneachail treun.

Na spealpan gun àgh achleachd bhi ri sgathadh,
Nach seachna dol fhathasd an rathad sin fhéin,
'N t-as ar a gha'ail 'san ceartas a thathaich,
Tri-chlaiseach na'n lamhan leis an caithe iad beum;
Dol maduinn gu mathas cha'n iarradh iad aithis,
Gu deire an latha 's àm laidhe do'n Ghréin;
'S deas fhaclach an labhai t le caismeachd chatha,
Se 'n caisteal a'n claidhe, ga'n gleidhe gun bheud.

Fir acfhuinneach armach, le'm brataichean
ball-bhreac,
Bu tlachdmhor an armailt' iad, 's b'ainmeil am
feum;

Sliochd altrom nan garbh-chrioch, am feachd a
tha earbsach,
Nach coisgear an ain'eas gu'n dearbh iad nach
geill.
Leinn is fad' o'n a dh' fhalbh sibh air astar an
*Ghermailt*,
Chur as do gach cealgair chuir fearg oirbh féin,
An glacadh 'sa marbhadh, 'san sgapadh mar
mheana-chro',
'S na madaidh gan leanmhuinn air leargainn an
t-sléibh.

Sliochd fineachan uasal a ghin o 'na tuathaich,
San iomairt bu dual dhoibh dol suas air gach ceum,
Gach cas mar bu luaithe, 's gach làmh mar bu
chruaidhe,
'San ardan an uachdar a' bualadh nan spéic;
Bu ghnàth le'n luchd fuatha, bhi 'san àraich gun
ghluasad,
'Sa phàirt dhiubh dh'fhalbh uatha, bhiodh an ruaig
air an déigh;
Le làmhach nan gillean, 'sle lanntan geur biorach,
Bhiodh an naimh dean air iomain a' silleadh nan
creuchd.

Bu chliutach na lascairean ùra deas gastadh,
Mhann sùl iad ri 'n faicinn do gach neach leis an
leir,
Gach seòl mar a chleachd iad, le'n còmhdacha
dreachmhor,
Le 'n osana breaca, 's le'm breacana 'n fhéil:

Tha mo dhuil ri'n tigh'n dhachaidh, gun an ùin'
a bhi fada,
Le cumhnanta ceartais fir Shasgunn gu léir,
Le stiùradh an aigeil, muir dhù-ghorm chur
seachad,
'S nach cum an cuan farsuing orra bacadh, no éis.

'Nuair a thàinig an triobloid, 'si a *Dha*-san-*da-fhichead* *,
Bha dàna le misneach, 's le mios orra féin,
Bras ardanach fiosrach, gun fhàillinn, gun bhris-
eadh,
'S cuid àraidh ga'n gibhtean, bhi'n gliocas 'san
céill ;
Tha tàlanndan tric aig a phàirti ud bithchionnt,
'Sna h-uil' àit anns an tig iad, na idir a théid.
Cò an dràst a their mise, thig an àird ribh a
chlisge,
Mar fàg sibh e nis' aig an t-sliochd thig n'ar
déigh.

* 42d Regiment.

*Oran do Reisimeid Earra-ghaidheal.*

A RI gur mi tha aithearach,
Mu'n nuaidheachd so tha ùr ann ;
Tha m' inntin air a h-ardachadh
O'n thàinig fir mo dhùthcha :
Guidheamsa buaidh-làrach leibh

'S gach àite 'n loisg sibh fùdar;
Toil-inntin aig air càirdean,
'S air nàimhdean a bhi tùirseach.

Nuair thàinig Mòr-fhear Frederic,
Thug Dun-éidean cliu dha;
Gur Connspull air cheann sluaigh e,
Nuair ghluaiseas iad r'a chùlaobh;
Sàr cheann-feadhna treubhach,
Se léirsinneach 'gan stiùradh,
Ag imeachd leis an Réisimeid,
Se féin a' deanadh iuil doibh.

Tha oighchearan gasda
Co-math 'sa tha fuidh'n chrùn ann,
'S math a thig an airm-ghaisge dhoibh,
'S iad fasanta ga'n giùlan.
'S toil-inntin r'am faicinn,
Na lasgairean glan ùra,
Nuair thog iad pìob a's brataichean,
Air machraichean nan dù-ghall.

A's innsidh mi le barantas
D'n a b'aithne dhomh o thùs sibh,
Air chruas an àit an tachair sibh
Cha cheum air ais air dùchas:
Sliochd nan curaidh calma,
Bh'anns na h-armailtean bha cliuteach,
Ri'n goireadh càch na h-Earra-ghaidh' lich,
'S am fearg cha bu chùis shùgraidh.

Tha buaidh air feachd Earra-ghaidheal,
Cha ghabh iad sgàth no cùram,
'S iad neartmhor, beachdail, àrdanach,
Gu treuna, chdmhor, làidir, lùthor,
'S daoin'-uaisle ceart tha fàs ann,
Nach 'eil tàillinneach na lùbach,
'S neo-sheachantach na h-armuinn sin,
Ag iomain chàich gu'n dù'lan.

'S math thig dol na'n éididh dhoibh,
'S tha reusan air a chùis ud,
Tha gunnachan deagh-ghleusd' aca,
S cha'n 'eil te dhiu' dhiùltas,
An crios-gualainn féin orra,
'S an claidheamh gle-gheur cùil ann,
Bu mhath an àm an fheuma iad
'Nuair a leumadh sibh ga n rùsgadh.

Tha iad leathann mu na broillichean,
Fir chothromach 's iad dòmhail,
Le 'n calpanna deas dìreach,
'S iad lìonnmach fuidh na glùinean;
Osain ghoirid bhreaca
Le dreach air an cur ùmpa,
'S math thig gartain chàrnaid doibh,
Is fearr a th' anns na bùthaibh.

Is lionmhor bain-tighearn' innealta,
Nach sireadh iad e dùrachd
Ach cead bhi anns na bileidean,
'S na gillean so bhi dlùth dhoibh;

A bheireadh pòg le sireadh dhoibh,
Cho milis ris an t-siùcar,
'S a bheireadh mìlltean dolar dhoibh,
'S na sporanan g'an giùlan.

Tha suaicheantas na h-Alb' agaibh,
A's dh' fhalbh sibh leis gu sunntach,
Am fogh'nan cruaidh calgarra
'S neo-chearbach cur a chrùin air,
An luidh is gairge fiasgaiche
A bha riamh a measg nam flùran,
A's ceann na muice fiadhaiche
A leag Diarmad 'sa choill ùdlaidh.

'S e thubhairt na bha 'g amharc oirbh,
An latha bha 'n *Rabbiu* ann,
Gu'm bu fhreagarach 'air làmhach,
'Nuair a thàirngeadh sibh na rùdain;
B' fharumach 'ar gluasad,
A' tarruing suas gu siubhlach,
'S am breacan cruinn an fhéile
Air sléisdean geal nam fiùran.

'S flathail na daoin-uails a th' ann,
'S neul cruadail air gach aon-fhear,
Na saighdearan deas cumachdail,
'S gach duine dhiubh co-ionnsuicht;
Na'm bitheadh càs no cunnart ann,
Cò b' urrainn ga thoirt dhiu'san?
'Si 'n Réisimeid is urramaich
A chunnaic mi lem' shùilean.

### *Cumhadh Iarla Bhraid-Albann.*

'STRUAGH r'a éisdeachd an sgeul
Fhuair mi féin tuille 's luath;
Rinn an t-eug ceann na céille
'S nam beus a thoirt uainn:
Cha'n 'eil léigh tha fuidh 'n ghréin,
Dheanadh feum dhuit 'san uair:
'S bochd a'd' dhéigh sinn gu léir,
'S cha 'n'eil feum bhi 'ga luaidh.

Tha do chairdean làidir lìonmhor
Anns gach tìr a tha mu'n cuairt;
So na dh'fhàg an aigneadh ìosal,
Do chorp prìseil bhi 'san uaigh:
Is iad mar loingeas gun bhi dìonach,
Fad o thìr air druim a' chuain;
'S tusa b'urrainn an toirt sàbhailt,
Ge do bhiodh an gàbhadh cruaidh.

'S ann an diugh a chaidh do chàradh
'An ciste chlàr 'san leabaidh fhuair:
Is muladach a'd' dhéigh an tràths'
A' chuid is airde do d' dhaoin' uails.
Tha gach duin' agad fo phràmh,
'S goirt an càs am bheil an tuath;
'S iad do bhochdan a tha cràiteach;
Thugadh an taic làidir uatha.

'S iomadh dìlleachdan òg falamh
Bha le h-ainnis air dhroch shnuagh,
Se-nn daoine 's banntraichean fanna
Bh' faotainn beathachaidh uair:
'S ann bu truagh a' ghaoir a bh'aca,
'S deòir gu frasach air an gruaidh,
Caoineadh cruaidh, a's bualadh bhasan,
'S bhi toirt pàirt d'am falt a nuas

'S muladach an nochd do dhùthaich,
'S dubhach tùirseach tha do shluagh:
Cha 'n ìoghnadh sin 's mòr an diùbhail
An tionndadh so thigh'n oirnn co-luath;
Am fear a b'àbhaist bhi le dùrachd
Gabhail cùram dhiubh gach uair,
Dh'fhàg iad 'na laighe 'san ùir e
Far nach dùisg e gu la Luain.

'S ann an tràthaibh na Féill bride
Thàinig crìoch air saoi nam buadh.
'S lòm a thug an t-eug an sgrìob oirnn,
Och mo dhìth cha deic a luath's!
Bhuail an gath air flath na fìrinn
Bha 'gar dìonadh o gach cruas:
'S goirid leinn do ré 'san aite,
Ged' their càch gu'n robh thu buan.

Cha do sheall thu riamh gu h-ìosal
Air ni chuireadh sìos an tuath:
Bu chùl-taic dhoibh anns gach àit thu.
'S tu bha ghnàth 'gan cumail suas.

Cha bu mhiann leat togail làimh ;
Sin a' chùis d'an d'tàinig na fuath :
Bha thu faotainn gaoil gach duine,
'S ghléidh thu'n t-urram sin a fhuair.

Bha thu léirsinneach le suairceas ;
Dh'fhàs a'd' chòm an uaisle mhòr ;
Ciall a's misneach, mar'ri cruadal,
Fhuair thu 'n dualchas sin o d' sheòrs'.
Bha thu fiosrach, glic, neo-luaineach ;
Bha t'inntin buan anns a' chòir.
O'n a thug iad air ghiùlan sluaigh thu,
'S aobhar sin a luathaich deòir.

Cha'n'eil aoibhneas ann am Bealach,
Cha'n'eil farum ann, na ceòl ;
Daoine dubhach, 's mnathan galach,
A's iad gun ealaidh ach am bròn ;
O'n a chaidh do ghiùlan dachaidh
O'n mhachair air mhùthadh seòil,
'N àit' an éididh sin a chleachd thu,
Ciste, 's léine, 's brat do'n t-sròl.

'Nam bu daoine bheireadh dhinn thu,
Dh'éireadh miilltean air an tòir,
O bheul Tatha gu Lathurn-ìochdrach,
Sin fo chìs duit agus còr :
Far an d'fhàs na gallain fhìor-ghlan,
A's iad lìonmhor ann gu leòir,
A rachadh togarrach gud' dhìoladh,
Nach obadh dol sìos le deòin.

'S ann tha chùis ni's fearr mar tha i,
Dòchas làidir thu bhi beo
Am measg nan aingeal a tha 'm phàrras,
Ann an gàirdeachas ro-mhòr:
Gur e 'n Ti a ghlac air làimh thu,
Thug 'san àite sin dhuit còir
Air oighreachd is fearr na dh'fhàg thu,
'An àros àghmhor Righ na glòir.

Ged' tha 'm fear a thig a'd' àite
Thall an tràths' thar chuanntan mòr,
Guidheam dlùth gu'n d'thig e sàbhailt
(Soirbheas àrd re cùl gach seòil)
A dh'fhaotainn seilbh air an t-saibhreas,
'S air an oighreachd sin bu chòir;
A ghabhail cùram ga chuid fearainn,
'S ga chuid daoine sean a's òg.

---

*Oran do'n Eididh Ghaidhealach.*

Fhuair mi nuaidheachd as ùr,
'Tha taitneadh re rùn mo chridh
Gu faighe'mid fasan na dùthch'
A chleachd sinn an tùs ar tìm.
O'n tha sinn le gloineachan làn,
A' bruidheann air mànran binn,
So i deoch-slàinnte Mhontròse,
A sheasamh a chòir so dhuinn,

Chunnaic mi 'n diugh an Dun-éidean,
Comunn na féile cruinn,
Litir an fhortain thug sgeul,
Air toiseach an éi'neis dhuinn.
Pìob gu loinneil an gleus,
Air soilleireachd ré an tuim;
Thug sinn am folluis ar 'n éideadh,
A's còta their Reubail ruinn.

Deich bliadhna fichead a's còrr,
Bha casag do'n chlò m'ar druim,
Fhuair sinn ad agus clòc,
'S cha bhuineadh an seòrs' ud dhuinn:
Buchdaill a' dùnadh ar bròg,
'Se 'm bar-ial bu bhòidhche leinn;
Rinn an droch fhasan a bh'oirnn,
Na bodaich d'ar 'n òigridh ghrinn.

Mhill e pàirt d'ar cumachd
O'n bhlàr, gu mullach ar cinn;
Bha sinn co-làn do mhulad,
'S gun d'fhàs gach duine gu tinn.
'S ann a bha 'n càs co duilich,
'Sa thainig uile re'm linn,
'Nuair a rinn pàirti Lunduinn,
Gach àit' a's urram thoirt dhinn.

'S fhada bha 'n onoir air chall,
Is fasan nan Gàll oirnn dluth,
Còta ruigeadh an t-sàil,
Cha d' thigeadh e dàchail dhuinn.

B'éigin do'n bhrigis bhi ann,
'Nuair a chaidh ar comannd cho ciuin
'S gu'n d'rinneadh gach Fineadh nan tràill,
'S gach fìrionnach fhàgail rùisgt'.

Tha sinn anis mar as maith leinn,
'S gur àrd ar caraid 'sa chùirt,
A chuir ar na daoin' am fasan,
Rinn Pàrlamaid Shasgunn thoirt' diu':
Beannachd gu bràth do'n Mharcus,
A thagair an dràst ar cùis;
Fhuair e gach dlighe air ais dhuinn,
Le ceartas an Righ 'sa chrùin.

Fhuair e dhuinn comas nan arm,
A dheanamh dhuinn sealg nan stùc,
'S a ghleidheadh ar daoine 'sa chàmp,
Le fàgail an naimhdean brùit.
Thogadh e misneach nan *Clann*,
Gu iomairt nan lann le sunnt,
Pìob, a's bratach re crann,
'Si caiseamachd-àrd mo rùin.

Fhuair sinn cothrom an dràst,
A thoilicheas gràdh gach dùthch',
Comas ar culaidh chur oirnn,
Gun fharaid do phòr nan lùb.
Tha sinn a nis mar is còir,
A's taitnidh an seòl r'ar sùil;
Chuir sinn' am brigis air làr,
'S cha d'thig e gu bràth a cùil.

Chuir sinn a suas an deise,
Bhios uallach freagarach dhuinn,
Breacan an fhéile preasach,
A's peiteag do'n eudach ùr,
Còt' a chadadh nam ball,
Am bitheadh a' chàrnaid dlùth,
Osan nach ceangail ar ceim,
'S nach ruigeadh mar réis an glùn.

Togaidh na Gaidheil an ceann,
Cha bhi iad an fanng ni's mò,
Dh' fhalbh na speirichin teann
Thug orra bhi mall gun lùgh:
Siubhlaidh iad fireach nam beann,
A dh' iarruidh dhamh seang le'n cù,
S eutrom théid iad a dhannsa,
Freagraidh iad srann gach ciuil.

Tha sinn an comain an Uasail
A choisinn le chruadal cliu,
Chuir e le teòmachd làidir,
Faoineachd chàich air cùl.
Oighre cinn-feadhna nan Gràmach,
'S ioma fuil àrd na ghnùis:
'S ann tha Marcus an àidh
Am mac thig an àit an Diuc.

*Oran na'm Fineachan a fhuair Fearann o'n Righ*, 1782.

Tha sgeul ùr an tràth so's dùthaich,
'S chuir e sunnt ro-mhòr oirnn;
Gu'n d'fhuair ar càirdean, mar a b'àbhaist,
Bhi na'n àite còmhnuidh:
Gach fearann àr-bha,ticht' a bh'ann,
O linn a Chàimp bha gòrach,
Rinn na h-aithrichean a chall;
Ach fhuair a chlann an còir air.

'S mòr an sonas anns an rìoghachd,
Rìoghalachd na h-òigrdh,
A ghluas gu feum, re guaillibh chéile,
'S iad gu léir co-deònach;
Cinn-fheadhna threun, le'n daoine féin,
Gach réiseimaid an òrdugh,
Le cliu gun cheilg, 's le dùrachd dearbht,'
B' e 'n rùn bhi 'n seirbheas *Dheorsa*.

Na laoich ghasta dh'éirich eat,
Do h'fhior fhuil cheart Chlann-*Domhnuill*,
S' lìonmhor gaisgeach treubhach tapaidh,
A thàin' a mach 'gan còmhnadh:
Bha buaidh a's feart, nan ruag, 'snam feachd,
Na dhualchas ac o'n seòrsa;
Dól suas gu bras, le lua's nan cas,
San cruaidh-lann ghlas nan dornuibh.

'Slìon'ar lascair thig o'n *Apunn*,
Pìobach bratach sròlach ;
Fir chalma ghasta, a's arm nan glaic,
Co-acfhuineach 's bu chòir dhoibh ;
Bhiodh luaidh amach le fuaim nan snap,
A' bualadh chlach re òrdaibh,
Aig' sluagh le'n fasan cruadal ceart,
'Sa fhuair a chleachduinn òg dhoibh.

'Sunntach meamnach treubhach ainmeil,
*Camaranich* o Lòchaidh,
Fir thréin gun chealg, le'm beus bhi garg,
'S iad féin a dhearbh gu leòir dheth ;
Bhiodh gleus an arm nan éibhle dearg,
'S lann gheur gun chearb ga chòir sin,
Bhiodh reubail marbh an déigh an sealg,
'N uair dh'éireadh fearg nan òig-fhear.

'S lìonmhor curaidh thig e *Drumar*,
Feumail ullamh òrdail,
Eadar muileann uisge Thurraid,
Agus mullach Mòr-bheinn ;
Leis nach duilich dol an cunnart,
Tìr a's muir a sheòladh ;
'S fhuair iad urram bualadh bhuillean,
Anns a h-uile còmhdhail.

Tha sàr cheann-feachd is làidir taic,
A thig o'n Chaisteal *Leodach*,
Le pàirtidh cheart, 's iad àrd nam beachd,
A dh'fhàs gu reachdmhor fòghluimt'.

Tha 'n lebhi paillt a dh'éireadh leat,
Gu feum do neart a chòmhnadh;
'S bhiodh pìob an gleus a's ceann an fhéigh,
Le crann a's bréid an t-sròil ris.

Thig o'n *Mhor-fhaich* comhlain bhorb,
A théid le foirm an òrdugh,
Gu dàna colgail, làn air storbadh,
'S arda stoirm an t-seòrs' ud;
Dol luath 'nan éideadh, cruaidh ra'm feuchainn,
Ciall ga réir an còmhnuidh;
Aig' sluagh nach géill, tha buaidh 'nan déigh,
'San uaisle féin ga chòmhdach'.

Thig laoich bharruicht e *Cinnalla'*,
'S àrd an air' air mòrchuis,
Air mheud na carraid, beus na'm fear ud,
Gleustachd far an còir dhoibh;
An cliu bh'aig' sinnsireachd nan gallan
Cha chaillear ra'm beò e,
Daoine rìoghail dìleas daingean,
Fìor 'nan gealladh-còmhradh.

Thig Clann-Ghrigair le sàr mhisnich,
Anns a mhios 'm bu chòir dhoibh,
Gu prìseil, àghar, lìon'ar làidir,
Rìoghail, stàtail, pròiseil;
Chaidh riamh 'sgach àite dian 'sna blàraibh,
'S gnìomh an laimh a chòmhdach;

'S iad àrd 'sa chuirt le 'n ainm as ùr,
Ge d' thugadh dhiu' 'n Gleann-freòin e.

Thig o *Chluaini'* sàr dhaoin'-uaisle,
Thàirngeas suas gu seòlta,
'S fad o'n chualas gu'm b'e'n dualchas,
Buidhinn buaidh a' chòmhruig,
Teine 's luaidhe, 's làmhan luatha,
Far an gluais iad còmhluadh,
Ruidh na ruaig air an luchd-fuathadh,
'San cur uatha brònach.

Thig o *Shrùthan* na fir ùradh,
Làidir luthmhor eòlach,
'S o'n du'-ghiùsaich théid gu siù'lach,
Ann an tùs na dòruinn;
Luaidh a's fùdar chuir na smùidean,
A's fuil na brùchda dòrtadh,
Claidhean-cùil a bhi 'gan rùsgadh,
'S ruidh gu dlù 'san tòireachd.

Thig na *Cannanaich* 'nan deannaibh,
'S iad a tional còmhluadh,
Théid ceart 'sa chabhaig, 's neart da'n caraid,
An dream is fearrail dòchas:
Ge b'e theannadh riu le falachd,
Bhiodh am barail gòrach,
'S mairg re'n tachradh an àm gaisgidh,
Aghaidh neart nan comhlan.

'S éideach arraiceach treud na *h-Alba*,
Dh'éireadh sealbh gu leòir dhoibh
Gu'm feud iad falbh gu saor fui'n armaibh,
A's eudach ball-bhreac bòidheach :
O'n thraogh gach fearg, a thaobh gach cealg,
Sean argumaid a thòisich,
Tha gaol g'a dhearbha, 's feudar earbs',
A' deagh luchd-leanmhuin *Dheòrsa*.

'S mòr an onoir th'aig' an RIGH,
Rinn dìllsean ga' luchd fògruidh,
Thug dhoibh a' rìs, gach àite prìseil,
Anns gach tìr tha m'eòlas,
A bh' aig an sinnsireachd fuidh chìsean,
A chaidh ga'n dith le fòirneart ;
'S maith an dùrachd th'aig gach dùthaich,
A' toirt cliu ga' *Mhòrachd*.

Na cinn chéille 's fearr fui' 'n ghréin,
Le 'n inntin féin a thòisich,
Ri gnìomh an fheum a luaigh gu léir,
'Sa chuir an geill gu'n sòradh,
Le flathan féille, a labhair reusan
A ghleidheadh stéidh na còrach ;
Fhuair gach òighre an ni, 'san Staoile,
An sàibhreas, 'san cuid stòrais.

Thàinig còir, a's dh'fhalbh an eucoir,
A's leum ar cridh' le sòlas.
Tha uaislean treun 'san uair so féin,

Gu h-uallach eutrom ceòl-mhor;
Tha 'n tuath ri séide suas tein' éi'neis
Air na sléibhtean mòra:
So a' bhliadhna chrùn an réite,
Sin an sgeul tha còmhduicht'*.

## *Oran a Bhotail.*

'NUAIR a shuidheas sinn socair 'sa dh'òlas sinn
botal,
Cha'n aithnich ar stoc uainn na chuireas sinn
ann;
Thig onoir a's fortan le sonas a chopain,
Ga'r son nach bi deoch oirnn mu'n tog sinn a
ceann.

Bheir an stuth grinn oirnn seinn gu fileanta,
Chuir a thoil-inntin binneas n'ar cainnt,
Chaisg i ar 'n ìota 'n fhìor-dheoch mhillis,
Bu mhuladach sinne na 'm biodh i air chall.

Deoch slàinnte nan gaisgeach nan Gaidhealaibh
gasta,
Ga'm b' àbhaist mar fhasan bhi pòit air an dràm
Luchd gaoil an stuth bhlasta, 's ar dhaoraid a
lacha,
Nach caomhnadh am beartas a scapadh 'san àm

* The forfeited estates were not restored till Januar
1784, and were finally settled in January 1785.

Fear g'a bheil nìth gheibh e na shireas e,
Fear a tha crionnta faoadh e thàll,
Fear a tha mì-'or cha'n thulaing sinn' e,
'S am fear a bheil grinneas théid iomain a nàll.

'S ro rìoghail an obair sruth brìoghar na togal-
ach,
Ioclainnt a bhogaicheas cridh tha gann;
'S e chuireadh an sodan air fear a bhiodh to-
garach,
'S chuireadh e 'm bodach e fear a bhiodh teann.

Cha 'n'eil e 'san tìr uasal no cumanta,
Nach 'eil air thì gach urram a th' ann,
Ge do bhiodh strìth mu thogail na muirichin,
Cia mar is urrain sinn fuireach o'n dràm.

Tha e fionnar do'n chreabhaig a h-uile la gréine
Thig teas o na speura thar sléibhte nam beann,
'Se math ri la reòdhta chuir blàth's ann am pòra
An fhir théid g'a dheòin an tigh-òsda na dheann.

Cuiridh e sunnt air muinntir cireachdail,
Tiomchioll a bhuird 's cuid eile dhiubh danns';
Thogamaid fonn neo-throm a's ceileirin,
'S freagarrach sheinneas sinn deire gach rann.

O'n shuidh sinn co fada, 'sa dhòl sinn na bh'ag-
uinn,
'Si chòir dol a chadal o'n thàinig an t-àm,

Cha'n fhòghnadh ach paillteas thoirt sòlas ga' 'n aigne,
Deoch mhòr anns a mhaduinn gu leigheas ar ceann.

Am fear tha gu'n chlìth, cuiridh e spiorad ann,
Togaidh e cridhe gach fir a tha fann,
Théid am fear tinn gu grinn air mhirreadh;
'S e leigheas gach tinnis deoch mhillis an dràm.

## *Oran a Bhranndi.*

*Di-haal-lum, Di-haal-lum, Di-i'il-i'il, hanndan.*
*Di-dir-ir i-hal-hi'il-lum, Di-dir-ir-i-hal-haoi-rum.*
*Di-i'il i'il-hal dir-ir-i, ha-ri-ha'al-haoi-rum,*
*Di-i'il-haal-dil il i'il, dar-ri-ho'ol-hann-dan.*

Tha fortan ann bi deoch aguinn,
Na biodh an copan gann oirnn,
Tha paillteas anns na botalaibh,
Cha'n 'eil an stoc air chall oirinn;
'S fearrde sinn an toiseach e,
Gu prosnachadh ar cainnte,
Ged' bhiodh a h-uile deoch aguinn,
'Se 's docha leinn am Branndi.
*Di-haal-lum*, &c.

Se sin an sruthan mireanach,
An tobar millis seannsail,
Tha binneas mar'ri grinneas
A chuir spiorad am fear fann ann;
'S feairde sinn na shirreas sinn,
Cha chulai' a mhilleadh cheann e;
'Sro mhath 'n seise muineil
Do gach duine gha'as rann e.
*Di-haal-lum*, &c.

Na fir anns a' bheil cridhealas,
Nach 'eil an cridhe gann ac,
Companaich na dighe,
A ni suidhe leis an dràm iad;
Iarruidh iad a rithisd e,
Mu bhitheas beagan ann deth,
Nuair chluinneas iad an fhidheal,
Bi iad fighearach gu dannsa.
*Di haal lum*, &c.

'Nuair gheibh sinn do na barruilean,
Na 's maith leinn fu'r comannda,
Na cupain a tha falamh
Bhi le searraig a cuir annta;
Gach caraid a bhios a taitneadh ruinn,
Gu'm b'ait leinn e bhi cainnt ruinn,
Nuair thig a ghloine bhasdalach,
Air bhlas an t-siucair-channdi.
*Di-haal-lum*, &c.

Cha chunnart duinn e theireachduin,
Tha seileir anns an Fhràing dheth ;
Cha'n 'eil eagal gainne
Air an loingeas thug a nàll e ;
Their sinne o'n bu toigh leinn e,
Nach dean a choire call oirnn ;
Air fhad 'sga'n dean sinn fuireach ris,
Bhi ga'ail tuille sannt air.
*Di-haal-lum*, &c.

Na fir a tha na 'n scrupairean,
Nach caith an cuid 'san àm so,
Cha'n imir iad bhi cuidirinn,
Na'n tubaisdean le ganndar ;
Cha sir iad dol an cuideachd,
A's cha'n iarr a chuideachd ann iad ;
Mar cuir am burnn am paghadh dhiubh,
Cha'n fhaigheadh iad am Branndi.

*Di-hall-lum, Di-haal lum, Di-i'il-i'il, banndan,*
*Di-dir-ir i-hal hi'il lum, Di-dir-ir-i-hal-haoi-rum ;*
*Di-i'il-i'il hal dir-ir-i, ha-ri-ha'al-haoi-rum,*
*Di-i'il-haal-dil-il i'il, dor-ri ho-ol hann-dan.*

## *Oran a Bhriogais.*

*Air fonn*, Sean Triuthas Uilleam.

*'So tha na briogais liath-ghlas*
*Am bliadhna cur mulaid oirnn,*
*'Se'n rud nach fhacas riabh oirnn,*
*'S nach miann lein a chumail oirnn;*
*'S na'm bitheamaid uile dileas*
*Do'n Righ bha toirt cuireddh dhuinn,*
*Cha'n fhaicte sinn gu dìlinn,*
*A strìochda do'n chulaidh so.*

'Solc an seòl duinn, am Prionns' òg
A bhi fuidh mhòran duilichin,
A's Righ *Deorsa* a bhi chòmhnuidh,
Far 'm bu chòir dha tuineachas;
Tha luchd-eòlais a toirt sgeòil duinn
Nach robh còir air Lunndain aige,
'Se *Hanòbher* an robh shcòrsa,
'S coigreach oirnn an duine sin:
'Se'n Righ sin nach buineadh dhuinn,
Rinn dì'-mheas na dunach oirnn,
Mu'n ceannsaich e buileach sinn,
B'e'n t-àm dol a chumasg ris;
Na rinn e oirnn a dh' ann-tlachd,
A mhì-thlachd, a's a dh' àimhreit,

Air n-eudach thoirt gu'n tàing dhinn,
Le fain-neart a chumail uinn.
*'So tha*, &c.

A's o'n chuir sinn suas am briogais,
Gur neo-mhiosail leinn a chulaidh úd,
Ga'n teannadh mu na h-iosgannan,
Gur trioblaideach leinn umain iad ;
'S bha sinn roimhe misneachail,
'S na breacain fuidh na criosan oirnn,
Ged' tha sinn am bichiontas
A nise cur nan sumag oirnn :
'Sar leam gur h-olc an duais
Do na daoine chaidh 'sa chruadal,
An eudaichean thoirt uapa,
Ge do bhuadhnuich Diuc Uilleam leo ;
Cha'n fheud sinn bhi sòlasach,
O'n chaochail ar culaidh sinn,
Cha'n aithnich sinn a chéile
La-féile no cruinneachaidh.
*'So tha*, &c.

'S bha uair-eigin an t-saoghal
Nach saoilinn gu'n cuirinn orm,
Briogais air son eudaich,
'S neo-aoidheil air duine e ;
'S ged' tha mi deanamh ùis deth,
Cha d'rinn mi bonn sùlas
Ris an deise nach robh dàimheil
Do'n phàirti ga'm buinnin-sa ;

'S neo-sheannsar a chulaidh i,
Gur grannda leinn umainn i,
Cho teann air a cumadh dhuinn,
'S nach b'fheairde leinn tuille i ;
Bidh putain anns na glùinean,
A's bucalan ga'n dùnadh,
'S am briogais air a dhùbladh,
Mu chùlaobh a h-uile fir.
*'So tha*, &c.

Gheibh sinn adan ciar-dhubh,
Chur dian air ar mullaichean,
A's casagan co-shlìogta.
'Sa mhìnicheadh muillean iad ;
Ged' chumadh sin am fuachd dhinn,
Cha'n fhàg e sinn co-uallach,
'S gu'n toillich e ar n-uaislean,
Ar tuath na ar cummanta ;
Cha taitinn e gu bràth ruinn,
A choiseachd nan gleann-fàsaich,
'Nuair a rachamaid do dh' àiridh,
No dh' àit 'am biodh cruinneagan :
Se *Deòrs'* a rinn an eucoir,
'S ro dhìombach tha mi féin deth,
O'n thug e dhinn an 'éilidh,
'S gach eudach a bhuineadh dhuinn.
*'So tha*, &c.

'S bha h-uile h-aon do'n Phàrlamaid
Fàllsail le'm fiosrachadh,

'Nuair chuir iad air na Caimbeulaich
Teanndach na'm briogaisean ;
'Sgu'r h-iad a rinn am feum dhoibh
A bhliadh'n a thàin' an stréapag,
A h-uile h-aon diubh dh'éiridh
Gu léir 'am Milisi dhoibh ;
'S bu cheannsalach duineil iad,
'San àm an robh 'n cumasg ann,
Ach 's gann doibh gu'n cluinnear iad
A chàmpacha tuille leis;
O'n thug e dhinn an t-eudach,
'Sa dh' fhàg e sinn co-fhaontra'ch,
'Sann rinn e oirnn na dh' fheudadh e,
Shaoileadh e chuir mulaid oirnn.
*'So tha*, &c.

'S ann anis tha fios aguinn
An t-iochd a rinn Diuc Uilleam ruinn,
'Nuair a dh' fhàg e sinn mar phriosanuich,
Gun bhiodagan, gun ghunnachan,
Gun chlaidheamh, gun chrios tarsuing oirnn,
Cha'n fhaigh sinn prìs nan dagachan;
Tha comannd aig Sasgunn oirnn,
O smachduich iad gu buileach sinn :
Tha angar a's duilichin
'San àm so air iomadh fear,
Bha'n Càmpa Dhiuc Uilleam,
A's nach fheaird iad gu'n bhuithinn e ;
Na'n d'thigeadh oirnne Tearlach,
'Sgu'n éireamaid 'na chàmpa,

Gheibhte breacain chàirneit,
'S bhiodh aird air na Gunnachan.

*'So tha na briogais liath-ghlas,*
*Am bliadhbhna cur mulaid oirnn,*
*'Se'n rud nach fhacas riabh oirnn,*
*'S nach miann leinn a chumail oirnn;*
*'S na'm bitheamaid uile dìleas*
*Do'n Righ bha toirt cuireadh dhuinn,*
*Cha'n fhaicte sinn gu dilinn,*
*A Strìochda do'n chulaidh so.*

## Oran na'm Balgairean.

*Ho hu o ho na Balgairean,*
*O's ainmig iad ra'm faotainn;*
*Ho hu o ho na Balgairean,*

Mo bheannachd aig na Balgairean,
A chionn bhi sealg nan caorach.
*Ho hu o*, &c.

A'n iad na caoraich cheann-readhach,
Rinn aimhreit feadh an t-saoghail?
*Ho hu o*, &c.

Am fearann a chur fàs oirnn,
A's a' màl a chuir an daoraid?
*Ho hu o*, &c.

Cha'n 'eil àit aig tuathanach ;
Tha bhuadhnachd-san air claonadh.
*Ho bu o*, &c.

Is éigin dha bhi fàgail
An àit anns an robh dhaoine,
*Ho bu o*, &c.

Na bailtean a's na h-àridhean,
Am faighte blàth's a's faoileachd.
*Ho bu o*, &c.

Gun tighean ach na làraichean,
Gun àiteach air na raointean.
*Ho bu o*, &c.

Tha h-uile seòl a b' àbhaist,
Anns a Ghaidhealtachd air caochladh ;
*Ho bu o*, &c.

Air cinntin cho mi-nàdurra,
'S na h-àiteana bha aoidheil.
*Ho bu o*, &c.

Cha'n 'eil loth na làir
Bhiodh searrach làmh ra' taobh ann.
*Ho bu o*, &c.

Cha'n 'eil aighean dàra
Bhios ag àrach an cuid laogh ann.
*Ho bu o*, &c.

Cha'n 'eil feum air gruagaichean;
Tha h-uile buail air sgaoileadh.
*Ho hu o*, &c.

Cha'n fhaigh gilleadh tuarasdal
Ach buachaille nan caorach.
*Ho hu o*, &c.

Dh' fhalbh na gobhair phrìseil,
Bu Righ a dh' òrduich saor iad.
*Ho hu o*, &c.

Eearba bheag na dùslain,
Cha dùisgear i le blaoghan.
*Ho hu o*, &c.

Cha'n 'eil fiadh air fuaran,
O'n chaill na h-uaislean gaol doibh.
*Ho hu o*, &c.

Tha gach frìthear fuasgailte,
Gun duais a chion a shaoithreach.
*Ho hu o*, &c.

Is dìombach air an duine mi,
A ni na sionnaich aoidhreadh ;
*Ho hu o*, &c.

A chuireas cù ga'n ruagadh,
No thilgeas luaidhe chaol orr'.
*Ho hu o*, &c.

Gu mu slàn na cuileanan
Tha fuireach ann an saobhaidh.
*Ho hu o*, &c.

Na'm faigheadh iad mo dhùrachd,
Cha chùram dhoibh cion saoghail.
*Ho hu o*, &c.

Bhiodh piseach air an òigridh,
A's bhiodh beo gu's am marbh' aois iad.
*Ho hu o ho na Balgairean,*
*O's ainm'g iad ra'm faotainn;*
*Ho hu o ho na Balgairean.*

---

*Oran Dhun-éidean.*

'Se baile mòr Dhun-éidean a b'éibhin leam bh[illegible] ann,
Aite fialaidh farsuing, a bha tlachdmhor ann[illegible] gach ball;
Gearasdain a's batraidh, a's rampairean gu teann[illegible]
Tighean mòr a's caisteal, anns an tric an d' sta[illegible] an càmp.

'Stric a bha càmp Rìoghail ann, 's bu rìomhac[illegible] an luchd-dreuchd;
Troup nan sran-each lìonmhor, gu dìleas air [illegible] Gheard:

Bhiodh gach fear co-eòlach 'sna h-uile seòl a
b'fhearr,
Na fleasgaich bu mhath fòghlum a dhol an òr-
dugh blàir.

'Siumadh fleasgach uasal ann, a bha gu suairce
grinn,
Fùdar air an gruagan, a suas gu bàrr an cinn ;
Leadain dhonna dhualach na chuachagan air
snìomh ;
Bàrr dosach mar an sìde, 'nuair lìogadh e le cìr.

'S mòr a tha do bhain-tighearnan a nùl 'sa nàl an
t-sràid,
Gùntaichean do'n t-sìde orr', ga'n slìogadh ris a
bhlàr ;
Stòise air na h-ainnirean ga'n teannachadh gu
h-àrd,
Buill mhais air eudain bhòidheach, mar thuilleadh
spòrsa dhoibh.

Na h-uile té mar thigeadh dh'i, gu miosail a'
measg chàich,
Uallach, rìomhach' ruibeanach, cruinn, mìn-geal,
giobach tlà ;
Trusgan air na h-òigheanan, ga'n còmhdachadh
gu làr;
Bròg bhiorach, dhìonach, chorromach, 's bu
chorruch leam a sàil.

'Nuair chaidh mi stigh do'n Abbailte, gu'm
b'ait an sealladh sùl
Bhi 'g amharc air na dealbhanan, Righ *Fearras*
ann air thùs;
Anis o'n rinn iad falbh uainn, tha Alba gu'n an
Crùn:
'Se sin a dh'fhàg na garbh-chriochan 'san aimsir
so e cùirt.

Bi lòchrain ann do ghloineachan, a's coinneal
anns gach àit,
A meudachadh an soillearachd, gu sealladh a
thoirt doibh:
Cha laghadh 'n t-aobhar aoibhneis, cluig-chiuil
ga'n éisdeachd ann,
'Sgur binne na chuach chéitein iad, le'n foragan
éibhin ard.

Bi farrum air na coitseachan, na'n trotan a's na'n
deann,
Eich nan cruaidh cheum socrach, cha bhiodh an
coiseachd mall;
Cùrsain mheamnach, mhireanach, a b'airde
binneach ceann;
Cha'n e an fraoch a b'innis doibh, na firichean
na' m beann.

Is ann an *clous* a Pharlamaid a chi mi thall an
t-each,
Na sheasamh mar a b' àbhaist da, air lòm a
chausair chlach;

Chuir iad srian a's diallaid air, 'se'n Righ a tha
na glaic,
Ga'n robh còir na rìoghachd so, ge d' dh'ìobair
iad a mhac * :

Tha tigh mòr a Phàrlamaid air ardachadh le
tlachd,
Aig daoin-uailse ciallach, nach d'thug riamh
ach a bhreith cheart;
Tha breitheanas air thalamh ann, a mhaireas,
's nach d'thèid as,
Chum na thoil e chrochadh, 's thig na neo-
chiontaich amach.

A's chunna mi tigh-leigheas ann aig léighean ri
feum,
A dheanadh slàn gach dochartas a bhiodh 'an
corp na'n cré ;
Aon duine bhiodh an eu-slainnte, no'n freasdal
ris an léigh,
Be sin an t-àite dleasdanach, gu theasairgean
o'n eug.

Tha Dun-éidean bòidheach air iomadh seòl na
dha,
Gu'n bhaile anns an rìoghachd so nach deanadh
strìochda dha ;

* King James VII. was the brother of Charles II. whose
statue is here described.

A liuthad fear a dh'innsin ann a bheireadh cìs
do chàch,
Daoin-uaisle casg an iota, ag òl air fìon na
*Spàinnt'*.

Ge mòr a tha do dh' astar eadar Glascho' agus
Peairt,
Is cinnteach mi ged' fhaicinn na tha dh' aitrcabh
ann air fad,
Nach 'eil ann is taitnicheadh na'n Abbailt a's
am Banc,
Na tighean mòra rìomhach, 'am bu chòir an
Righ bhi stad.

## *Oran do Iarla Bhraid-Albann.*

Deoch-slainnt' an Iarla cuir dian na'r caramh i,
'S mo gheibh sinn làn i, gu'm fàg sinn falamh i;
'Nuair thig i oirnne gu'm bi sinn ceòlmhor,
'S gu'n gabh sinn òrain ga h-òl gu farumach.

'Se'n t-armun suairce a ghluais e Bealach leinn,
'S na sàr dhaoin-uaisle r'a ghualainn mar'ris ann;
O'n dh'éirich sluagh leat gu feum 'sa chruadal,
A réir do dhualchais bi buaidh a dh'ain-deoin
leat.

Gur deas am fiùran air thùs na'n gallan thu,
'Scha ghabh thu cùram roimh ghnùis na'n ain
eolach ;
Led' chòmhlain ùra 's thu féin ga'n stiùradh,
A's fir do dhùthcha red' chùl mar bharantas.

'S tu ceann na riàghailt a tha ciallach carthanach,
Na daoin a thriall leat gu'r briath am pannal iad;
'S tu thog na ciadan a shliochd na'm Fianntan,
'San àm a ghnìomha, bu dian 'sa charraid iad.

Ma thig na Francaich a nàll do'n fhearann so,
Bheir sinn tràth dhoibh cion fàth an aithreachais ;
Théid cuid gu bàs dhiubh, 's cuid eile bhàthadh,
Mu'm faigh iad bàta, 's mu'm fàg iad thairis sinn.

O'n fhuair sinn gunnachan, gu'r ullamh ealamh
iad,
'S cha'n'eil gin uile dhiubh nach freagair aingeal
dhuinn,
Cha'n fhaic na curraidhean dol sìos na chunnart
dhoibh ;
'S gur rìoghail urramach a dhìoladh falachd iad.

'Nuair théid gach treun fhear na éididh cean-
nartach,
Le'n armuibh gleusta co-gheur 's bu mhath leinn
iad,
Bithidh iomad creuchdan le'm buillibh beumnach,
Cha leigheas léigh iad, 's cha ghléidh e'n t-anam
riu.

'Si sin a gharbh bhratach, a dh' fhalbh o'n bhaile leinn,
'S iad fir Bhraid-albann gu dearbh a leanas i,
Fir ùra chalma, a tha luthmhor meamnach,
Ma dhùisgear fearg orra,'s mairg a bheanas dhoibh.

Tha connspuill àraidh e bràigh Ghlinn-fallach leinn,
A fhuair buaidh làrach 's gach àit 'n do tharruing iad,
Le luchd an làmhaich ri uchd an nàmhaid,
Bithidh cuirp 'san àraich air làr gu'n charachadh.

Cuid eil' an phàirti, gu dàn le fearalachd,
Théid lìonmhor làidir 'san àit a ghealla iad ;
Fir shunntach dhàicheil, e grunnd Earr'-ghaidheal,
Nach diult 'sna blàruibh le làmhach cairiseach.

Na h-Urrachaich cireachdail le'n urachair sgallanta,
Cuir suas na'm peilearain nach cualas mearachdach,
'Siad buaghar iomairteach 's cha dualchas giorag dhoibh,
'San ruaig cha tilleadh iad, 'sgur cruaidh le'n lannan iad.

Na h-uaislean Eileanach, 'sann uain nach fannadh iad,
'Sfir chuairteach beinnne iad, 'sair chuan, na'm marraichean ;

Luchd bhualadh bhuillean iad 'sa fhuair an
t-urram sin,
A's fuaim an gunnaireachd cho luath ri dealanaich.

'Sann tha air naimhdean 'san àm so amaideach,
'Sa mhisneach ard tha 'nar ceann, 'sa dh'fhannas
ann;
Tha 'n Righ ag earbsadh gu'n dìol sinn arg' maid,
Le strì na h-armailt mar dhearbh ar 'n athraichean.

'Nuair thog iad sròl 'sna fir mhòra tarruing ris,
'So'n fhuair iad eòlas air fòghlum cabhagach,
Cha'n fhaicear còmhluadh do ghaisgich òga,
Am feachd Righ Deòrsa, aon phòr thug barrachd
orr'.

Tha'n Sàmhradh blàth ann o'n dh'fhag an t-ear-
rach sinn,
Ma nis sinn càmp 'se bhith 'sann dhuinn fallaineachd;
Tha nìth air gleanntuibh, cha bhi sinn gann
dhiubh,
'S gur lìonmhor Gàll tha cuir aird air aran dhuinn.

'Se 'n togail inntin co ghrinn 'sa b'aithne dhomh,
Bhi'n cùirt an Righ gu'n bhi strì ri sgalagachd;
Cha dean sinn feòraich air tuille stòrais,
'S cha teirig lòn dhuinn ra'r beo air Gearasdan.

## *Oran do Réisimaid Bbraid-Albann.*

*Ho ri il, ho ro a, ho u il, ho ré,*
*Is he hillin ho ro a, ho hi urabh ho ré.*

'S ann a b'aithreach sinne mu'n ionad so an dé,
Air tràigh Obair-Readhan ag amharc na réis.
*Ho ri il,* &c.

Bha na pìobairean ullamh, 's bha 'n druma na
gleus,
Na feideagan ceòlmhor gu bòidheach ri beus.
*Ho ri il,* &c.

Sinn ag òl do dheoch làidir na b'fheairde sinn
fhéin,
Los nach faigheamaid masladh tighinn dachaidh
na'r céill.
*Ho ri il,* &c.

Deoch-slàinnte 'naird Chòirneal tha oirnne g
léir,
Gu'm pàigh sinn gu deònach, 'sgu'n òl sinn gu ré
*Ho ri il,* &c.

'S ann fhuair e na fiùrain na dhùthchanaibh féin
Tha cruaidh 'an àm rùsgaidh air chùl nan arm
geur:
*Ho ri il,* &c.

'S le'n gunnachan dù-ghorm a's spuir ùra na'n
gleus,
An àm losgadh an fhùdair cha diùltadh aon té.
*Ho ri il*, &c.

Bha 'n suaicheantas àraid, a's na h-armuin da' réir,
Bréid sròil ri crann-arda, a's torc làidir nach géil.
*Ho ri il*, &c.

'Nuair sgaoileadh a bhratach, a's sàr ghaisgich
na déigh,
Bu mhaith an tùs feachd iad thabhairt mach an
ratreud.
*Ho ri il*, &c.

'S ann a théid na fir ùra gu siùbhlach gu feum,
A's iad uasal 'nan giùlan, 's bu lùth'or an ceum.
*Ho ri il*, &c.

Bu bhòidheach ra'm faicinn air faiche glan réidh,
Na fir òga le'm breacain air am preasadh 'an fhéil'.
*Ho ri il*, &c.

'S mairg nàmhaid a thachradh air na lasgairean
treun;
Gleidhidh cruadal nan Gaidheal buaidh làrach
dhoibh féin.
*Ho ri il, ho ro a, ho u il, ho ré,*
*Is he hillin ho ro a, ho hi urabh ho ré.*

## *Oran na Gàsaid.*

*Air Fonn,*

*'Stròm ar cridhe ma's fior a Ghàsaid,*
*'S muladach 's muladach tha sinn ;*
*'Stròm ar cridhe ma's fior a Ghàsaid.*

'S muladach an sgeul a fhuair sinn
Moch Di-luain ann an Ceann-phàdruic ;
*'Stròm ar cridhe*, &c.

'S muladach bhi fàgail Dheòrsa,
O'n chuir e mòid am pàidhe.
*'Stròm ar cridhe*, &c.

'S muladach ma théid ar sgaoileadh,
'S gur e ar gaol bhi mar tha sinn.
*'Stròm ar cridhe*, &c.

Ma théid sinn gu obair tuathadh,
Cromaidh ar guailiean ri àiteach.
*'Stròm ar cridhe*, &c.

'S mòr is fearr bhi 'nar daoin-uailse
Tarruing suas anns a Bhratàllion.
*'Stròm ar cridhe*, &c.

'S aithreach bhi'n càmp an Righ,
A seasamh na rìoghachd gu làidir ;
*'Stròm ar cridhe*, &c.

Cumail eagail air na Francaich,
Fhad a bhios ceann air a phràbar.
*'Strom ar cridhe*, &c.

Ged' is iomadh gnìomh a rinn sinn,
'Se'n t-saighdearachd a rinn stàth dhuinn.
*'Strom ar cridhe*, &c.

'S binn leam an druma re'm chluasan,
'Nuair a bhualas an trabhàilidh.
*'Strom ar cridhe*, &c.

'S éibhin an sealladh a bhratach,
'Sna fir ùr ga faicinn sàbhailt.
*'Strom ar cridhe*. &c.

'S bòidheach ar gunnachan glasa,
'Sar còtaichean daighte màdair.
*'Strom ar cridhe*, &c.

Cha'n 'eil sinn 'g iarraidh sìochaidh
Gus an cìosnaich sinn ar nàmhaid.
*'Strom ar cridhe ma's fior a Ghàsaid,*
*'S mualadach. 's mualadach a tha sinn;*
*'Strom ar cridhe ma's fior a Ghàsaid.*

## *Oran a Chàimp*---1798.

Tha sgeul ùr 'san àm so taobh tnall Drochaid-
duinn,
Leinn a b' aithearach bhi ann 'nuair a chàmpaich
iad cruinn;

Dol a dh'Eeirinn a null cha diult sinn a choidhe,
Ma bhios *Hay* air ar ceann, ciod am call thige
ruinn.
*Ciod an call thige ruinn, ciod an call thige ruinn,*
*Ma bhios Hay air ar ceann, ciod an call thige ruinn.*

'Sann théid sinn gu'n fhèaradh do dh' Eirinn
air thùs,
'Se ar 'n éibhneas gu léir mar a dh'éirich do'n
chùis,
Bith ar 'n oidh'chearain treubhach na'n éididh gu
dlùth,
'Sna saighdearan gleusta gu feum air an cùl.
*Gu feum air an cùl*, &c.

Na Braid-albanaich chalma, 'sna h-Earra-ghaidh'-
lich ùr,
Tha sibh ainmeil an Alba, le'r 'n armailt air thùs;
Thug an Righ dhuibh an tairgse chur meamna
'nar gnùis,
Tha e earbsach gu'm falbh sibh 's gu'n dearbh
sibh an cliu.
*'S gu'n dearbh sibh an cliu*, &c.

Ma tha duin' anns nach 'eil ardan 'sa chàmp so
gu léir,
Nach imich leis na càirdean an àm dol am feum,
Ciod a dheanadh càch ris, ach fhàgail na'n déigh,
Bhith na thàmh aig a mhàthair an àite leis fhéin.
*An àite leis fhéin*, &c.

'Sann aguinn tha na Gàidheil théid dàn anns an ruaig,
Na fir làidire dhàicheil a b'àbhaist bhi cruaidh;
Théid sinn do Phort-phàruic, cha chàs leinn a luath's,
Moch an la'r'n-mhàireach gun dàil air a chuan,
*Gu'n dàil air a chuan,* &c.

Nuair théid na loingeis bhréid-gheal an Eirinn air tìr,
Ciod a ni na Reubail a dh'éirich 'san strìth?
Teicheadh as a chéile 's ratreud orra sìos,
Bhi na'n éigin a's feum ac' air réite 's air sìth.
*Air réite 's air sìth, air réite 'sair sìth,*
*Bhi na'n éigin a's feum ac air réite 'sair sìth.*

---

## *Oran do'n Eannmhar.*

Oidhche dhomh' san Eannmhar, bha lighe mhòr an Connaghlais,
'S fhad a chual iad iomradh mu'n irrioghail anns d'thachair mi;
*'S fhad a chual iad iomradh mu'n irrioghail anns d'thachair mi.*

Ghabh mi tàmh air thùs ann an seòrs' do thigh ùdlaidh,
A's rinn mi suidhe sòmhail gus 'n do mhùth mi cairtealan;
*A's rinn mi suidhe,* &c.

'Nuair thàinig aird na Gealaiche, sin an t-àm an
d'fhairich mi,
Gu'm b'éigin domh bhi carracha 'n ionnsuidh
bhaile b'fhaigse dhomh ;
*Gu'm b'éigin domh*, &c.

Bha druim an tighe rùisgte, bha snighe feadh
an ùrlair,
Bha grìosach bheag a's mòran smùid, 'san sùilean
duinnt' aig pacarais ;
*Bha grìosach bheag*, &c.

Bha nighean Iain-bhuidhe air thùs ann, cha b'ann
a bhuidhinn cliu dh'i ;
Cha bhuineadh i do'n dùthaich, ged' thug i
diùthadh fasain ann ;
*Cha bhuineadh i*, &c.

Com nach d'fhan i bh'uainne, 'si dheanamh mar
bu dual di,
Tàmh am bothan suarach, 'sna cuarain mu na
casan aic' ;
*Tàmh am bothan*, &c.

Ciod e rinn spòrsail uallach i, caileag bhochd
an tuarasdail ?
Gu'n aodhlam ach a bhuachaileachd; 's ann fhuair
e buain na cartach i ;
*Gu'n aodhlam ach*, &c.

'S math an aobhar ghàire luchd-fanoid 's fal-
a-dha i,
Cha'n 'eil i gabhail nàire ged' chitheadh càch a
marcach i;
*Cha'n 'eil i gabhail*, &c.

'S am fear tha laidhe ra' taobh, cha'n 'eil dàimh
aig Clann-an-t-saothair ris,
Na'm buineadh e da'n daoine, b'ann daonan a
thoirt masladh dhoibh;
*Na'm buineadh e*, &c.

Chadeach e ri *Clann-Dùbhail*, o'n tha e coimheach,
brùideil,
Bithidh a dhorus duinnte, 's dùblaidh e na glasan
air;
*Bithidh a dhorus*, &c.

Tha *Clanna-Cearda* sgìth dheth, ged' tha iad
làidir, lìonmhor,
Am fad is beò 'san fhìonain e, tha craobh
chrìonaich aca-san;
*Am fad is beo*, &c.

O'n is Cinneach càirdeil carthannach, a bhos a's
thàll an Gallaibh iad,
'S e'n call doibh nach do chailleadh am fear ud
mu'n do bhaisde e;
*'S e'n call doibh*, &c.

Is coslach e measg chàich ri iteodhach ann an
gàradh,
A mhilleas rùm gu fàs air na luidhean blàth is
taitnicheadh ;
*A mhilleas rùm gu*, &c.

Coi'measaidh luchd-eòlais ri foichearain an ò-
traich e,
Ged' chinn e'n toiseach bòidheach, 'se'n pòr e
nach dean abachadh ;
*Ged' chinn e'n*, &c.

Nighean Iain-bhuidhe 's Callum ud, 's i'n uaisle
'n rud nach aithne dhòibh,
Ise na fìor-chailleadh, 'se'n du'-bhallach a' tha'n
taice ri ;
*Ise na fior-chailleadh*, &c.

O'n tha iad gruamach iargalta, cha d'fhuair iad
cliu na'm biataichean,
Cha chualas duine riamh fhuair fiallachd anns
an fhasdail ud ;
*Cha chualas duine*, &c.

Cha'n fhuirich na daoin-uails' aca, 's cha'n fhuillig
iad na tuathanaich ;
'S muladach na chual sinn, Nach 'eil buaidh 'n
taice riu ;
*S muladach na chual*, &c.

Tha triùir le beusan docharach, gu'n spéis, iad fhéin 'san crochadair;
Cha'n éibhin leis na bochdan iad, 'scha dochadh leis na beartaich iad;
*Cha'n éibhin leis*, &c.

Tha dìomb nan càirdean daonan ac', tha 'n naimhdean far nach saoileadh iad;
Tha fuath aig sluagh an t-saoghail orra, 's cha'n 'eil gaol aig neach orra;
*Tha fuath aig*, &c.

'S truagh an t-ainm a dh' fhàgas iad, cha choslach iad re'm pàrantan;
Mo dhùil nach lean am pàistean a chuid is tàir an fhasan ud;
*Mo dhùil nach*, &c.

Chunna sinn an toiseach iad, gun mhios, gun chliu, gun fhortan,
An àros tàireil gortach, 'si bhochdain a bha'n tasgaidh ann;
*An àros tàireil*, &c.

Na bhuanaich iad air barganaibh, a toirt char e sluagh le cealgoireachd,
Mar a fhuaras, falbhaidh e; cha'n fharmadach am beartas e;
*Mar a fhuaras*, &c.

Fhuair mi orra dearbhadh gu'n spodhadh iad na
dearganan,
A dh' fheuchainn 'm faigh iad airgiod 'sa mharg-
adh air na clachan ac';
*A dh' fheuchainn*, &c.

'S grunndail cruaidh mu'n t-saoghal so iad, cunnt-
aidh iad na faochagan,
A chionn gur fas' an sgaoileadh, na'n faotainn
air na cladaichean;
*A chionn, gur fas'*, &c.

'Siad luchd a chridhe chrìn, tha deannta ris a
mhìothuireachd,
Na'n cuirte bharr na crìche iad, bha'n tìr so air
a gartalan;
*Na'n cuirte bharr*, &c.

Chi sinn fhathasd a chàraid 'sna drumachan ra'm
màsan,
Ga'n cuir a *Bharrabadoes*, gun ghin gu bràth
thighinn dachaidh dhiubh.

---

## *Oran Cead-deireannach nam Beann.*

Bha mi'n dé * 'm Beinn-dourain, 'sna còir cha
robh mi aineolach,
Chunna mi na gleanntan 'sna beanntaichean a
b'aithne dhomh;

* 19th September, 1802.

Be sin an sealladh éibhinn bhi 'gimeachd air na
sléibhtean,
'Nuair bhiodh a ghrian ag éiridh, 'sa bhiodh na
féidh a langanaich.

'Saobhach a ghreidh uallach, 'nuair ghluais-
eadh iad gu farumach,
'Sna h-éildean air an fhuaran, bu chuannar na
laoigh bhallach ann ;
Na maoislicheadh 'sna ruadh-bhuic, na coilich
dhubh a's ruadha,
'S e'n ceol bu bhinne chualas 'nuair chluinnt'
a'm fuaim 'sa chamhanaich.

'S togarach a dh'fhalbhainn gu sealgoireachd
nam bealaichean,
Dol 'mach a dhìreadh garalaich, 'sgum b'anmoch
tighinn gu baile mi ;
An t-uisge glan 'sam fàile th'air mullach nam
beann arda,
Chuidich e gu fàs mì ; 'se rinn domh slàinnt a's
fallaineachd.

Fhuair mi greis am' àrach air àireanan a b' aith-
ne dhomh,
Ri cluiche, 's mire 's màran, 's bhi'n caoi'neas
blàth nan caileagan ;
Bu chùis an aghaidh nàduir gu'm maireadh sin
an dràst ann,

'Se b' éigin bhi ga'm fàgail 'nuair thàinig tràth
dhuinn dealachadh.

'Nis o'n bhuail an aois mi, fhuair mi gaoid a
mhaireas domh,
Rinn milleadh air mo dheudach, 's mo léirsin air
a dalladh orm ;
Cha'n urrainn mi bhi treubhach, ged' a chuirinn
feum air,
'S ged' bhiodh an ruaig am' dhéigh-se, cha dean
mi ceum ro-chabhagach.

Ged' tha mo cheann air liatha, 's mo chiabhagan
air tanachadh,
'S tric a leag mi mial-chu ri fear fiadhaich cean-
nartach ;
Ged' bu toigh leam riamh iad, 's ged' fhaicinn air
an t-sliabh iad,
Cha d' théid mi 'nis ga'n iarraidh o'n chaill mi
trian na h-anallach.

Ri àm dol anns a mhùireadh, bu dùrachdach a
leanainn iad,
'S bhiodh uair aig sluagh na dùthcha, 'toirt òrain
ùra 's rannachd dhoibh:
Greis eile mar'ri càirdean, 'nuair bha sinn anns
na Càmpan,
Bu chridheil anns an àm sinn ; 's cha bhiodh an
dràm oirnn annasach.

Nuair bha mi 'n toiseach m' òige, si ghòraich
a chum falamh mi;
'Se fortan tha cuir oirnne gach aon ni còir a'
ghealladh dhuinn;
Ged' tha mi gann a stòras, tha m' inntin làn do
shòlas,
O'n tha mi ann an dòchas gu'n d'rinn nigh'n
Dheòrs' an t-aran domh.

Bha mi 'n dé 'san aonach, 'sbha smaointean mòr
air m' airé-sa,
Nach robh 'n luchd-gaoil a b'àbhaist bhi siubhal
fàsaich mar'rium ann,
'Sa bheinn is beag a shaoil mi, gu'n déanadh ise
caochladh;
O'n tha i 'nis fuidh chaoiribh, 'sann thug an
saoghal car asam.

'Nuair sheall mi air gach taobh dhiom, cha'n
fhaotainn gun bhi smalanach,
O'n theirig coill' a's fraoch ann, 'sna daoine
bh'ann, cha mhairthean iad;
Cha'n 'eil fiadh r'a shealg ann, cha'n 'eil cun na
earb ann,
'M beagan nach 'eil marbh dhiubh, 'se rinn iad
falbh gu baileach as.

Mo shorruidh leis na frìthean, o's mìor'ailteach
na beannan iad,
Le biolair uainne a's fìor-uisg, deoch uasal rìomh-
ach, cheanalta,

Na blàran a tha prìseil, 'sna fàsaichean tha lìon
mhor,
O's àit a leag mi dhiom iad, Gu bràth mo mhìl
beannachd leo.

## *Rann Claidheamh.*

Gu'm bu slàn do làimh an Iarla
A chuir am' charamh,
An claidheamh fhuair mi Di-ciaduinn
Ann am Bealach* ;
Stàillinn chruadhach, buaghar, ciat'ach,
'Se geur tana,
Nach lùb 's nach leumadh 's nach bearnadh
'S nach gabh camadh.

Claidheamh cùil a choisinn cliu,
Ged' fhuair e fheuchainn,
'Stric a thug e buille drùiteach
Le làimh threubhaich ;
Sàr cheann-ìleach, làidir dìonach,
'Slann da' réir sin,
Ghearradh e ubhal air uisge
Le fìor gheuraid.

Claidheamh lìth-ghorm na'n tri chlaisean,
Fhuair a chleachda ris na creuchdan,
B' fheaird duin'-uasal na ghlaic e,
Na'm biodh e 'san fheachd ag éiridh ;

* In March 1793.

deas a laitheadh e air gaisgeach,
'Nuair a rachadh e ceart 'na éididh,
bhiodh 'ga ghiùlan an crios gualainn
Air uachdar breacan-an-fhéilidh.

Nuair bha'n saoghal 'an aimhreit,
'Sanns a Chàmp, a 'stric a bha e,
cha do chuir riamh fear a ghiùlain
Cùl ra 'nàmhaid;
ach duine a tharruing e truail e,
'Sann air a bha buaidh gach làrach;
e's fearr a thàinig riamh e cearduich,
'Sa rinneadh le *Andra Faràra.*

e rinn *Andra* 'n obair chiatfhach,
A thoillicheadh miann gach Gaidheal,
eireachdail e air an t-sliasaid,
'S cha mheasadh gu gnìomh 'san làimh e;
ha e tamull aig na Fiannaibh,
Daoine fiadhaich anns na blàruibh;
S rinneadh e'n toiseach do Dhiarmad.—
'S ann aig Sliochd Dhiarmad a tha e.

*Rann do'n Cheud Cheaird.*

Si cheud cheaird an Tàilearachd,
O's i rinn Adhamh air thùs,
cheaird is luaithe a ghnàthaiche,
'S gu bràth nach leig iad diù';

Am fad 'sa bhios na màthraichean
A bieth na'm pàistean rùisgt',
Bi feum air gnìomh na snàithde
G'an cumail blàth gu dlù.

Chaidh Adhamh a chuir 'sa Ghàradh,
Cha be'n t-àit 'n do chuir e dhùil,
Bu choma leis bhi saoithreacha
Feadh chraobh a' cur na'm *flùr;*
Cha b' heireadh e air sluasaid,
'S cha ruamhradh e an ùir,
Cha mhò a ghabh e coibe,
Cha'n oibricheadh e tùrnn.

'Si Eubh' a fhuaradh tàmailteach
Le dànadas gu'n tùr,
'Nuair thug i 'n t-ubhal àluinn
E bàrr a ghallain ùir;
'S truagh gu'n d'thug i dhàsan e,
Bu daor a phàigh e'n sùgh,
Iad le chéile bhàsachadh,
'S na thàinig do shliochd dhiù'.

Chunnaic an sin Adhamh,
Gu'n ro' nochd 'sa nàire rùisgt',
Do'n droighin ghabh e snàth'dan,
'S rinn e snath do'n rùsg;
Dh' fhuaigh e duilleagan na'n geug
Mu' bheulaobh 'sair a chùl;

Dhiùlt e bhi 'na Ghàradair.—
  Be'n Tàilearachd a rùn.

Be cheud fhear-Ceaird 'san t-saoghal e,
  Cha d' fheud e bhi gun chliu,
'S nach robh e riamh 'na aodhlamaid,
  Ach fhaotainn le beachd sùl;
Gu'n snàth gu'n olainn chaorach,
  Rinn e deise dh' aodach ùr;
Bha e urramach na Thàileir.—
  Cha b' fhear-Gàraidh e co-dhiù'.

### *Rann do'n Phaghadh.*

'Sboc an deireadh beatha bròn,
'S olc an deireadh òil paghadh;
'Smuladach suidhe mu'n bhòrd,
Gun an stòp a lionadh fhathasd;
'S aidhearach daoin-uailse còir,
Aig am bheil stòras 'nan lamhan,
'Ni òl 'nuair bhios iad pàiteach,
'Sa bheir pàidhe do na mnathán

'Séibhin 'sa mhaduinn a chòmhail
Thigh'n oirnne toiseach an latha,
Bean uasal a tigh'n g'a seòmar,
A chuir sòlas feadh an tighe;
Botal mòr aice na laimh,
'Se dear-làn a dh'uisge-beatha;

'S òl gu cridheil air a chéile,
'S their i fhéin gu'r e ar beatha.

Se fasan ceart a 'stigh-thàirnne,
Misneach àrd 'san àm gu caithe;
Bithidh fear leis nach toil am Branndi,
Ri cùl-chainnt cirnn cheann a gha'il;
'Se their còmpanach a bhotail,
Lìonar suas an copan fhathasd;
'Smòr na mhaoitheas orm mo dheoch,
Ach 'sbeag na dh'idireas mo phadhadh.

---

*Rann Gearradh-Arm.*

'Chunaic mi 'n diu' a chlach bhuaghach,
'S an leug àluinn,
Ceanglaichean do'n òr mu'n cuairt dh'i
Na chruinn mhàilleadh;
Bannan tha dainngean air suaicheantas
Mo chàirdean,
A lean gramail ra'n sean dualchas,
Mar a b' àbhaist.

Inneal gu imeachd roimh chruadal,
Le sluagh làidir,
Fir nach gabh giorag na fuathas,
Le fuaim làmhaich;

Fineadh is minic a ghluais
Ann an ruaig nàmhaid,
Nach sirreadh tilleadh gun bhuannachd,
No buaidh làrach.

Bha sibh uair gu grinn a seòladh
Air tuinn sàileadh,
Chaidh tarrung e aon do bhòrda
Druim a bhàta,
Leis a chabhaig spàrr e 'n òrdag
Sìos na h-aite,
S bhuail e gu teann leis an òrd i,
'S ceann dh'i fhàgail.

An onoir a fhuair an saor Sléi'teach,
Leis gach treun'tas a dh'fhàs ann,
Ghleidheadh fathasd ga shliochd féin i,
A dh'aindeoin eucorach gach nàmhaid;
Na h-airm ghaisge ghasta ghlèusta,
Dh' òrduigh an Rìgh gu feum dhàsan,
Co math 'sa th' aig duine 'n dream threun sin,
A shliochd Cholla Cheud-chathaich Spàinntich.

Dornn an claidheamh, a's làmh duin'-uasail
Le crois tàraidh,
Iolairean le 'n sgiathan luatha,
Gu cruas gàbhaidh,
Long ag imeachd air druim chuanntain
Le siùil àrda,
Gearra arm Mhic-Saoir 'o Chruachan,
Aonach uachdarach Earra-ghaidheal.

Tha do dhaoine tric air fairge,
Sgiopairean calma neo-sgàthach;
Tha 'n aogas cumachdaìl dealbhach,
'S ioma armailt 'am bheil pàirt dhiu';
Thug iad gaol a shiubhal garbhlaich,
Moch a's anmoch a sealg fàsaich;
Cuid eile dhiubh 'nan daoin' uaisle,
'S tha cuid dhiubh 'nan tuath ri àiteach.

'S rìoghail eachdraidh na chualas
Riamh mu'd phàirti,
'S lìonmhor an taic, na tha suas dhiubh,
Na'm biodh càs ort;
Tha gach buaidh eile ga' réir sin,
An Gleann-Nodha féin an tàmhachd,
Piob a's bratach a's neart aig Seumas,
An Ceann-cinnidh nach tréig gu bràth sinn.

*Rann do'n Ghaelic 's do'n Phíob mhóir, bliadhna,* 1781.

Tha 'n Comunn rìoghail Gaelic,
An tràths' a cumail suas,
Cuimhn' air seòl nan àrmunn
A b' àbhaist bhi ga' luaidh;
A chainnt a dh' ionnsaich iadsan dhuibh,
'Si ghnàthaich sibh gu buan,

Ghléidh sibh stoc naCànain,
'Scha 'n fhàillnich i uainn.

Is sòlasach an cruinneacha,
Cinn-chinnidh a's daoin-uaills',
Ard mhòralachd na'm Fineachan,
'S gach ionad tha mu'n cuairt ;
Onoir a thaobh nàduir,
Ga gnàthachadh a nuadh,
Gu'n gléidh sibh Pìob mar b' àbhaist,
A's Gaelic ullamh chruaidh.

'S i 'n labhairt bha 'sa Ghàradh,
Dh'fhàg Adh'mh i aig an t-sluagh;
'Si chainnt a bh' aig na Fàidhean
Thug fios Phàrrais dhuinn a nuas;
'Si bhruidhean a bh' anns an fhàsach,
'Nam tràgha do'n mhuir ruaidh;
A's nis a measg an àlaich,
Tha làthair anns an uair.

'S i's binne bhi ga h-éisdeachd,
Thuirt beul na chuala cluas;
Their Albainn agus Eirinn,
Sasgunn féin gur mòr a luach;
Aon duin' aig am bi feum orra,
Cha tréig e i air dhuais ;
'S i chùis is fearr gu'n d'éirich i,
An déigh's bhith na suain.

Bu mhòr am beud gu'm bàsaichte
A Chànain is fearr buaidh,
'Si 's treis thoirt greis air àbhachd,
'Sa h-uil àit 'n d'théid a luaigh;
'Si 's fearr gu aobhar ghàire,
'S i 's binne bhlàithe fuaim;
'Si ceol 'nam Pìob 's n'an Clàrsach,
Luchd Dàn a's dheanamh Dhuan.

'Si 's fearr gu togbhail ìnntin,
Le binn-ghuth còmhradh tlàth,
'Si 's sgaitiche gu mì-mholadh,
A's 's mìne nochdas gràdh;
'Nàm cruinneacha nam mìlltean,
Le pìob gu iomairt lann,
'Si dhùisgeadh colg air òigridh,
'Nuair thogta sròl ri crann.

'Si pìob nam feadan siù'lach,
A bhuidhneadh cliu 'sa chàmp,
Air thoiseach nan laoch ùra,
'S meòir lùthmhor dlùth na'n deann;
A chaismeachd ghasta shunntach,
Bu dùchas di bhi ann;
'S paillt a nis as ùr i,
Ge d' bha i aon-fhuair gann.

Le spionnadh chàirdean Gaidhealach,
Tha Lunndain làn a nis,
Ag' àrdachadh na Gaelic
A h-uile là mar thig;

Aig feothas 's tha na h-armuinn,
Ga gnàthacha gu tric;
B'e gaol gach duine 'n Sasgunn,
I bhi aca-san na'm measg.

A chàinnt chaoineil thaitneach,
Dheas-làbhrach, bhlasta, bhrisg,
'S lìonmhor cliu tha'n taice ri,
Fasan agus mios;
Tha ceol a's Gaelic Alba,
'S luchd seanachais ga 'm bheil fios,
Ga fòghlum feadh nan Garbh-chrioch,
'S ga'n dearbh 'san *Eaglais-bhric.*

*Rann do'n Ghaelic 's do'n Phìob mhòir, bliadhna*, 1782.

Tha 'n Comunn uasal rìoghail,
A' sìr chur seòl an dràst,
Air nàdurachd an sinnsireachd,
A thogbhail cinn 's gach ait'.
A' Ghaelic air a mìneachadh,
O's cinnteach gur i 's fearr;
An labhairt phrìseil chùramach
Rinn cùmhnanta re Adhamh.

Tha gach duine 'g ìnnseadh dhuinn,
Co chinnteach ris a bhàs,

Gur i bu chainnt aig' Noah
'Nàm seòladh anns an àirc';
'Si uaith sin gu lìonmhor,
Aig gach lìnneadh ata fàs;
'S cha d'théid i chaoidh air dì'chuimhn,
Gus an tìm an tig am Brà.

Tha Ghaelic air a lìonadh
Do mhìorbhuile gu léir,
Iùlar fonnmhor fàilteachail,
A' cuir a gràdh an géill;
Mire 's cluiche 's gàirdeachas,
A's mànran anns gach beul;
Cha chuala sinn an eachdraidh
Na 's ceairte na i féin.

Tha gach fasan Gaidhealach
An dràst a'tigh'n gu feum,
Na deisichean a b' àbhaist dhoibh,
'Sa b'fhearr leo aca féin:
Coinneamh anns gach àite
Aig na h-àrmuinn is fearr beus;
Gach duine labhairt Gaelic dhiu',
'Sa phìob a ghnàth a'n gleus.

'Si Pìob mhòr na h-Eaglais-brice,
A' Phìob is mo meas an Albainn,
Fàinneachan chnàmh air a dosaibh,
'S i gu làidir socair calma;
Séidear na màla an toiseach,
Na lìonas a corp le ain'eas;

Sunntach an innsreamaid phort i,
Is ard a chluinnte glochd a sealbhain.

Tha i eireachdail r'a faicinn,
Cha' n'eil ball do'n acfhuinn cearbach,
Le ribheid nam binn ghuth blasda,
'San stoc dreachmhor air a charbhadh;
Gaoth'ar deas dìreach gasta,
Anns na fasana is fearr dhoibh,
Sionnsair choi'-lionadh gach facail
A 'ni chaiseamachd a dhearbhadh.

Tha i measail air gach banais
A bhitheas 'm fearran nan garbh-chrioch,
'S feaird' 'an càmp i 'n àm dhoibh tarruing,
Gu séinn coi'thional na h-armailt:
'S maith i g'an dùsgadh 'sa mhaduinn,
'S g'an cuir a chadal mu an-moch;
Tha i corr an àm an eadraidh,
'Se 'm feasgar a chuid is fearr' dh'i.

'Slìonmhor suir'aich aig an ainnir,
Tha tigh'n ceanalta 'na tairgse,
Ge b'e aca leis an d'théid i
Bith' èadach ris agus farmad:
Am fear ga'm bheil an dàn a cosnadh,
'S ann air ata 'm fortan màrgaidh,
Iùrach nam pongannan glana,
'S éibhin g'a leannan bhi falbh le'.

'Tha i measail ann an Lunnduin,
Fhuair i urram anns an tìr so.
'S fearr i na torman na clàrsaich,
'S thug i barr air cluiche fidhle;
'S mòr an onoir th'aig a phàirti,
Nach leig iad gu bràth a dhìth oirnn',
Ceol gun a leithid ra àireamh,
A's Cànain urramach na fìrinn.

Raogha gach càinnt Gaelic ro mhaith,
Tagha gach ciuil sgal na pìoba,
'S ann anis tha 'n t-àm gu tarruing
Aig ard luchd-ealaidh na rìoghachd;
Le ceol siubhlach lùthmhor ealamh,
Sunntach cairiseach luath dìonach:
Tha 'n so breitheanas air talamh,
'S gheibh gach fear a réir na nith e.

*Rann do'n Ghaelic 's do'n Phìob mhòir, bliadhna,* 1783.

'Tha sgeul agam dhuibh r'a innseadh
Air ceol 's air Cànain;
A' toirt cliu air cluiche Pìoba,
'S air labhairt Gaelic;
'Tha 'n dràst a cinntin lìonmhor,
'S na h-uil' àite;

'G ardachadh onoir na rìoghachd
Anns an d'fhàs sinn.

'Si th'aig gach Ministeir sgìorachd,
'S gach tìr àraidh,
'Toirt gu ceart dhuinn eachdruidh Phìobuil
An seòl cràbhaidh ;
'Tha i 'm beul gach filli, mìneachadh
Ceol dana,
Is i is fearr gu moladh prìseil,
'S gu fior chàineadh.

'Tha i cruadalach cruaidh sgairteil,
Do dhaoin-uaisle reachd'ar làidir,
An àm treun'tais no gaisgeadh,
'Si is deas-fhacalich 'san àit ud ;
Tha i ciuin an cùisean fialaidh,
A chur an gnìomh a briathra blàtha,
'S tha i corr a sgoltadh riasain,
Chum sluadh gun chiall a chur sàmhach.

Tha i iùlar fiosrach caoineil,
Freagarach faoi'neachdach bàigheil,
'S measail a labhairt 'sa h-éisdeachd,
A chur gach deud air fiamh an gàireadh ;
A sùgradh 'sa bruidheann le chéile,
A' tog'ail éibhnis, mir', a's mànran ;
Sìobhalta farasta beusach,
'Am beul gach neach ata nàrach.

'Tha Ghaelic, 'sa Phìob ag éiridh,
Gu mòr spéis 'an tìr nan Gaidheal;
Urram gach ciuil le deagh reusan,
'S ann aig' a Phìob féin ata e;
'S tormanach pongail a their i
Gach fonn ceileir thig o bràgad;
'Si is binne 's is aird' a sheinneas,
Cha chluinntear ceòl eile laimh ri.

Is binn an nualan ud ra éisdeachd,
'Nuair a chuirear séid na màla,
'Sa cheartaicheas fear a gleus i,
Ceart r'a chéil na duis àrda;
'S cianail a sheinneas i cumhadh,
Subhach a sheinneas i fàillte,
Urlar, a's siubhal gu siùbhlach,
A's crùn-ludh mu'm fuirich i sàmhach.

'Se 'n dà chuid i, ceol a's cais'machd,
'S cridheal air astar 'san tàmh i,
A's bha i riamh air bheul gach caisteil,
Ri dian mhacnus le ceum sràide;
A's leig iad aon uair i a' cleachduinn
Gun bhi ac' ach 'an corr àite;
Tha i 'nis gu grinn 'am fasan,
'S cinnteach dh'i mairthcann gu bràth ann.

Ban-mhaighstir gach inneal ciuil
A Phìob ùr so thàin' an dràst oirnn,
A chuireas fir ghleusta ga'n dùbhlan.
Nach leig dhiubh gun d'fheuchain ghàbhaidh
Fear a buidhne, bi'dh e cliutach,

'S onoir ga dhùthaich 'sga chàirdean,
A Phìob so bhi air a ghiùlan,
G'ar dùsgadh maduinn a' màireach.

*Rann do'n Ghaelic 's do'n Phìob mhòir, bliadhna,* 1784.

Innsidh mi sgeul àraid dhuibh,
Air Cànain a's air ceòl,
Raogha na deas Ghaelic,
'S i is fearr gu ìnnseadh sgeòil;
A chainnt is lìonmhor pàirtin,
'S is millse mànran beoil,
Gu freagrach deas-làbhrach,
'S i ard-chuiseach gu leòir.

'S i chainnt a bh'aig 'na Rìghrean
G'an robh 'n Rìoghachd so 'na còir,
'S i bruidhean Dhiùc, a's Iarlachan,
'S i dh'iarradh iad mu'm bòrd;
'Si bh' aig 'na daoin-uailse,
'Sa gheibht' aig' an tuath chòir;
'Si bha, 'sa tha, aig buachaillean,
A' cuartachadh n'am bò.

'Nuair a sgaoil na Càinntean
Aig' Tùr aimhreadh mòr,
Fhuair a Ghaelic màighstireachd,

'San àm sin thar gach seòrs';
Gur i is fearr gu teangaireachd,
Tha 'n ceann aon neach tha beò,
Geur soilleir fònnmhor òranach,
An seòmraichean an òil.

'S lìonmhor urram làidir
Fhuair a Ghaelic air gach seòl,
'Si rinn a cheud Sàcramaint
Do'n Phàp' a bha 'san Roimh;
Is i th'aig' Cléir an àite so,
Gach là 'toirt comhairl' oirnn';
Gaol filli, a's luchd-dàna,
Chainnt nàdurra gun ghò.

'Si fhuair sinn o na pàranta
A rinn ar 'n àthrach òg,
'Si bu mhaith leinn fhàgail
Aig' an àl tha teachd oirnn':
Tha h-uile car a dh'innsin orr',
A' cur a prìs a' mòid,
Gur i chainnt is brìoghora—
'Si phìob is fearr gu ceòl.

A phìob ùr so thàinig do'n bhaile,
A dh'fhaotainn urram,
'Si ceann inneal-ciuil an fhearainn,
'Sna dùthch' uile;
Le meòir lùthmhor air a crannaibh,
'S le dlùth bhuillean,

'S ard a chluinnt i, 's binn a langan,
'S grinn a cumachd.

Tha dosan le ìobhraidh ballach,
Cochull do'n t-sìde ma muineal,
'S osgara dìonach a callan
Air thoiseach mhìlltean air thurus ;
Prosnuchadh rìoghail na carraid,
'An cabhaig, 'an strìth, na'n cumasg,
Cha bhi sprochd 'san tìr 'am fan i,
Is fortanach an tì g'am buin i.

Is deo' gréine leis an luchd-ealaidh,
Tha 'n Albainn gu léir, 'san Lunnduin,
A phìob is maith gleus, a's gearradh,
Làidir fallain, eutrom ullamh;
'S mòr an t-éi'neas i ga leannan,
Bhi aige na sgéith ga cumail,
Fònn cheol réidh a' cré na h-ainnir,
Beusan glana na treun chulaidh.

'Se cheud cheol a bh'air an talamh,
A phìob mhòr is bòidhchhe guileag,
'S i bh'aig *Fionn*, aig *Goll* 's aig *Garradh*,
Ann an talla nan laoch fuíleach ;
'S mairg a chitheadh air seòl calla,
Caismeachd chairiseach nan curaidh,
Mhosgladh i le séid ga h-aineil,
Gu feum ealamh, an *Fhéinn* uile.

Mo ghibht phrìseil gun a ceannach,
Tha 'n coi' thional so air chumail,
Breitheachan dìleas g'an tarruing,
A ni ceart an fhìrinn uile;
Gheibh gach fear a réir na h-ealaidh
Anns am bi e fhéin na urrainn;
'S tha e saor aig maith an airidh,
A phìob fhaotainn thar gach duine.

*Rann do'n Ghaelic 's do'n Phìob mhòir, bliadhna,* 1785.

So cruinneachadh uaislean measail,
'Tha a' cumail suas am fasan,
Na cainnt a tha buaghmhor fiosrach,
Le 'n fior bhrisg, a chualas eachdraidh;
Tha i luath 's cha' n'eil i liodach,
'S tha i cruaidh ma labhrar ceart i,
'S cha 'n 'eil a luchd fuath bichiont,
Si bha tric aig luchd nam breacan.

Cànain gun truailleadh gun mheasga,
'S Gaidheil g'an dual i bhi aca,
'S nàdura ga fuaim bhi measail,
'S misneachail an Sluagh a chleachd i;
Cainnt mhàthaireil gun bhruaidlein idir,
Ach bhi làn do shuairceas tlachdmhor,
Ceòl gàire ga luaidh gu bichiont,
'Sluchd-dàna ga luath chur-seachad.

Tha *Lunnduin* glé ard 'am misnich,
Le spionnadh nan Gaidheal gasta,
A fhuair urram 'sgach àit' an sirt' iad,
Na curaidhean calma reachdmhor;
Tha gabhail cùram riochdail,
A chumail na Rìoghachd neartmhor,
'S dh' orduich gu sìorruidh nach brisear,
*Gaelic, pìobaireachd, a's bratach.*

Tha uaislean *Dhun-éidin* le gliocas,
Gu rìoghail ro-bheartach tlachdmhor,
Cha 'n fheud eucoir bhi 'nam measg-san,
'San dhoibh féin is léir an ceartas;
Ris an fheumach tha iad iochdmhor,
A's air na béisdean tha iad smachdail,
An àm treubhantais no trioblaid,
'S mairg a theannadh ri leum tharta.

Cò theannadh re leum thairis,
Air na laochaibh fearail treubhach?
Na Gaidheil ardanach uaibhreach,
'S iad làidir re guaillibh a chéile;
A chuireadh crith air càch le fuathas,
An àm bhualadh nan lann geura,
'S mairg air an cromadh na tuathaich,
Comunn cruadalach nach géilleadh.

Tha gach car tha tigh'n mu'n cuairt dhoibh
An tràth's is buaghmhora na chéile,
Am fearann a chaidh a thoirt uatha,
Gun d'fhuair iad uile gu léir e;

Bithidh gach dligheach far 'm bu dual dhoibh,
'S Uachdarain air an cuid féin iad;
Bithidh na h-òighreachan suas dheth,
'Scha bhi tuathanach 'na éigin.

'Nuair a sheallas sinn air ar falluing,
Bheir sinn beannachd air a *Ghreumach*,
A's air *Mac-Shimidh* mòr na Mòr-fhaich,
Am Mòr-fhear bu mhath feum dhuinn;
'Sa chùirt a b'airde bha 'n *Lunnduin*,
Fhuair iad ann urram a's éisdeachd;
'S tha 'n Rìoghachd uile 'nan comain,
Fhuar iad dhuinn comas ar 'n éididh.

Tha coi'-thionail rìoghai' Ghaidheil,
An tràths 'am baile *Dhun-éidin*,
A' cumail 'am prìs na *Gaelic*,
A thaobh nàduir o's cionn *Beurla*;
'S a' gleidheadh *Pìob* mhòr mar b'àbhaist,
O's cionn *clàrsaich*, na ceol theudan;
'San dà thoil-ìnntin sin fhàgail
Aig' an àlach thig 'nar déigh-ne.

*Rann do'n Ghaelic 's do'n Phìob mhòir,*
*bliadhna*, 1789.

Prosnachadh cluiche na pìoba,
Dh' innsin pàirt deth,

An toiseach a gleusadh,
'Nuair a lìonar séid na màladh ;
Fonnmhor freagarach ga chéile
Na duis arda,
Làn toil-inntin do'n luchd éisdeachd
Bhi's 'ga clàisin.

Pìob uallach na maidin réithe,
'S na'n ceanna cnàmha,
Do 'n fhiogh chruaidh thig a *Seméuca*,
'S fhearr tha fàs ann ;
Air a thuairneireachd cruinn dìreach,
Iobhuireach, fàinneach,
Gaoithearach, feadanach, fínealt,
Le binne chàileachd.

'S freagarach a chuid a steach dh'i,
'S tha 'n taobh 'mach dh'i dreach'ar dàicheil,
Tonnagach, ribcineach, rìomhach,
Dosan do'n t-sìde ri srannraich,
Mu mhuineal 'nam buaidhean prìseil,
Cumail dìon air a mìn bhràgad,
Cuilc na slugan tha g'a lìonadh,
Air a dhìonachadh le snàithean.

'Si phìob ùr a tha 'n Dun-éidean
Eibhneas Ghaidheil,
Inneal-ciùil is fhearr fui' 'n ghréin,
Le reusan àraid ;
Tha i snasmhor, maiseach, fínealt,
Cuimir, dreachmhor, dìonach làidir,

Gu binne, bòidheach, seòcail, ceutach,
Ceolmhor, eutrom, éibhinn, àluinn.

Pìob a chuireadh sunnt gu mire,
Fonn a's farum,
Air gach Diùc a's ard Cheann-cinnidh,
'S Oidhre fearainn;
Bith gach duin-uasal 'ga sireadh,
Gu togail a shluaigh 'sa charraid,
'Nam tharruing a suas gach fineadh,
Dhol a bhualadh nan cruaidh lannan.

Ceol is rìoghaile 's is sine, chuala sinne
Bhi air thalamh,
Ceol is brìoghmhoire 's is binne,
'S is grinne thug meòir e crannaibh;
Cha chualas neach riamh a dhimeil
Dreach a's deanadas na h-ainnir;
'S fhuair i cliu le beul gach filli
A bha 's dùthaich 'b' fhiach gu rannan.

Tha 'n rìoghachd làn éibhneis uile,
'S Dun-éidean gu tric 'nan aire,
Liuthad treun-fhear th' ann a cumail,
Reachd a's reusan a choi-thionail;
Cainnt is géire chuala duine,
'S urramach gach beul a chanas,
A Chànain ata réidh ullamh,
Beusach furanach, glé eallamh.

'S onair do'n Ghail'tachd turas
Na thàinig an dràst do'n bhaile,
Chumail 'am prìs brìogh an t-seanachais,
Tha farmadach leis na Gallaibh ;
Gaelic Albannach nan curaidh,
'Sa phìob, bana-mhaighstir gach ealaidh,
An ceol 'sa chainnt a fhuair gach urram,
'S luaithe bh'ann 's is fhaide mhaireas.

*Rann Uistean.*

TURRAS a chaidh mi air astar
A Chinntàile,
Chunna mi daoin-uailse tlachdmhor,
Caoineil pàirteach ;
Bha aon bhallach ann air bainnis,
A thug dhomh tàmailt,
O 'n a bha esan mar sin dòmhsa,
Bi mise mar so dhàsan.

'Sann an sin a thòisich Uistean,
Mar a ni cù 'n droch nàduir,
Tamhunaich ri sluadh na dùthcha,
'S be rùn gu'n gearra' e 'n sàiltean ;
'Smath an còmpanach do'n chù e,
'S dona 'n còmpanach le càch e,
Cha chuideachd e bhàrd no phìobair,
Aig a mhìomhalachd 'sa dh'fhàs e,

Aidich fhéin nach 'eil thu 'd phìobair,
'Sleig dhìot bhi 'm barail gur bàrd thu;
Daoine cridheil iad le chéile,
'S bithidh iad gu léir a tàir ort;
Fear ciuil gun bhinneas gun ghrinneas,
Fuadaichdh sinn as air pàirt e,
Mar a thilgeas iad craobh chrìonaich
O 'n fhìonain a mach as a ghàradh.

Mu chi thusa bàrd na filli,
No fear dànaibh,
Mu bhios aon diubh 'giarruidh gille'
Ghiùlan màilaid,
Lean an duine sin le dùrachd,
Los gu'n siùbhla' tu h-uil áite;
'Smòr an glanadh air do dhùthaich,
I chuir cùl riut 's thu g'a fàgail.

Na ma chi thu fear a sheinneas
Pìob no clàrsach,
Feudaidh tusa 'n t-inneal ciuil
A ghiùlan dásan,
Gus am bi craicion do dhroma'
Fás na bhallaibh lomma bána,
Mar a chi thu mille' srathrach
Air gearran a bhios ri àiteach.

Cia mar a dheanadh e òran,
Gun eòlas, gun tuigse nàduir,
